| G. an fheadain,                       | nam feadan.    |
| D. <sup>air an</sup> do 'n } fheadan, | na feadanaibh. |

Thus decline, Mar so tèarn,

Fasan, *fashion*; fàng, *a sheep-pen*; farmad, *envy*; focal, *a word*; fuaran, *a well*; fiùran, *a branch.*

9. FEANNAG, b. *a crow.*

| <i>Aon.</i>   | <i>Iom.</i>  |
|---------------|--------------|
| N. feannag,   | feannagan.   |
| G. feannaige, | fheannag.    |
| D. feannaig,  | feannagaibh. |
| V. fheannag,  | fheannaga.   |

AN FHEANNAG, *the crow.*

|                  |                 |
|------------------|-----------------|
| A. an fheannag,  | na feannagan.   |
| G. na feannaige, | nam feannag.    |
| D. an fheannaig, | na feannagaibh. |

Thus decline, Mar so tèarn,

Féusag, *a beard*; feadag, *a plover*; fang, *a vulture*; fiarag, *a fetlock*; fideag, (7) *a reed*; fūdag, *a shoe strop.*

10. GAISGEACH, fr. *a hero.*

| <i>Aon.</i>   | <i>Iom.</i>  |
|---------------|--------------|
| N. gaisgeach, | gaisgich.    |
| G. gaisgich,  | ghaisgeach.  |
| D. gaisgeach, | gaisgichibh. |
| V. ghaisgich, | ghaisgeacha. |

AN GAISGEACH, *the hero.*

|                                          |                 |
|------------------------------------------|-----------------|
| A. an gaisgeach,                         | na gaisgich.    |
| G. a' ghaisgich,                         | nan gaisgeach.  |
| D. <sup>air a'</sup> do 'n } ghaisgeach, | na gaisgichibh. |

## 11. GRUAGACH, b. a virgin.

Aon.

Iom.

|    |             |                          |
|----|-------------|--------------------------|
| N. | gruagach,   | gruagaichean.            |
| O. | gruagaiche, | ghruagach.               |
| D. | gruagaich,  | gruagaichibh or -ichean. |
| V. | ghruagach,  | ghruagacha.              |

## A' GHRUAGACH, the virgin.

|    |                    |             |                       |
|----|--------------------|-------------|-----------------------|
| A. | a'                 | ghruagach,  | na gruagaichean.      |
| G. | na                 | gruagaiche, | nan gruagach or -ean. |
| D. | air a' }<br>do'n } | ghruagaich, | na gruagaichibh.      |

Thus decline, Mar so tèarn,

Closach, carcass; làrach, a ruin; buarach, a cow-fetter; monadh, fr. a hill; dùdach, a bugle; ceardach, a smithy; cladach, fr. a shore; inullach, fr. summit.

## SPECIAL RULES.

10. Nouns ending in *a*, *o*, or *u*, and in *achd*, *eachd*, or *ochd*, have their nominative and genitive singular alike; as,

| Nom. Ain.       | Gen. Gin. |
|-----------------|-----------|
| La, m.* a day,  | la        |
| Cnò, f. a nut,  | cnò       |
| Cliu, m. fame,  | cliu      |
| Ni, m. a thing, | ni        |

Note.—Nouns of one syllable ending in a vowel, to prevent a hiatus, insert *th* before *an* or *ean* of the plural; as, *cnò*, *cnothan*, *ni*, *nithean*.

*ea* into *ei* or *i*.

11. Nouns of one syllable change *ea* into *ei* or *i*; as,

| Ain.               | Gin.  |
|--------------------|-------|
| Each, m.* a horse, | eich  |
| Fearg, f. wrath,   | feirg |
| Fear, m. a man,    | fir   |
| Meann, m. a kid,   | minn  |
| Ceann, m. a head,  | cinn  |

## RIALTAN ARAID.

10. Tha ainmeach agus ginteach ainmearan a dunnadh le *a*, *o*, no *u*, agus le *achd*, *eachd*, no *ochd*, co-ionann; mar,

| Nom. Ain.            | Gen. Gin. |
|----------------------|-----------|
| Achd, f. a law,      | achd      |
| Feachd, f. an army,  | feachd    |
| Nochd, f. nakedness, | nochd.    |

*ea* gu *ei* no *i*.

11. Tha ainmearan aoin-smid ag atharrachadh *ea* gu *ei* no *i*; mar,

| Ain.                    | Gin.    |
|-------------------------|---------|
| Beann, f. a hill,       | beinne  |
| Learg, f. a rain-goose, | leirg   |
| Cearc, f. a hen,        | circe   |
| Ceap, m. a last,        | cip     |
| Geadh, m. & f. a goose, | geoidh. |

\* All the Nouns from Rule 10th to 16th have their gender marked by the English masculine and feminine.



*ea* again into *i* or *ei*.

12. Nouns of two syllables, ending in *each* or *ean*, change *each* into *ich*, and *ean* into *ein*; as,

|                                    |             |
|------------------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>                        | <i>Gin.</i> |
| Cailleach, <i>f. an old woman,</i> | } cailliche |
| Cinneach, <i>m. a nation,</i>      |             |
| Ceisdean, <i>m. a sweet-heart,</i> | } ceisdein  |
|                                    |             |

13. Nouns of one syllable, ending in *dh*, *gh*, *th*, *um*, *n*, *rr*, *s*, or *t*, add *a* for the genitive; as,

|                          |             |
|--------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>              | <i>Gin.</i> |
| Fiodh, <i>m. timber,</i> | fiodha      |
| Lagh, <i>m. a law,</i>   | lagha       |
| Buth, <i>m. a shop,</i>  | butha       |
| Béum, <i>m. a blow,</i>  | béuma       |
| Géum, <i>m. a low,</i>   | géuma       |

*ia* into *ei*, and *eu* into *eoi*.

14. Nouns of one syllable, sounded by *ia* or *eu*, or *u*, change *ia* into *ei*, and *eu* into *eoi*; as,

|                           |                      |
|---------------------------|----------------------|
| <i>Ain.</i>               | <i>Gin.</i>          |
| Iasg, <i>m. a fish,</i>   | éisg                 |
| Fiadh, <i>m. a deer,</i>  | féidh                |
| Iall, <i>m. a thong,</i>  | éill                 |
| Dia, <i>m. God,</i> has   | Dia & De             |
| Féur, <i>m. grass,</i>    | feoir                |
| Eug, <i>m. ghost,</i> bas | éig                  |
| Eun, <i>m. a bird,</i>    | eoin                 |
| Biadh, <i>m. food,</i>    | } beidh no<br>} bidh |
|                           |                      |

*Note.*—Some Nouns sounded by *eu*, have the nominative and genitive alike; as,

*ea* rist gu *i* no *ei*.

12. Tha ainmearan dhà-smid a dunadh le *each* no *ean*, ag atharrachadh *each* gu *ich*, agus *ean* gu *ein*; mar,

|                              |             |
|------------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>                  | <i>Gin.</i> |
| Cuilean, <i>m. a whelp</i>   | cuilein     |
| Isean, <i>m. a gosling,</i>  | isein       |
| Guirean, <i>m. a pimple,</i> | guirein.    |

14. Tha ainmearan aoin-smid, a dunadh le *dh*, *gh*, *th*, *um*, *n*, *rr*, *s*, no *t*, ag iceadh *a*, ris a ghinteach; mar,

|                               |             |
|-------------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>                   | <i>Gin.</i> |
| Fion, <i>m. wine,</i>         | fiona       |
| Bior, <i>m. a spit,</i>       | biora       |
| Barr, <i>m. crop,</i>         | barra       |
| Fios, <i>m. notice,</i>       | fiosa       |
| Gât, <i>m. a bar of iron,</i> | gata.       |

*ia* gu *ei*, agus *eu* gu *eoi*.

14. Tha ainmearan aoin-smid, fuaimichte le *ia* no *eu* no *u*, ag atharrachadh *ia* gu *ei*, agus *eu* gu *eoi*; mar,

|                             |                        |
|-----------------------------|------------------------|
| <i>Ain.</i>                 | <i>Gin.</i>            |
| Grian, <i>f. sun,</i>       | } gréin no<br>} greine |
| Sliabh, <i>m. mountain,</i> |                        |
| Meur, <i>f. a finger</i>    | } meòir                |
| or <i>toe,</i>              |                        |
| Sgéul, <i>f. news,</i>      | sgeòil                 |
| Déur, <i>m. a tear</i> or   | } de ir                |
| <i>drop,</i>                |                        |

*Nod.*—Tba 'n t-ainmeach agus an ginteach aig cuid a dh-ainmearan fuaimichte le *eu* co-ionann; mar,

|                          |             |                         |             |
|--------------------------|-------------|-------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>              | <i>Gin.</i> | <i>Ain.</i>             | <i>Gin.</i> |
| Séud, <i>m. a jewel,</i> | séud        | Béuc, <i>m. a roar,</i> | béuc        |
| Eud, <i>m. zeal,</i>     | éud         | Béud, <i>m. harm,</i>   | béud.       |

15. Nouns of one syllable, sounded by *a, o, or u,* often change *a, o, or u,* into *ui*; as,

|                                |             |
|--------------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>                    | <i>Gin.</i> |
| Allt, <i>m. a burn,</i>        | uillt       |
| Calg, <i>m. awn,</i>           | cuilg       |
| Car, <i>m. a case or turn,</i> | cuir        |

16. Some Nouns in *io* drop *o* in the genitive; as,

|                          |             |
|--------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>              | <i>Gin.</i> |
| Cioch, <i>f. a pap,</i>  | ciche       |
| Lion, <i>m. flax,</i>    | lin         |
| Sion, <i>m. a blast,</i> | sine        |

15. Tha ainmearan aoin-smid fuaimichte le *a, o, no u, gu tric ag atharrachadh a, o, no u, gu ui*; mar,

|                          |             |
|--------------------------|-------------|
| <i>Ain.</i>              | <i>Gin.</i> |
| Balg, <i>m. a bag,</i>   | builg       |
| Long, <i>f. a ship,</i>  | luinge      |
| Ord, <i>m. a hammer,</i> | uird.       |

16. Tha cuid a dh-ainmearan 'an *io* a tilgeadh na *o* 'sa ghinteach; mar,

|                               |                     |
|-------------------------------|---------------------|
| <i>Ain.</i>                   | <i>Gin.</i>         |
| Crioch, <i>f. an end,</i>     | criche              |
| Siol, <i>m. seed,</i>         | sil                 |
| Criosd, <i>m. Christ,</i> has | { Criosd<br>Criosda |

## PLURALS.

Several Gaelic nouns are very irregular in the formation of their plural.

Some make their plural by adding *ichean* or *chan*; as, *ád, a hat,* adachan or adan; *bata, a boat,* bataichean; *còta, a coat,* cotaichean; *uisge, water,* uisgeachan; *fairge, sea,* fairgeachan or fairgeannan; *clobha, a pair of tongs,* clobhachan.

Some, forming their genitive singular according to Rule 13, make their plural in *nuan*; as, *àm, time,* amannan; *lagh, law,* laghannan; *cleòc, a cloak,* cleòcannan; *céum, a degree,* céuman or céumannan; *taom, a torrent,* taoman or taomannan; *la, a day,* has laithean, lathachan.

*Obs. 1.*—It is chiefly nouns whose nominative or genitive singular ends in a vowel that make their plural in the above order.

*Obs. 2.*—Though this order of the plural may appear tedious and unpleasant, yet it carries a degree of importance, serving to prevent ambiguity. For instance, did we write the plural of *bata* in the short way, *batan,* the word might be taken to signify a *little boat,* and not *boats*; therefore, to avoid the doubt, we soften and lengthen *bata* into *bataichean* in the plural; and so of other words.

## IOMADH.

Tha moran ainmearan Gaelig gle neo-rialtach ann an deanamh an iomadh.

IRREGULAR NOUNS.

The Gaelic, as well as other languages, has a number of words which differ in their inflections from the common form, and in that case become *irregular*, which means, *not according to rule*.

The irregular nouns *fear* and *bean*, are thus declined:—

AINMEARAN NEO-RIALTACH.

Tha àireamh fhocalan 'sa Ghaelig cho math ri cainntean eile, a tha claonadh 'nan tèarnaidhean bho 'n staid chumanta, agus mar sin tha iad nèò-rialtach 'se sin ri radh, *gun bith a réir riailte*.

Tha na h-ainmearan neo-rialtach, *fear* agus *bean*, iar an tèarnadh; mar so,

12. FEAR, mas. *a man, or fellow.*

Neo-chinnteach.

|    | <i>Aon.</i> | <i>Iom.</i>       |
|----|-------------|-------------------|
| N. | fear,       | fir, no feara.    |
| G. | fir,        | fhear, no fheara. |
| D. | fear,       | fearaibh.         |
| V. | fhir,       | fheara.           |

AM FEAR, *the man.*

Cinnteach.

|    | <i>Aon.</i>               | <i>Iom.</i>  |
|----|---------------------------|--------------|
| N. | am fear,                  | na fir.      |
| G. | an fhir,                  | nam fear.    |
| D. | air an }<br>do'n } fhear, | na fearaibh. |

13. BEAN, fem. *a wife, or woman.*

|    | <i>Aon.</i> | <i>Iom.</i> |
|----|-------------|-------------|
| N. | bean,       | mnathan.    |
| G. | mnà,        | bhan.       |
| D. | mnaoi,      | mnathaibh.  |
| V. | a bhean,    | a mhnathan. |

A' BHEAN, *the wife.*

|    |                            |                                  |
|----|----------------------------|----------------------------------|
| N. | a' bhean,                  | na mnathan.                      |
| G. | na mna,                    | nam ban.                         |
| D. | air a' }<br>do'n } mhnaoi, | { na mnathan.<br>{ na mnathaibh. |

LIST OF IRREGULAR NOUNS | AIREAMH DH-AINMEARAN NEO-RIALT-  
OF THE FIRST DECLENSION. | ACH DE'N CHEUD TEARNADH.

| <i>Ain.</i>                      | <i>Gin.</i>      | <i>Ain. Iom.</i>                                        |
|----------------------------------|------------------|---------------------------------------------------------|
| Bean, b. <i>a wife</i>           | mnà              | mnathan, mnai                                           |
| Brà, b. <i>a quern</i>           | brathan-ain      | brathan                                                 |
| Bò, b. <i>a cow</i>              | boin, bò         | bà                                                      |
| Brù, b. <i>a belly</i>           | bronn-broin      | bronna-an, bronnaich-                                   |
| Caora, b. <i>a sheep</i>         | caorach          | caoraich [ean                                           |
| Cainneal, } b. <i>a candle</i>   | { cainnle        | { cainnlean                                             |
| Coinneal, }                      | { coinnle        | { coinnlean                                             |
| Criadh, cre, b. <i>clay</i>      | creadha          |                                                         |
| Cù, fr. <i>a dog</i>             | coin             | coin, cona                                              |
| Dia, <i>God</i>                  | Dé, Dia, Dhé     | dee, diathan                                            |
| Deòch, b. <i>a drink</i>         | dìbhe            | deòchan-nan                                             |
| Fear, fr. <i>a man</i>           | fir              | fir, feara                                              |
| Fidhioll, } b. <i>a violin</i>   | fidhle           | fidhlean, fiodhlan                                      |
| Fiodhul, }                       |                  |                                                         |
| Gobhar, b. <i>a goat</i>         | goibhre          | gobhair                                                 |
| Gniomh, fr. <i>a work</i>        | gniomha          | gniomharra-n                                            |
| La, fr. <i>a day</i>             | la               | lathachan, laithean                                     |
| Leaba-dh, b. <i>a bed</i>        | leapa, leapach   | leapannan, leapaichean                                  |
| Laidinn, b. <i>Latin</i>         | Laidne r.*       |                                                         |
| Linne, b. <i>a pool</i>          | linne            | { linnichean, linntich-<br>can, linneachan,<br>linntean |
| Lion, fr. <i>flax, net</i>       | lin              | liun, liontan                                           |
| Luch, b. <i>a mouse</i>          | luchain          | luchan                                                  |
| Màla, b. <i>an eyebrow</i>       | malaich, malaidh | malaichean                                              |
| Mac, fr. <i>a son</i>            | mic              | mic                                                     |
| Oidhche, } b. <i>night</i>       | { oidhche        | { oidhchean, oidhc-                                     |
| Oïche, }                         | { oïche          | { achan, oïchean                                        |
| Saighead, b. <i>an arrow</i>     | saighde          | saighdean                                               |
| Sgian, b. <i>a knife</i>         | sgine r.         | sgionan, sgeanan                                        |
| Sithean, b. <i>venison</i>       | sithinn, sithne  |                                                         |
| Sluagh, fr. no. b. <i>people</i> | sluaigh r.       | sloigh                                                  |
| Tarrung, } b. <i>a nail</i>      | { tairnge r.     | tairgnean, tairnean                                     |
| Tarunn, }                        | { tairne         |                                                         |
| Talamh, fr. <i>the earth</i>     | talmhuinn        | talmhuinnean                                            |
| Uileann, } b. <i>an elbow</i>    | { uilne          | { uinlean                                               |
| Uilionn, }                       | { uinnle         | { uinnlean                                              |
| Uamh, b. <i>a cave</i>           | uamha            | uamhan, uamhannan                                       |
| Ubhal, fr. <i>an apple</i>       | ubhail r.        | ubhlan.                                                 |

\* The letter *r* is to show that the noun has also the regular form of the *genitive*.

Nouns beginning with *l*, *n*, or *r*, are declined without any initial change.

Teàrnar ainmearan a toiseachadh le *l*, *n*, no *r*, gun mhuthsam bith air an toiseach.

|                         |                           |                         |
|-------------------------|---------------------------|-------------------------|
| Long, b. <i>a ship.</i> | Neamh, fr. <i>heaven.</i> | Ròn, fr. <i>a seal.</i> |
| N. Long, longan         | N. Neamh, neamhan         | N. Ròn, ròin            |
| G. Luinge, 'long        | G. Neimh, 'neamh          | G. Ròin, 'ròn           |
| D. Luing, longaibh      | D. Neamh, neamhan         | D. Ròn, rònaibh         |
| V. A'long, a'longa      | V. A'neimh, a'neamba      | V. A'ròin, a'ròna.      |

Obs.—Though *l*, *n*, and *r*, have never got an aspirated form, yet, when placed in cases in which the other consonants are aspirated, they become aspirated, accordingly, in their pronunciation, and, to distinguish them in their invisible aspirated state, Mr Munro recommends the *spiritus asper* (´) of the *Greek*, which is here adopted.

The plain and aspirated sounds of *l*, *n*, *r*, are distinctly heard in pronouncing the following phrases correctly:—

- Tha'n t-eun air á 'nead—air á chòs.
- Tha 'chearc air ä nead—air ä còs.
- Tha'n cù air á 'lorg—air á cheum.
- Tha e air ä lorg—air ä ceum.
- Chual' iad á 'rán—á bhéuc.
- Chual' iad ä rán—ä béuc.

Leòn e, *wound him*; doirt e, *spill it*; naisg e, *tie him*; paisg e, *fold him*. 'Leòn mi e, *I wounded him*; dhoirt mi e, *I spilt it*; 'naisg mi e, *I tied him*; phaisg mi e, *I folded him*.

Ruisg e, *peel it*; dùisg e, *awaken him*; 'ruisg mi e, *I peeled it*; dhuisg mi e, *I awakened him*.

Now if *nead*, and the other words in the above examples with the mark (´) prefixed, be pronounced as they are devoid of it, or devoid of it as they are with it, the sense is the same, or entirely changed.

SECOND DECLENSION.

Nouns whose last vowel is *i* or *e* are of the second declension.

GENERAL RULES.

17. Nouns of one syllable form their genitive singu-

AN DARA TEARNADH.

Tha ainmearan aig am beil *i* no *e* 'nam fuaimrag dheireannach de 'n dàra teàrnadh.

RIALTAN CUMANTA.

17. Ni ainmearan aoin-smid an ginteach araon

lar, masculine and feminine, by adding *e* to the nominative.

18. Nouns of more than one syllable generally terminate alike in the singular.

## EXAMPLES.

1. TIGH, fr. *a house*.

|      | Aon.    | Iom.     |
|------|---------|----------|
| Nom. | tigh    | tighean  |
| Gen. | tighe   | thighean |
| Dat. | tigh    | tighibh  |
| Voc. | a thigh | thighean |

Thus decline: Mar so teàrn :

Mìr, *a piece*; brùid, *a brute*; pàisd, *a child*; tim, *tense or time*; maide, *a stick*; caibdeil, *a chapter*; leigh, *a physician*.

2. POIR, b. *a pot*.

|    | Aon.    | Iom.        |
|----|---------|-------------|
| N. | poit    | poitean     |
| G. | poito   | phoit       |
| D. | poit    | poitibh-eau |
| V. | a phoit | phoitean    |

Thus decline: Mar so teàrn :

Cir, *a comb*; ceist, *a question*; cluain, *pasture*; béirm, *barm or yeast*; teist, *testimony*; graisg, *a rabble*; geinn, *a wedge*; meirg, *rust*; druid, *a starling*; dròcaid, *drugget*; càisg, *the passover, Easter Sunday*; sgoil, *school*.

3. MORAIR, fr. *a nobleman*.

|    | Aon.    | Iom.       |
|----|---------|------------|
| N. | morair  | morairean  |
| G. | morair  | mhorairean |
| D. | morair  | morairibh  |
| V. | mhorair | mhorairean |

A' PHOIR, *the pot*.

|    | Aon.          | Iom.             |
|----|---------------|------------------|
| A. | a' phoit      | na poitean       |
| G. | na poite      | nam poit         |
| D. | air a' do'n } | phoit na poitibh |

AM MORAIR, *the nobleman*.

|    | Aon.          | Iom.                    |
|----|---------------|-------------------------|
| A. | am morair,    | na morairean            |
| G. | a' mhorair,   | nam morair-ean          |
| D. | air a' do'u } | mhorair, nam morair-ibh |

Also, murtair, *a murderer*; purgadair, *purgatory*; lanntair, *a lantern*; tosgair, *a herald*; fàladair, *a scythe*.

fearanta, agus boireanta le *e* a chur ris an ainmeach.

18. Tha ainmearan anns am beil na 'smò na aon smid a dunadh co-ionann 'san aonar.

## SAMPLAIREAN.

AN TIGH, *the house*.

|    | Aon.          | Iom.            |
|----|---------------|-----------------|
| A. | an tigh       | na tighean      |
| G. | an tighe      | nan tighean     |
| D. | air an do'n } | tigh na tighibh |

Some polysyllables add *e* to the genitive. We often hear good speakers say, "tigh a' mhoraire."

Exceptions to Rule 17.

Obaidhean air Rialt'17.

| Ain.                       | Gin.                |
|----------------------------|---------------------|
| Dàil, b. <i>delay</i> ,    | has dälach          |
| Däil, b. <i>a meadow</i> , | " dälach            |
| Cuid, b. <i>a part</i> ,   | " codach            |
| Làir, b. <i>a mare</i> ,   | " larach <i>r</i> . |
| Sàil, b. <i>a heel</i> ,   | " salach            |
| Suil, b. <i>an eye</i> ,   | " suil no<br>sulach |
| Druim, b. <i>a back</i> ,  | " droma             |
| Feòl, b. <i>flesh</i> ,    | " feola             |

| Ain.                                 | Gin.                  |
|--------------------------------------|-----------------------|
| Mil, b. <i>honey</i> ,               | has meala             |
| Muir, b. <i>sea</i> ,                | " mara                |
| Toin, b. <i>bottom</i> ,             | " tona                |
| Sroin, b. <i>a nose</i> ,            | " sroine, no<br>srona |
| Druid, b. <i>a }<br/>starling, }</i> | " { often<br>druid    |
| Moine, b. <i>peats</i> ,             | " moine               |
| Fuil, b. <i>blood</i> ,              | " fala, no<br>fola    |

SPECIAL RULES.

RIALTAN ARAID.

19. Some nouns of two syllables in *ai*, drop the letter *i* in the genitive; as,

19. Tha cuid a dh-ainm-earan dhà smid 'an *ai*, a tilg-eadh na litir *i*'sa ghinteach; mar,

| Ain.     |                | Gin.        | Ain.          | Iom.          |
|----------|----------------|-------------|---------------|---------------|
| Athair   | <i>father</i>  | athar       | aithrichean*  |               |
| Mathair  | <i>mother</i>  | mathar      | mathraichean  |               |
| Brathair | <i>brother</i> | brathar     | braithrean    |               |
| Piuthair | <i>sister</i>  | has peathar | peathraichean | <i>doir</i> . |
|          |                |             | piuthair      |               |

20. Feminine nouns of two syllables in *air*, change *air* into *ach* or *rach*; thus,

20. Tha boireantaich dhà smid an *air* a tionndadh *air* gu *ach* no *rach*; mar,

| Ain          |                  | Gin.         |
|--------------|------------------|--------------|
| Cathair, b.  | <i>a chair</i>   | has cathrach |
| Nathair, b.  | <i>a serpent</i> | " nathrach   |
| Lasair, b.   | <i>a flame</i>   | " lasrach    |
| Acair, b.    | <i>an anchor</i> | " acrach     |
| Luachair, b. | <i>rushes</i>    | " luachrach  |

\* Nouns of two or more syllables are often contracted in the plural, by dropping *an*; thus,

\* Giorraichear gu tric ainmearan da no ioma-smid 'san iomadh le tilgeadh *an*; mar so,

*aithriche*, *braithre*, *cairde*, *dorsaire*, for *aithrichean*, *braithrean*, *cairdean dorsairean*. This fashion does not deserve to be encouraged.

|              |                      |     |                             |
|--------------|----------------------|-----|-----------------------------|
| Socair, b.   | <i>ease</i>          | has | socrach, <i>no socaire</i>  |
| Aimsir, b.   | <i>season</i>        | “   | aimsrach, <i>no aimsire</i> |
| Barail, b.   | <i>opinion</i>       | “   | baralach                    |
| Faidhir, b.  | <i>a fair</i>        | “   | faidhreach                  |
| Measair, b.  | <i>a tub</i>         | “   | measrach                    |
| Iuchair, b.  | <i>a key</i>         | “   | iuchrach                    |
| Srathair, b. | <i>a pack-saddle</i> | “   | srathrach                   |
| Peasair, b.  | <i>pease</i>         | “   | peasrach                    |
| Saothair, b. | <i>labour</i>        | “   | saothrach                   |
| Ponair, b.   | <i>beans</i>         | “   | ponarach                    |
| Anail, b.    | <i>breath</i>        | “   | analach                     |
| Paidhir, b.  | <i>a pair</i>        | “   | paidhreach                  |
| Staidhir, b. | <i>stair</i>         | “   | staidhreach                 |
| Machair, b.  | <i>a field</i>       | “   | macharach, -chrach.         |

## PLURAL NUMBER.

21. Nouns forming their genitive singular in *ach* from *air*, form the plural by changing *ach* of the genitive into *ich*, and adding *ean*; as,

Cathair, *a seat*; cathrach, cathraichean, *seats*.

22. Nouns in *ail*, *aile*, *ain*, *e*, *eil*, *eile*, or *ein*, add *an*, *tean*, or *tan*; as,

*Ain.*

Baile, *fr. a town*  
 Caile, b. *a girl*  
 Càin, b. *a tax*  
 Aithn, b. *a command*  
 Féill, b. *festival*  
 Féile, *fr. a kilt*

## AN AIREAMH IOMADH.

21. Ni ainmearan a tha deanamh an gintich aonar le *ach* bho *air*, an aireamh iomadh le tionndadh *ach* a' ghintich gu *ich* agus ag iccadh *ean*; mar,

22. Tha ainmearan 'an *ail*, *aile*, *ain*, *e*, *eil*, *eile*, no *ein*, ag iccadh *an*, *tean*, no *tan*; mar,

*Ain. Iom.*

Bailtean, *towns*  
 Cailean, *girls*  
 Cainteann, *taxes*  
 Aithn-tean, *commands*  
 Féill-tean, *festivals*  
 Féiltean, *kilts*.

23. Almost all polysyllabic nouns form the other three cases of the plural like the nominative.

23. Tha chuid a's mō dh-ainmearan ioma-smid-each a deanamh nan tri caran éile de 'n iomadh coltach ris an ainmeach.



IRREGULAR NOUNS OF THE SECOND DECLENSION.

AINMEARAN NEO-RIALTACH DE 'N DARÀ TEARNADH.

*Ain.*

*Gin.*

*Air. Iom.*

|                                      |                      |                       |
|--------------------------------------|----------------------|-----------------------|
| Abhainn, b. <i>a river</i>           | aibhne               | aibhnichean, aibhnean |
| Aghainn, b. <i>a pan</i>             | aighne               | aighnean              |
| Banais, b. <i>a wedding</i>          | bainse               | bainsean              |
| Brìgh, b. <i>substance</i>           |                      | brìghean              |
| Bruidhinn, b. <i>speech</i>          | bruidhne             |                       |
| Càraid, fr. <i>a friend</i>          |                      | càirdean              |
| Colluinn, h. <i>a body</i>           | colla, colna r       | coluinnean            |
| Cliamhuinn, fr. <i>a son-in-law</i>  | cleamhna r           | cleimhnean, cleamhnan |
| Cridhe, fr. <i>a heart</i>           |                      | cridheachan           |
| Disinn, b. <i>a die (for gaming)</i> | disne                | disnean, disean       |
| Duine, fr. <i>a man</i>              | duine                | daoine                |
| Dinneir, b. <i>a dinner</i>          | dinnearach           | dinneirean            |
| Duthaich, b. <i>a country</i>        | duthcha, ducha       | duchan, duchannan     |
| Eilid, b. <i>a hind</i>              | éilde                | éildean               |
| Fiacail, b. <i>a tooth</i>           | fiacila              | fiacilan              |
| Gamhuinn, fr. <i>a stirk</i>         | gamhna               | gamhna-nan            |
| Gualainn, b. <i>the shoulder</i>     | guaille              | guaillean, guaillean  |
| Mil, b. <i>honey</i>                 | meala                | mealan                |
| Madainn, <i>morning</i>              | maidne               | maidnean              |
| Namhaid, fr. <i>an enemy</i>         | nàmbad               | naimhdean             |
| Nì, fr. <i>a thing</i>               | nì                   | nithe, nitheannan     |
| Oisinn, b. <i>an angle</i>           | Oisne r              | oisnean               |
| Obair, b. <i>work</i>                | Oibre                | obraichean, oibrean   |
| Rìgh, fr. <i>a king</i>              | Rìghc                | rìghre, rìghrean      |
| Samhuinn, b. <i>Hallow-tide</i>      | samhna               | samhna                |
| Sliasaid, b. <i>a thigh</i>          | sléisde, sléisne     | sléisdean, sléisnean  |
| Suipeir, h. <i>supper</i>            | suipeire, suipearach | suipeirean            |

Tì, *a person*, and tì, b. *a design*, are indeclinable, also ré, b. *the moon*.

THIRD DECLENSION.

Under this declension are classed all nouns definite, beginning with a vowel, or *s* pure.\*

Nouns of the third declension differ only in their initial, or articulated form, from nouns of the first and second.

AN TREAS TEARNADH.

Fo 'n teàrnadh so cuirear uil' ainmear cinnteach a toiseachadh le fuaimraig, no le *s* glan.\*

Tha ainmearan de 'n treas teàrnadh a dealachadh a mhàin 'nan staid thoisich, no phungail bho ainmearan de 'n *cheud* agus an *dara*.

\* That is, *s* followed by a vowel.

† Is e sin *s* leanta le fuaimraig.

## GENERAL RULES.

24. A definite noun masculine beginning with a vowel, requires *t-* (*hyphen*) before it in the nominative singular, and *h*, in the nominative and dative plural.

25. A definite noun feminine, beginning with a vowel, requires *h-* (*hyphen*) before it in the genitive singular, and in the nominative and dative plural; thus,

## RIALTAN C UMANTA.

24. Gabhaidh ainmear cinnteach fearanta a toiseachadh le fuaimraig *t-* (*táthan*) roimhe 'san ainm-each aonar, agus *h-*, anns an ainmeach agus 'san doir, *iomadh*.

25. Gabhaidh ainmear einnteach boireanta a toiseachadh le fuaimraig *h-* (*tathan*) roimhe 'sa ghinnteach aonar, agus anns an ainmeach agus 'san doir, *iomadh*; mar so,

## EXAMPLES,

## SAMPLAIREAN.

EACH, fr. *a horse.*

*Neo-chinnteach.*

*Aon.*

*Iom.*

*N.* each, *a horse,*  
*G.* eich, *of a horse,*  
*D.* each, *to a horse,*  
*V.* eich, *O horse,*

eich, *horses.*  
 each, *of horses.*  
 eachaibh, *to horses*  
 eacha, *O horses.*

AN T-EACH, *the horse.*

*Cinnteach.*

*Aon.*

*Iom.*

|           |                               |            |                                 |
|-----------|-------------------------------|------------|---------------------------------|
| <i>A.</i> | an t-each, <i>the horse,</i>  | na h-eich, | <i>the horses.</i>              |
| <i>G.</i> | an eich, <i>of the horse,</i> | nan each,  | <i>of the horses.</i>           |
| <i>D.</i> | } each, <i>to the horse,</i>  | na h-      | eachaibh, <i>to the horses.</i> |
|           |                               |            |                                 |

Thus decline,

Mar so teàrn,

Isbean, *a sausage*; àrach, <sup>1</sup> *a cow-feeder*; anart, <sup>1</sup>/<sub>3</sub> *\*linen*; oglach, <sup>1</sup>/<sub>1</sub> *a servant*; im, <sup>2</sup>/<sub>1</sub> *butter*; ord, <sup>1</sup>/<sub>6</sub> *a hammer*; òr, <sup>1</sup>/<sub>1</sub> *gold*; eun, R. 14, *a bird*; ubh, <sup>1</sup>/<sub>1</sub> *an egg*; ainm, <sup>2</sup>/<sub>1</sub> *a name*.

\* The upper figure 1 refers to the *first* declension, and 2 to the *second*; the under number to the example; thus, *anart* has its final forms like *corran*, example 3rd of the *first* declension.

UINNEAG, b. *a window.*

|           | <i>Aon.</i> |  | <i>Iom.</i>      |
|-----------|-------------|--|------------------|
| <i>N.</i> | uinneag,    |  | uinneagan.       |
| <i>G.</i> | uinneige,   |  | uinneag.         |
| <i>D.</i> | uinneig,    |  | uinneagaibh,-an. |
| <i>V.</i> | uinneag,    |  | uinneaga.        |

AN UINNEAG, *the window.*

|           | <i>Aon.</i>                  |  | <i>Iom.</i>          |
|-----------|------------------------------|--|----------------------|
| <i>A.</i> | an uinneag,                  |  | na h-uinneagan       |
| <i>G.</i> | na h-uinneige,               |  | nan uinneagan        |
| <i>D.</i> | air an } uinneig,<br>do 'n } |  | na h-uinneagaibh,-an |

Thus decline,

Mar so tèarn,

*Iteag, a feather ; eag, a nick ; oiteag, a breeze ; apag $\frac{1}{2}$ , a little ape ; òrdag $\frac{1}{2}$ , a thumb or toe.*

IASGAIR, fr. *a fisherman.*

|           | <i>Aon.</i> |  | <i>Iom.</i>     |
|-----------|-------------|--|-----------------|
| <i>N.</i> | iasgair,    |  | iasgairean.     |
| <i>G.</i> | iasgair,*   |  | iasgairean.     |
| <i>D.</i> | iasgair,    |  | iasgairibh,-an. |
| <i>V.</i> | iasgair,    |  | iasgaire.       |

AN T-IASGAIR, *the fisherman.*

|           | <i>Aon.</i>                  |  | <i>Iom.</i>      |
|-----------|------------------------------|--|------------------|
| <i>A.</i> | an t-iasgair,                |  | na h-iasgairean. |
| <i>G.</i> | an iasgair,                  |  | nan iasgairean.  |
| <i>D.</i> | air an } iasgair,<br>do 'n } |  | na h-iasgairibh. |

Thus decline,

Mar so tèarn,

*Eagair, order ; eunadair, a game-keeper ; uaireadair, a time-keeper.*

OIGH, b. *a virgin.*

|           | <i>Aon.</i> |  | <i>Iom.</i>  |
|-----------|-------------|--|--------------|
| <i>N.</i> | òigh,       |  | òighean.     |
| <i>G.</i> | oighe,      |  | oighean.     |
| <i>D.</i> | oigh,       |  | oighibh,-an. |
| <i>V.</i> | oigh,       |  | oighean.     |

\* Or, iasgaire.

AN OIGH, *the virgin.*

| <i>Aon.</i> |                | <i>Iom.</i> |            |
|-------------|----------------|-------------|------------|
| A.          | an oigh,       | na          | h-oighean. |
| G.          | na h-oighe,    | nan         | oighean.   |
| D.          | air an } oigh, | na          | h-oighean. |
|             | do 'n }        |             |            |

Thus decline,

Mar so tèarn,

Iris, *a hen-roost*; oinid, *a fool*; onoir, *honour*; urnuigh, *prayer*; uair, *an hour*.

26. A definite noun masculine beginning with *s*, requires *t*- before it in the *genitive* and *dative*; and a definite feminine in the *nominative* and *dative* singular; thus,

26. Gabhaidh ainmear cinnteach fearanta a tois-eachadh le *s*, *t*- roimhe 'sa *ghinteach* agus 'san *doirt-each*; agus cinnteach boir-eanta anns an *ainmeach*, agus 'san *doirteach aonar*; mar so,

SOLUS, fr. *a light.*

| <i>Aon.</i> |          | <i>Iom.</i> |  |
|-------------|----------|-------------|--|
| N.          | solus,   | soluis.     |  |
| G.          | soluis,  | sholus.     |  |
| D.          | solus,   | solusaibh.  |  |
| V.          | sholuis, | sholusa.    |  |

AN SOLUS, *the light.*

|    |                   |     |            |
|----|-------------------|-----|------------|
| A. | an solus,         | na  | soluis.    |
| G. | an *t-soluis,     | nan | solus.     |
| D. | air an } t-solus, | na  | solusaibh. |
|    | do 'n }           |     |            |

Thus decline,—Saoghal, *world*; saor, *a carpenter*; sealgair, *a hunter*; sonn<sup>1</sup>/<sub>8</sub>, *a stout man*; sop<sup>1</sup>/<sub>8</sub>, *a wisp*; siùcar, *sugar*.

SUIST, b. *a flail.*

| <i>Aon.</i> |          | <i>Iom.</i> |  |
|-------------|----------|-------------|--|
| N.          | suist,   | suistean.   |  |
| G.          | suiste,  | shuist.     |  |
| D.          | suist,   | suistibh.   |  |
| V.          | shuiste, | shuistean.  |  |

\* The *s* after *t*. here is always silent, and the *t* is sounded instead of it.

AN T-SUIST, *the flail.*

|    |                        |                     |
|----|------------------------|---------------------|
| A. | an t-suist,            | na suistean.        |
| G. | na suiste,             | nan suist, or -ean. |
| D. | air an do'n } t-suist, | na suistibh.        |

Thus decline,—salm, *a psalm*; séid, *a puff*; seilcheag<sup>†</sup>, *a snail*; sintcag,<sup>†</sup> *a skip*: sith, *peace*; suil (<sup>14</sup>), *an eye*; subhailc, *virtue*.

The various initial forms assumed by a noun definite beginning with a vowel or *s* pure, and the convenience and facility afforded to the learner in declining such nouns according to the foregoing scheme, will at once manifest the necessity and propriety of introducing this declension, called the *Third*, not given under the name of a separate declension in any Gaelic Grammar known to the author of this one.

A proper name is thus declined in Gaelic:—

Teàrnar ainm ceart mar so 'sa Ghaclig:—

Peadar, fr. *Peter*; Ceit, b. *Catharine*; An Fhraing, b. *France*.

|      |                             |       |                        |      |                            |
|------|-----------------------------|-------|------------------------|------|----------------------------|
| Nom. | Peadar                      | Ain.  | Ceit                   | Nom. | An Fhraing*                |
| Gen. | Pheadair                    | Gin.  | Ceite                  | Gen. | Na Frainge                 |
| D.   | { air Peadar<br>do Pheadair | Doir. | { air Ceit<br>do Cheit | D.   | { air an<br>do'n } Fhraing |
| Voc. | A Pheadair                  | Voc.  | A Cheit                | Voc. | A Fhraing.                 |

INFLECTION OF ADJECTIVES.

An Adjective is a word which qualifies a noun, as, *good, tall, sweet*.

Adjectives denoting qualities that can be increased, admit of inflection to express comparison.

There are three degrees of comparison, the *Positive*, the *Comparative*, and the *Superlative*.

TEARNADH BHUADHARAN.

Is e buadhar focal a tha 'g innseadh buaidh no naduir ainmeir; mar, *math, ard, milis*.

Gabhaidh buadharan a ta nochdadh bhudhan, no fheartan a 's urrainnear a mheudachadh teàrnadh gu coimeasachadh a chur an céill.

Tha tri céuman coimeasachaidh ann, an *Seasmhach*, an *Coimeasach*, agus an *t-Anardach*.

\* Frangach, *a Frenchman*, and all other *gentiles* and *patronymics*, are declined like Ex. 1 or 10 of the First Declension.

The *Positive* is expressed by the adjective in its simple form ; as, *hard, soft*.

The *Comparative* expresses a greater degree of the quality expressed by the *Positive* ; as, *harder, softer*.

The *Superlative* expresses the greatest degree of the quality expressed by the *Positive* ; as, *hardest, softest*.

1. The *Comparative* is generally formed by adding *r* or *er* to the *Positive* ; as, *fine, finer* ; *soft, softer*.

2. The *Superlative* is generally formed by adding *st* or *est* to the *Positive* ; as, *fine, finest* ; *soft, softest*.

3. Adjectives of more than one syllable are commonly compared by prefixing the adverbs *more* and *most* to the *Positive* ; as, *dutiful, more dutiful, most dutiful*.

4. Adjectives of two syllables ending in *y*, when compared like monosyllables, change *y* into *i* before *er* and *est* ; as,

Tha 'n *Seasmhach* foillsichte leis a bhuadhar 'na staid loim ; mar, *teann, bog*.

Tha 'n *Coimeasach* a noehdadh eéum na's mò de 'n bhuaidh a ta iar a h-airis leis an t-Seasmhach ; mar, *teinnc, buige*.

Tha 'n t-*Anardach* a noehdadh a chèum a's romhò de 'n bhuaidh a ta iar a h-airis leis an t-Seasmhach.

1. Tha an *Coimeasach* iar a dheanamh gu cumanta le cur *r* no *er* ris an t-Seasmhach.

2. Tha 'n t-*Anardach* iar dheanamh gu cumanta le cur *st* no *est*, ris an t-Seasmhach.

3. Tha buadharan anns am beil na's mò na aonsmid iar an coimeasachadh gu cumanta le cur nan coghniomharan *more* agus *most* roimh an t-Seasmhach.

4. Tha buadharan dhasmid a dnuadh le *y*, 'nuair a choimeasar iad mar aon-smidean, a tionndadh na *y* gu *i* roimh *er* 'us *est* ; mar,

| <i>Pos.</i> | <i>Com.</i> | <i>Super.</i> |
|-------------|-------------|---------------|
| Happy,      | happier,    | happiest.     |
| Lofty,      | loftier,    | loftiest.     |

5. A diminutive Adjective is formed by adding the affix *ish*, which expresses a shade of comparison, and lessens the signification of the Positive; as, black, blackish; white, whitish.

*Obs. 1.*—The degrees of diminution are also expressed by prefixing the adverbs *less* and *least*; as, hot, *less* hot, *least* hot; beautiful, *less* beautiful, *least* beautiful.

*Obs. 2.*—An Adjective is regularly compared when the *Comparative* is formed by adding *r* or *er*, and the *Superlative* by adding *st* or *est*.

Adjectives of one syllable, or Dissyllables ending in *y* or *e* pure, are chiefly compared in this way; as, *coy*, *coyer*, *coyest*; *ample*, *ampler*, *amplest*.

*Obs. 3.*—Compound Adjectives are formed at pleasure by joining different words together with a hyphen (-); thus, come-at-able, would-be-high, two-footed.

#### GAELIC ADJECTIVES.

Adjectives in Gaelic are of the first or second declension, or of the third only.

Adjectives are declined by number, gender, case, and form, and their oblique cases are formed from the nominative, according to the rules already given for the formation of the cases of nouns.

27. The nominative singular, masculine, and feminine end alike, but the feminine is aspirated.

28. The genitive singular feminine is formed from the genitive singular masculine, by dropping the aspirated form; and, if a monosyllable, it generally ends in *e*, and sometimes in *a*.

#### BUADHARAN GAELIG.

Tha Buadharan 'sa Ghaelig de 'n chéud no'n dara teàrnadh, no de'n treas a mhaìn.

Tha Buadharan iar an teàrnadh le aireimh, gin, car, agus staid, agus an caran claon iar an cumadh o'n ainmeach a réir nan rialtan a thùgadh cheana 'dheanamh charan nan ainmearan.

27. Tha 'n t-ain. aonar fear. agus boir. a dunadh co-ionann, ach tha am boir-eanta séidichte.

28. Tha 'n ginteach aonar boir. iar a chumadh o'n ghinteach aonar fhear. le tilgeadh na staid seidichte; agus ma's aonsmid e, tha e dunadh gu cumanta le *e* 'us air uairibh le *a*.

29. The plural of all adjectives of one syllable ends in *a*, and of those of more than one, like the nominative singular.

## EXAMPLES.

Bàn, bhàn, *fair, white.*

*Aon.*

*Iom.*

Fear. Boir. Fear.'us boir.

*N.* ban, bhàn, bana

*G.* bhain, baine, bana

*D.* ban, bhain, bana

*V.* bhain, bhàn, bana.

29. Tha iomadh gach uile bhoadhar aoinsmid a dunadh le *a*, agus tha iadsan anns am beil na's mò na aoinsmid, a dunadh mar an t-ainmeach aonar.

## SAMPLAIREAN.

Dubh, dhubh, *black.*

*Aon.*

*Iom.*

Fear. Boir. Fear.'us boir.

*A.* dubh, dhubh,

*G.* dhuibh, duibhe, } dubh'a

*D.* dubh, dhuibh, }

*G.* dhuibh, dhubh, }

After the same manner decline : Air an dòigh cheudna tèarn :

Cas, *steep*; caol, *small*; caoin, *kind*; garg, *wild*; garbh, *rough*; grad, *quick*; fad, *long*; glan, *clean*; maol, *blunt*; mìn, *soft*; còir, *honest*; saor, *free*; mòr, *great*; marbh, *dead*.

## GENERAL RULES.

30. The *nom. dat.* and *voc. feminine*, and the *gen.* and *voc. masculine* of adjectives are aspirated in the singular, either with or without the article.

31. The *dat.* of an adjective combined with a noun definite is aspirated in both genders; as,

## RIALTAN CUMANTA.

30. Tha *ain. doir.* agus *gair. boireanta*, agus *gin. 'us gair. fear. bhoadharan*, séidichte 'san aonar co dhuibh tha 'm pungar leò, no nach 'eil.

31. Séidichear *doir. buadhair naisgte ri ainmear cinnteach* 'san dà ghin; mar,

Air a' bhord mhor, *on the big table*, ach air bord mor. Anns a' chiste bhain, *in the white chest*.

32. Adjectives of one syllable in *ea*, *eu*, or *ia*, and those of more than one in *ea*, make the genitive in *ei* or *i*; thus,

32. Ni buadharan aoinsmid 'an *ea*, *eu*, no *ia*, agus iadsan aig am beil ni's mo na aoinsmid 'an *ea*, an ginteach le *ei* no *i*; mar so,



Dearg, *red.*

N. dearg, dhearg, }  
 G. dheirg, deirge, }  
 D. dearg, dheirg, }  
 V. dheirg, dhearg, } dearga

Thus decline :

Deas, *ready* ; searbh, *bitter* ;  
 teann, *tight* ; ceart, *right* ; tearc,  
*rare.*

33. Adjectives ending in  
*all, om, orb, orm,* and *onn,*  
 change *a* into *oi*, and *o* into  
*ui* in the genitive ; thus,

Borb, *wild.*

N. borb, bhorb, }  
 G. bhuirb, bairbe, }  
 D. borb, bhuirb, }  
 V. bhuirb, bhorb, } borba

Thus decline :—Crom, *crooked* ;  
 bog, *soft* ; donn, *brown* ; gorm,  
*blue* ; lom, *bare* ; pronn, *pound-*  
*ed* ; trom, *heavy* ; olc, *bad.*

Adjectives of two or more  
 syllables, seldom add *e* to  
 the genitive singular ; as,

Cinnteach, *sure.*

*Aon.*

*Fear.*

*Boir.*

N. cinnteach, chinnteach, }  
 G. chinntich, einntich, }  
 D. einnteach, chinntich, }  
 V. chinntich, chinnteach, }

*Iom.*

*Fear.'us Boir.*

cinnteach.

34. An adjective begin-  
 ning with a vowel, admits  
 of no initial change, and an  
 adjective ending with a

Beag, *little.*

A. beag, bheag, }  
 G. bhig, bige, }  
 D. beag, bhig, }  
 G. bhig, bheag, } beaga

Mar so tèarn :

Geal, *white* ; breac, *speckled* ;  
 crion, *small*, has crin.

33. Tha buadharan a  
 dunadh le *all, om, orb, orm,*  
 agus *onn,* ag atharraichadh  
 na *h-a* gu *oi*, agus *o* gu *ui*  
 'sa ghinteach ; mar,

Dall, *blind.*

N. dall, dhall, }  
 G. dhcill, doille, }  
 D. dall, dhoill, }  
 V. dhoill, dhall, } dalla

Mar so tèarn :—Mall, *slow.*

Is ainmig a chuireas  
 buadharan aoin, no iomadh  
 smid *e* ris a' ghinteach  
 aonar ; mar,

34. Cha ghabh buadhar  
 a toiseachadh le fuaimraig  
 muth-toisich, agus cha  
 ghabh buadhar a dunadh

vowel, admits of no final change; as, òg, beò.

35. When an adjective beginning with a vowel is prefixed to a noun definite, it is of the third declension; s,

An t-ard bhuachail. An og bhean.

EXAMPLE OF A NOUN AND AN ADJECTIVE DECLINED TOGETHER.

SAMPLAIR DE DH-AINMEAR AGUS DE BHUADHAR TEARNTA LE CHEILE.

1. CLUAS MHOR, b. *a large ear.*

*Aon.*

*Iom.*

|           |                |                 |
|-----------|----------------|-----------------|
| <i>N.</i> | cluas mhor,    | cluasan mora.   |
| <i>G.</i> | cluaise moire, | chlusan mora.   |
| <i>D.</i> | cluais mhoir,  | cluasaibh mora. |
| <i>V.</i> | a cluas mhor,  | a chluasa mora. |

A' CHLUAS MHOR, *the large ear.*

*Aon.*

*Iom.*

|           |                              |                    |
|-----------|------------------------------|--------------------|
| <i>A.</i> | a' chluas mhor,              | na cluasan mora,   |
| <i>G.</i> | na cluaise moire,            | nan cluasan mora.  |
| <i>D.</i> | air a' do'n } chluais mhoir, | na cluasaibh mora. |

2. UAN BEAG, fr. *a little lamb.*

|           |            |                |
|-----------|------------|----------------|
| <i>N.</i> | uan beag,  | uain bheaga.   |
| <i>G.</i> | uain bhig, | uan bheaga.    |
| <i>D.</i> | uan beag,  | uanaibh beaga. |
| <i>V.</i> | uain bhig, | uana beaga.    |

AN T-UAN BEAG, *the little lamb.*

|           |                         |                     |
|-----------|-------------------------|---------------------|
| <i>A.</i> | an t-uan beag,          | na h-uain bheaga.   |
| <i>G.</i> | an uain bhig,           | nan uan bheaga.     |
| <i>D.</i> | air an do'n } uan beag, | na h-uanaibh beaga. |

1. After the same manner decline, làr ghlas, *a grey mare*; clais chaol, *a narrow furrow*; bò bhan, *a white cow*; bean bhorb, *a furious wife*.

2. Each dubb, *a black horse*; cat ruadh, *a red cat*; cù marbh, *a dead dog*; la bog, *a soft day*; gille còir, *a fine lad*, &c.

COMPARISON.

There are only two degrees of comparison in Gaelic, the *Positive* and the *Comparative*, and a *Superlative*, of extent.

The *Comparative* has three forms expressive of comparison, the *first*, the *second*, and the *third*.

The first form is like the genitive singular feminine; the second is formed from the first by changing *e* into *id*, and the third from the second, by changing *id* into *ad*; as,

COIMEASACHADH.

Tha 'mhain da chéum coimeasachaidh 'sa Ghaelig, an *Seasmhach* agus an *Coimeasach*, agus *Anardach*, meudachaidh.

Tha tri staid aig a choimeasach a nochdadh coimeasachaidh, a *cheud*, an *dara*, agus an *treas*.

Tha cheud staid ionann ris a' ghinteach aon. bhoir-canta; tha 'n dara iar a cumadh bho 'n cheud le tionndadh *e* gu *id*, agus an *treas* o 'n dara le tionndadh *id* gu *ad*; mar,

Pos. 1st, Comparative, 2nd, Comp. 3rd, Comp. or Abs. Noun.\*  
*Seas.* 1ud, *Choimeasach*, 2ra, *Coim*, 3as, *Coim. no Ainr. Sgairte.*\*

|                        |          |           |                              |
|------------------------|----------|-----------|------------------------------|
| Ban, <i>fair</i> ,     | baine,   | bainid,   | bainead, <i>whiteness</i> .  |
| Crion, <i>little</i> , | crine,   | crimid,   | crinead, <i>littleness</i> . |
| Cruinn, <i>round</i> , | cruinne, | cruinnid, | cruinnead.                   |
| Daor, <i>dear</i> ,    | daoire,  | daoirid,  | daoiread.                    |
| Dearg, <i>red</i> ,    | deirge,  | deirgid,  | deirgead.                    |
| Deas, <i>ready</i> ,   | deise,   | deisid,   | deiscad.                     |
| Geal, <i>white</i> ,   | gile,    | gilid,    | gilead.                      |
| Lag, <i>weak</i> ,     | laige,   | laigid,   | laigead.                     |
| Trom, <i>heavy</i> ,   | truime,  | truimid,  | truimead.                    |

1. Tha 'n t-Aineach a toirt orduigh no iarrtais 'san dara pearsa, agus miann no toil 'sa cheud agus cead 'san treas pearsa anns an da aireimh; mar, *raham seinneamaid*; *labhair thusa*;

*speak thou; hear ye; let her cut the cheese; let them drink milk.*

The second person singular of this mood is the root or theme of the Verb.

2. The *Indicative Mood* simply asserts or declares a thing; as, *I write; he reads; the sun rose.*

3. The *Potential Mood* implies liberty, ability, or necessity; as, *I may fold; I can read; we must die.*

4. The *Infinitive Mood* shows the verb in its simple form, without number or person; as, *fold; to fold.*

The preposition "to" (*a* or *gu*, &c. in Gaelic) is usually prefixed to the verb in this form, and in that position it is called the *Sign of the Infinitive*.

5. The *Conditional* is used to express conditional, or contingent existence; as,

"If the whole body were an eye, where were the hearing?"

6. The *Interrogative* simply asks a question; as, *Are you there? Did you see the king?*

*eisdibh-se; gearradh i a' mhulachag; oladh iad bainne.*

'Se dara pearsa aonar a' mhodh so fréumh no stéidh a' gnìomhair.

2. Tha 'n *Taisbeanach* a dearbhadh no foillseachadh ni; mar, *tha mi sgriobhadh; tha e leughadh; dh-eirich a ghrian.*

3. Tha 'n *Comasach* a, nochdadh, saorsa, comais no éigin; mar, *faodaidh mi pasgadh; is urrainn mi leughadh; feumaidh sinn bàsachadh.*

4. Tha 'm modh *Feartach* a nochdadh gnìomhair 'na staid shingilt, gun air-eimh no pearsa; mar, *paisg; a phasgadh.*

Tha 'n roimhear "to" (*a* no *gu*, &c. 'sa Ghaelig) iar a chur gu cumanta roimh 'n gnìomhar 'san staid so, agus theirear *Comhar an Fheartaich* ris 'san t-seasamh sin.\*

5. Gnàthaichear an *Teagmhach* gu bith teagmhach, no tuiteamach a nochdadh; mar,

"Na'm *bitheadh* an corp uile 'na shuil, c'ait am *bitheadh* a' chlàisteachd?"

6. Tha 'n *Céisteach* a-mhain a faighnachd céiste; mar, *Am beil thu an sin? Am fac thu an rìgh?*

\* See Gaelic Con. Rule 31.

7. The *Negative* is used to deny a thing; as, *I am not lazy; I did not see the king.*

8. The *Subjunctive*\* is used to represent an action as conditional, doubtful, or contingent. It is usually joined to another verb, either going before or coming after it in the same sentence; as,

“If ye walk in my statutes, and (if ye) keep my commandments, and (if ye) do them, then I will give you rain in due season.”

TENSES OR TIMES.

Verbs have three simple tenses, the *Present*, the *Past*, and the *Future*; and two compound tenses, the *Perfect*, and *Pluperfect*.

The *future* in English is always a compound, but often elliptical.

There are only two verbs in Gaelic, viz. *bi*, to be, and *is*, that have a present tense; but this seeming defect is nicely supplied by the *future*, or the *present* tense of the verb *bi* combined with an imperfect or

7. Gnàthaichear an *Di-ùltach* a dh-obadh ni; mar, *Cha n'cil mi léisg. Cha n-fhaca mi 'n rìgh.*

8. Gnàthaichear an *Le-antach* a nochdadh gu 'm beil an gnìomh ann an staid theagmhaich, àgail, no thruiteamaich. Tha e gu tric fuaighte ri gnìomhar éile, a dol roimhe, no 'teachd na dhéigh 'san aon cliall-airt; mar,

“Ma *ghluaiseas* sibh a' m' reachdaibh, agus ma *ghleidheas* sibh m' aitheantan, agus ma *ni* sibh iad; an sin bheir mise dhùibh uisge 'na àm féin.”

TIMEAN NO TRATHIAN.

Tha trì timean singilt aig gnìomharan, an *Làth-airèil*, an *Seachadail*, agus an *Teacail*. Agus dà thim mheasgta, an *Làn* agus an *Roilàn*.

Tha'n *teacail* 'sa Bheurla 'ghnà measgta, ach gu tric beàrnach.

Chan-'eil ach a mhain dà ghnìomhar, eadh. *bi* agus *is*, anns a Ghaelig, aig am beil tim lath-airèil, ach tha 'ghaoid bheag so, iar a deanamh suas gu grunn leis an *teacail*, no le tim *lathaireil* a' gnìomhair *bi*, naisgte ri pàirt-

\* The Subjunctive in English is now almost universally rejected, it being evident that the *form* of the verb so called does not arise from the fact of its being subjoined to the conjunctions *if, though, lest, &c.* but from the nature of the idea intended to be expressed. What is called the present of the Subjunctive in some English Grammars, is obviously an elliptical form of the *Fut.* of the *Indicative*.—For a more conclusive illustration, vide *Eng. Con. R. 21, Note.*

perfect participle. This want of a present tense is not peculiar to the Gaelic language only; the Hebrew and other Oriental languages want it also.

The *Present Tense* signifies that the verbal action or state is going on just now, or in present time; as, *I write*; *you speak*; *they stand*.

The *Past Tense* signifies that the verbal action or state is *past* and gone, or in past time; as, *I wrote*; *they stood*.

The *Future Tense* intimates that the verbal action or state is to take place, or was\* to take place in *time* to come; as,

*I shall see you to-morrow.*

*I would see you yesterday*  
(if you were at home.)

ear neo-cholionta no colionta. Cha n-i Ghaelig 'na h-aonar a ta gun an tim làthaireil so; tha an Eabhra, agus cànaibean éile a bhuingas do 'n àirde an ear as easbhuidh mar an céudna.

Tha 'n tim *Lathaireil* a nochdadh gu'm beil an gnìomh, no staid gnìomharail dol air aghaidh aig an àm so, no anns an tim a ta làthair; mar, *tha mi 'sgriobhadh*; *tha sibh a labhairt*; *tha iad a seasamh*.

Tha 'n tim *Seachadail* a nochdadh gu 'm beil an gnìomh, no'n staid gnìomharail iar dol *seachad*, no ann an tim a dh-fhalbh; mar, *sgriobh mi*; *sheas iad*.

Tha 'n tim *Teacail* a foillseachadh gu 'm beil, no gun robh an gnìomh, no'n staid ghnìomharail gu tachairt ann an tim ri teachd; mar,

*Chi mi thu am màireach.*

*Chithinn thu an dé* (na'n robh thu aig an tigh.)

\* The above definition of the future, may not, at first sight, coincide with every opinion, but upon due consideration, it will be found to be correct; close attention to the uses of the auxiliary verbs, *Shall* and *Will*, and their past *Should* and *Would*, as explained in the text, will illustrate the point.

*Shall* expresses *present* duty; but as all duties though *present* in point of obligation, must be *future* in their performance, the verb *shall* has come to be used as a sign of *future* time.

*Will*, in like manner, expresses *present* intention, but as all *present* intentions must also be *future* in their performance, the word has come to signify future time. But when a duty, or intention, or future action, is spoken of as referring to past time, or to some circumstance or event, connected with past time, we find *shall* and *will* assuming their *past forms* or *tenses* accordingly; and though the idea expressed by them in this subtle form be of a conditional or contingent nature, yet they even, in expressing such an idea, still retain, in most cases, an expression of futurity; and hence arises the *definition* in question, or the *Past Future*.



*He will write to-morrow.*

*Sgriobhaidh e am màir-each.*

Verbs, like nouns, have two numbers, the *Singular* and *Plural*, and three Persons; the 1st, 2nd, and 3rd.

Tha dà àireamh aig gnìomharan, mar tha aig ainmearan; an *Aonar*, agus an *Iomadh*; agus trì Pearsan, a' Iud; 2ra, agus 3as.

The *first person* speaks, the *second* is spoken to, and the *third* is spoken of.

Tha *cheud phearsa* labhairt, labhrar ris an *dara*, agus *labhrar* mu 'n *treas*.

AUXILIARY OR HELPING VERBS.

GNÌOMHARAN TAICEIL NO COBH-AIREIL.

The Auxiliary verbs are those by the help of which *Specific* verbs are conjugated in their compound tenses.

Is iad na gnìomharan Taiceil, iad sin leis am beil gnìomharan *Araid* iar an *Sgéadachadh* 'nan timean Measgta.

There are nine auxiliaries, viz. *Tha naoi Taicearan ann, eadh. be, do, have, let, may, can, must, shall, will.*

The first four are also used as *specific* verbs; and the other five want the *perfect participle*.

Gnàthaichear a *cheud cheithir*; mar, ghnìomharan *araid*; agus tha na cuig éile dh-easbhuidh a' *phairteir cholionta*.

*Obs.*—*May* conveys the idea of *liberty* or *permission*, and, by inference, *contingency*; as, he *may* go if he will; he *may have* written, or not.

*Can* has the sense of *is able*, and denotes *power* or *ability* in general; as, I *can* write, though you cannot.

*Shall* denotes *duty* or *obligation* in general, and, by inference, *futurity*; as, he *shall* obey me. *I shall write to-morrow.*

*Will* denotes *volition* or *intention*, and, by inference, *futurity*; as, *I will, be thou whole. He will write to-morrow.*

The *present* and *past tenses* of the auxiliary verbs are thus expressed,

Tha timean *làthaireil* agus *seachadail* nan taicearan, iar an nochdadh; mar so,

*Pres. am, do, have, let, may, can, must, shall, will.*

*Past. was, did, had, let, might, could, (no past) should, would.*

The idea expressed by a compound tense is in *present time*, when its auxiliary or help is *present*; and in *past time*, when its auxiliary or help is *past*; thus,

Tha 'n smuain, no 'n rùn a ta tim measgta ag cur an céil anns an *tim làthaireil*, 'nuair tha 'thaicear làthaireil, agus 'san *tim seachadail*, 'nuair tha 'thaicear *seachadail*; mar so,

I *have* folded, I *shall* fold, I *may* have folded, express *present* time, because *have*, *shall*, and *may*, are in the present tense. I *had* folded, I *should* fold, I *might* have folded, express *past* time, because *had*, *should*, and *might*, are in the past tense.

## CONJUGATION OF VERBS.\*

There are two Conjugations in Gaelic, the *First* and the *Second*.

Verbs beginning with a consonant, except *f* pure, are of the *first* conjugation; and verbs beginning with a vowel, or with *f* pure, are of the *second*.

The verb, TO BE, (*bi*) by whose help other verbs are inflected, is conjugated in both English and Gaelic in the following order:—

|                    |              | TO BE.† |                   | <i>Bi.</i>         |  |
|--------------------|--------------|---------|-------------------|--------------------|--|
| <i>Pres.</i>       | <i>Past.</i> |         | <i>Imp. Part.</i> | <i>Perf. Part.</i> |  |
| Am,                | was,         |         | being,            | been.              |  |
| <i>Ta, no tha,</i> | <i>bha,</i>  |         | <i>bith,</i>      | <i>iar bhith.</i>  |  |

## INDICATIVE MOOD.

*Simple Tenses.**Present Tense.**Pers.*

- Sing.* 1. I am  
2. Thou art  
3. He is, *a boy is*
- Plur.* 1. We are  
2. Ye or you are  
3. They are, *boys are*

## MODH TAISBEANACH.

*Timean Singilt.**Tim Làthaireil.**Pear.*

- Aon.* 1. *Ta, no tha mi*  
2. *Tha thu*  
3. *Tha e, tha giullan*
- Iom.* 1. *Tha sinn*  
2. *Tha sibh*  
3. *Tha iad, tha giullanan*

\* The conjugation of a verb is a proper arrangement of its moods, tenses, numbers, persons, and participles.

• Is e sgéadachadh gnìomhair òrdugh ceart a mhodhan, a thimean, 'àireamhan, a phearsan, agus a phàirtrean.

† Since the verb "to be" enters so largely into the *Compound Tenses* of other verbs in both languages, it has been deemed proper to conjugate it first, for an acquaintance with its variations will make the inflection of any other verb easy to the learner.

## SGEADACHADH GHNIOMHARAN.

Tha dà Sgéadachadh 'sa Ghàclig, a *Chéud* agus an *Dara*.

Tha gnìomharan a toiseachadh le connraig, ach *f* glan, de 'n *chéud* sgéadachadh; agus gnìomharan a toiseachadh le fuaimraig, no le *f* glan, de 'n *dara*.

Tha 'n gnìomhar *BI*, trid am beil gnìomharan éile iar an teàrnadh, sgéadaichte araon 'am Beurla 'san Gàclig, anns an òrdugh a leanas:—

*Past Tense.*

*Pers.*

- Sing.* 1. I was  
2. Thou wast  
3. He was

- Plur.* 1. We were  
2. Ye or you were  
3. They were

*Compound Tenses.*

*Present Perfect.*

Its helps are *have, hast, has* or *hath.*

- Sing.* 1. I have been  
2. Thou hast been  
3. He has or hath been

- Plur.* 1. We have been  
2. Ye have been  
3. They have been

*Pluperfect or Past Perfect.*

Its helps are *had, hadst.*

- Sing.* 1. I had been  
2. Thou hadst been  
3. He had been

- Plur.* 1. We had been  
2. Ye had been  
3. They had been

*Tim Seachadail.*

*Pears.*

- Aon.* 1. Bha mi, no do bha mi  
2. Bha thu & ce.  
3. Bha e

- Iom.* 1. Bha sinn  
2. Bha sibh  
3. Bha iad

*Timean Measgta.*

*Làn Lathaireil.*

'Siad a thaicean *tha iar*, no *air*.\*

- Aon.* 1. Tha mi iar bhith no bhi  
2. Tha thu iar hith, & ce.  
3. Tha e iar hhith

- Iom.* 1. Tha sinn iar bhith  
2. Tha sibh iar hhith  
3. Tha iad iar bhith

*Roilàn no Làn Srachadail.*

'Siad a thaicean *bha iar*, no *air*.

- Aon.* 1. Bha mi iar bhith  
2. Bha thu iar bhith  
3. Bha e iar bhith

- Iom.* 1. Bha sinn iar hhith  
2. Bha sibh iar bhith  
3. Bha iad iar bhith

\* The preposition "air," *on, at, for*, is very improperly used by Gaelic writers in compound tenses, or before the infinitive, instead of "iar," *after*, which is used in the text, upon the authority of eminent grammarians; therefore the following, and like sentences, should be written thus:—

\* Tha 'n roimhear "air," *on, at, for*, 'ga gnàthachadh gu fir neo-cheart le sgrìobhadairean Gaelig ann an timean measgta, no roimh an fheartach, an ait "iar," *after*, a tagnàthaichte 'sa cheann-teagaisg fo theistean ghràmadairean ainmeil; air an aobhar sin bitheadh na ciallairean a leanas, agus an leithid éile sgrìobhta mar so:—

Tha e *air* posadh, (*denoting that*) he is at or on a marriage, or present at the ceremony.

Tha e *iar* posadh, ( — — ) he has married, or is after performing the marriage ceremony.

Bha Séumas *air* trusadh nan caorach, (*denoting that*) James was at the gathering of the sheep, or assisting at it.

Bha Séumas *iar* trusadh nan caorach, ( — — ) James had gathered the sheep.

From these, and many similar instances that may be adduced, it is perfectly clear that *iar* is the proper term for Compound Tenses, or the Infinitive, and that *air*, when applied to time, signifies not *after*, but *on* or *at*.—See *Stewart's Grammar*, p. 89, and *Munro's*, p. 236. *Iar* is generally pronounced *air* or *ear*.

*Compound Tenses in English,  
but Simple in Gaelic.**Present Future Tense.*Its helps are *shall* or *will*.*Pers.*

- Sing.* 1. I shall *or* will be  
 2. Thou shalt *or* wilt be  
 3. He shall *or* will be
- Plur.* 1. We shall *or* will be  
 2. Ye shall *or* will be  
 3. They shall *or* will be

*Past Future.*Its helps are *should* or *would*.

- Sing.* 1. I should *or* would be  
 2. Thou shouldst *or*  
     wouldst be  
 3. He should *or* would be
- Plur.* 1. We should *or* would be  
 2. Ye should *or* would be  
 3. They should *or* would  
     be

Contracted thus : Giorraichte mar so :

1. Bhi'inn, 2. & 3. bhiodh. 1. Bhiomaid, bhimid, 2. & 3. bhiodh.

*Compound Tenses in both  
English and Gaelic.**Present Future Perfect.*Its helps are *shall* or *will have*.*Sing.*

1. I shall *or* will have been  
 2. Thou shalt *or* wilt have been  
 3. He shall *or* will have been

*Plur.*

1. We shall *or* will have been  
 2. Ye shall *or* will have been  
 3. They shall *or* will have been

*Timean Measgta 'san dù  
chainnt.**Teacail Làthaireil Làn.*

A thaiccan bithidh iar. ¶

*Aon.*

1. Bithidh mi iar bhith *no* bhi  
 2. Bithidh tu iar bhith  
 3. Bithidh e iar bhith

*Iom.*

1. Bithidh sinn iar bhith  
 2. Bithidh sibh iar bhith  
 3. Bithidh iad iar bhith

N.B.—The Compound Gaelic Tenses marked ¶ are very seldom or never used, but are given here for the sake of order.

\* Sometimes contracted *bi'dh* or *bidh*.

ETYMOLOGY.

*Past Future Perfect.*

Its helps are *should* or *would*  
*have.*

*Pers. Sing.*

1. I should *or* would have been
2. Thou shouldst *or* wouldst have been
3. He should *or* would have been

*Plur.*

1. We should *or* would have been
2. Ye should *or* would have been
3. They should *or* would have been

POTENTIAL MOOD.

*Compound Tenses.*

*Present Tense.*

Its helps are *may*, *can*, or *must*.

- Sing.*
1. I may\* *or* can be
  2. Thou mayst *or* canst be
  3. He may *or* can be

- Plur.*
1. We may *or* can be
  2. Ye may *or* can be
  3. They may *or* can be †

FOCLACHADH. 115

*Teacail Seachad Lan.*

A thaicean *bhithinn* &c *iar.* †

*Pers. Aon.*

1. Bhithinn iar bhith
2. Bhitheadh tu iar bith

3. Bhitheadh e air bith

*Iom.*

1. Bhitheamaid *no* bhitheadh sinn iar bhith
2. Bhitheadh sibh iar bhith
3. Bhitheadh iad air bhith

MODH COMASACH. †

*Timean Measgta.*

*Tim Lathaireil*

A thaicean *faodaidh*, *is urrainn*,  
*no féumaidh,*

*Aon.*

1. Faodaidh\* *no* 's urrainn mi 'bhith
2. Faodaidh *no* 's urrainn thu 'bhith
3. Faodaidh *no* 's urrainn e 'bhith

*Iom.*

1. Faodaidh *no* 's urrainn sinn a bhith
2. Faodaidh *no* 's urrainn sibh a bhith
3. Faodaidh *no* 's urrainn iad a bhith †

• Vide Gaelic Auxiliary Verbs.

†To be declined *Interrogatively*; thus,  
*May I be?* am faod mi bhith? &c.  
*Can I be?* an urrainn mi bhith? &c.  
*Must I be?* am féum mi bhith? &c.

*Negatively.*

*I may not be, &c.* cha n-fhaod mi bhith.  
*I cannot be, &c.* cha n-urraimn mi bhith.  
And so on through all the other tenses.

† Gu bhi tearnte, *gu Ceisteach*; mar,  
*Might I be?* &c. am faodainn a bhith?  
*Could I be?* &c. am b'urraimn mi bhith?

*Gu Diúltach.*

*I might not be, &c.* cha n-fhaodainn a bhi.

*I could not be, &c.* cha h'urraimn mi bhith.

Agus mar sin sìos air feadh nan timean eile.

*Past.*Its helps are *might* or *could*.*Pers. Sing.*

1. I might *or* could be
2. Thou mightst *or* couldst be
3. He might *or* could be

*Plur.*

1. We might *or* could be
2. Ye might *or* could be
3. They might *or* could be

*Present Perfect.*Its helps are *may* or *can have*.*Sing.*

1. I may *or* can have been
2. Thou mayst *or* canst have been
3. He may *or* can have been

*Plur.*

1. We may *or* can have been
2. Ye may *or* can have been
3. They may *or* can have been

*Past Perfect.*Its helps are *might* or *could have*.*Sing.*

1. I might *or* could have been
2. Thou mightst *or* couldst have been
3. He might *or* could have been

*Seachadail.*A thaicean *dh-fhaodainn*, *b'urrainn*.*Pers. Aon.*

1. Dh-fhaodainn *no b'urrainn mi* 'bhith
2. Dh-fhaodadb *no b'urrainn thu* 'bbith
3. Db-fhaodadb *no b'urrainn e* 'bbitb

*Iom.*

1. Db-fhaodamaid *no b'urrainn sinn a bhith*
2. Dh-fhaodadh *no b'urrainn sibh a bhith*
3. Dh-fhaodadb *no b'urrainn iad a bhith*

*Lan Lathaireil. ¶*A thaicean *faodaidh no's urrainn a bhi iar*.*Aon.*

1. Faodaidh *no 's urrainn mi* 'bhi iar bhith
2. Faodaidh *no 's urrainn thu* 'bhi iar bhith
3. Faodaidh *no 's urrainn e 'bhi* iar bhitb

*Iom.*

1. Faodaidh *no 's urrainn sinn a bhi iar bbitb*
2. Faodaidh *no 's urrainn sibh a bhi iar bbith*
3. Faodaidb *no 's urrainn iad a bhi iar bhith*

*Lan Seachadail. ¶*A thaicean *dh-fhaodadh no b'urrainn a bhi iar*.*Aon.*

1. Dh-fhaodadh *no b'urrainn mi* 'bhi iar bhith
2. Db-fhaodadh *no b'urrainn thu* 'bhi iar bhith
3. Dh-fhaodadb *no b'urrainn e* 'bhi iar bhith

- |                                         |              |
|-----------------------------------------|--------------|
| <i>Pers.</i>                            | <i>Plur.</i> |
| 1. We might <i>or</i> could have been   |              |
| 2. Ye might <i>or</i> could have been   |              |
| 3. They might <i>or</i> could have been |              |

IMPERATIVE MOOD.

- |              |                                 |
|--------------|---------------------------------|
| <i>Sing.</i> | 1. Let me be*                   |
|              | 2. Be thou <i>or</i> do thou be |
|              | 3. Let him be                   |
| <i>Plur.</i> | 1. Let us be                    |
|              | 2. Be ye <i>or</i> do ye be     |
|              | 3. Let them be                  |

INFINITIVE MOOD.

- |              |              |
|--------------|--------------|
| <i>Pres.</i> | To be        |
| <i>Per.</i>  | To have been |
| <i>Fut.</i>  | About to be  |

PARTICIPLES.

- |                   |             |
|-------------------|-------------|
| <i>Imp.</i>       | Being       |
| <i>Per.</i>       | Been        |
| <i>Comp. Per.</i> | Having been |

CONDITIONAL MOOD.

- |              |                       |             |
|--------------|-----------------------|-------------|
|              | Be.                   |             |
|              | <i>Present Tense.</i> | <i>Aon.</i> |
| <i>Sing.</i> |                       |             |
| If I be      | Ma bhitheas mi        |             |
| If thou be   | Ma bhitheas tu        |             |
| If he be     | Ma bhitheas e         |             |

- |               |
|---------------|
| <i>Past.</i>  |
| If I were,    |
| If thou wert, |
| If he were,   |

- |                                                             |             |
|-------------------------------------------------------------|-------------|
| <i>Pers.</i>                                                | <i>Iom.</i> |
| 1. Dh-fhaodadamaid <i>no</i> b'urrainn sinn a bhi iar bhith |             |
| 2. Dh-fhaodadh <i>no</i> b'urrainn sihh a bhi iar bhith     |             |
| 3. Dh-fhaodadh <i>no</i> b'urrainn iad a bhi iar bhith      |             |

MODH AINEACH.

- |             |                                 |
|-------------|---------------------------------|
| <i>Aon.</i> | 1. Bitheam                      |
|             | 2. Bi <i>no</i> bi thusa, bi-sa |
|             | 3. Bitheadh e                   |
| <i>Iom.</i> | 1. Bitheamaid                   |
|             | 2. Bithibh                      |
|             | 3. Bitheadh iad                 |

MODH FEARTACH.

- |              |                             |
|--------------|-----------------------------|
| <i>Lath.</i> | A bhith, do bhith, gu bhith |
| <i>Ian.</i>  | Gu bhith iar bhith          |
| <i>Teac.</i> | Dol a bhith                 |

PAIRTEARAN.

- |                  |           |               |
|------------------|-----------|---------------|
| <i>Neo-chol.</i> | Bith      |               |
| <i>Lan.</i>      | Iar bhith | } after being |
| <i>Meas.</i>     | Iar bhith |               |

MODH TEAGMIACH.

- |              |                     |             |
|--------------|---------------------|-------------|
|              | Bi.                 |             |
|              | <i>Tim Làthair.</i> | <i>Iom.</i> |
| <i>Plur.</i> |                     |             |
| If we be     | Ma bhitheas sinn    |             |
| If you be    | Ma bhitheas sihh    |             |
| If they be   | Ma bhitheas iad     |             |

*Seachad.*

- |               |                                    |
|---------------|------------------------------------|
| If I were,    | Na'n robh mi, no na'm bithinn      |
| If thou wert, | Na'n robh thu, no na'm bitheadh tu |
| If he were,   | Na'n robh e, no na'm bitheadh e    |

\* The English verb is imperative only in the second person; thus, *let me be*, is for *let thou me (to) be*, &c.

*Past.*

If we were,  
If you were,  
If they were,

*Seachad.*

Nan robh sinn, na'm bitheamaid.  
Nan robh sibh, na'm bitheadh sibh.  
Nan robh iad, na'm bitheadh iad.

*Rendered also,*

I were, thou wert, he were, we were, ye were, they were.

*Obs.*—“The verb *to be* is the only one in the English language which has a conditional form, and that in the past tense alone. In the case of all other verbs, the form, when it occurs, is purely elliptical; thus, “If he say so, it is well,” is an ellipsis of the *Pres. Fut.* of the *Ind.* used for “If he *shall* say so,” or “should say so.”

“Though he slay me, yet will I trust in him,” is an ellipsis of the *Past Fut. Ind.* used for *If he should slay me.*

*Obs.*—*Be* was formerly used in the present of the indicative; as, “If thou *beest* he,” *Milton.* “We *be* twelve brethren,” *GEN. xlii. 32.* “What *be* these two olive-branches?” *ZECH. iv. 12.* But this usage is now obsolete.

## INTERROGATIVE MOOD.

*Present Tense.**Singular.*

1. Am beil mi? *Am I?*
2. Am beil thu? *Art thou?*
3. Am beil e? *Is he?*

*Another form.*

Am bheil? A bheil? &c.

1. Mur 'eil mi, *If I am not*  
&c.\* &c.
1. Nach 'eil mi, *Am I not?*  
&c. &c.

*Past Tense.*

1. An robh mi, *Was I?*  
&c. &c.
1. Mur robh mi, *If I was not*  
&c. &c.
1. Nach robh mi, *Was I not?*  
&c. &c.

## MODH CEISTEACH.

*Tim Lathair.**Plural.*

1. Am beil sinn? *Are we?*
2. Am beil sibh? *Are ye or you?*
3. Am beil iad? *Are they?*

*Staid eile.*

Am bheil? A bheil? &c.

1. Mur 'eil sinn, *If we are not*  
&c.\* &c.
1. Nach 'eil sinn, *Are we not?*  
&c. &c.

*Tim Seachad.*

1. An robh sinn, *Were we?*  
&c. &c.
1. Mur robh sinn, *If we were not*  
&c. &c.
1. Nach robh sinn? *Were we not?*  
&c. &c.

\* When the three persons of the Gaelic verb are alike in both numbers, it is enough to lay down the 1st person singular and plural, which is a sufficient hold of all the rest, to be formed by adding the pronouns.

\*Nuair tha trì pearsan a gnìomhair Ghaelig, co-ionann 'san dà àireimh, is leòr a l'ud phearsa aonar, agus iomadh a chur sìos, a ta 'na lan-ghreim air cach, a nithear le cur nan riochdaran.



*Future Tense.*

*Singular.*

1. Am bi mi, *Shall or will I be ?*  
 &c. &c.  
 1. Nach<sup>1</sup> bi mi, *Shall I not be ?*  
 &c. &c.

*Tim Teac.*

*Plural.*

1. Am bi sinn, *shall or will we be ?*  
 &c. &c.  
 1. Nach<sup>1</sup> bi sinn, *shall we not be ?*  
 &c. &c.

<sup>1</sup> Nach renders the verb both  
*Interrogative and Negative.*

<sup>1</sup> Ni Nach an ghníomhar araon  
*Ceisteach agus Diúltach.*

Beil, *am* ; Robh, *was.*

SUBJUNCTIVELY.

*Present Tense.*

*Singular.*

1. Gu 'm beil mi, *that I am*  
 Gu bheil, &c.

*Past.*

1. Gu 'n robh mi, *that I was*  
 &c.

*Future.*

1. Gu'm bi mi, *that I will be*  
 &c.

GU LEANTACH.

*Tim Láthair.*

*Plural.*

1. Gu'm beil sinn, *that we are*  
 Gu bheil, &c.

*Seachad.*

1. Gu'n robh sinn, *that we were*  
 &c.

*Teacail.*

1. Gu'm bi sinn, *that we will be*  
 &c.

NEGATIVE MOOD.

*Present Tense.*

*Singular.*

1. Cha n-'eil mi, *I am not*  
 &c. &c.  
 1. Ni bheil mi, } *I am not,*  
 Ni-m beil mi, } &c.

*Past Tense.*

1. Cha 'robh mi, *I was not*  
 &c. &c.  
 1. Ni-n robh mi, *I was not*  
 &c. &c.

*Future Tense.*

1. Cha bhi mi, *I shall or will*  
*not be, &c.*  
 1. Ni-m bi mi, *I shall not be*

MODH DIULTACH.

*Tim Láthair.*

*Plural.*

1. Cha n-'eil sinn, *we are not*  
 &c. &c.  
 1. Ni bheil sinn, } *We are not*  
 Ni-m beil sinn, } &c.

*Tim Seachad.*

1. Cha robh sinn, *We were not*  
 &c. &c.  
 1. Ni-n robh sinn, *We were not*  
 &c. &c.

*Tim Teacail.*

1. Cha bhi sinn, *We shall or will*  
*not be, &c.*  
 1. Ni-m bi sinn, *We shall not be*

<sup>\*</sup> In some parts of the Highlands, *robh* takes *do* before it ; as, *an d' robh ? chu d' robh.*

SUBJUNCTIVE, OR CONDITIONAL  
MOOD IN GAELIC.

*Past Tense.*

*Aon.*

1. Bhithinn,\* *I would be*
2. Bhitheadh tu, *thou wouldst be*
3. Bhitheadh e, *he would be*
1. Na'm bithinn, *if I would be*  
&c.

\* This is no other form than the *past future* of the *Indicative* in both languages.

*Future.*

1. Ma bhitheas\* mi, *if I shall or will be, or if I be*
2. Ma bhitheas tu, *if thou shalt or wilt be*
3. Ma bhitheas e, *if he shall or will be*

\* Another form, *ma bhios.*

*Impersonal States of the Verb*  
**Bi.**

INDICATIVE.

*Pres. Lathair.*

\*Thatar, thatar, thathas, *is, are, it is*

INTERROGATIVE.

Am beilear, beileas? *is, are?*  
Nach 'eilear, 'eileas? *is, are not?*

NEGATIVE.

Cha n-'eilear, 'eileas, *is not, are not*

MODH LEANTACH, NO TEAG-  
MHACH 'SA GHAELIG

*Tim Seachad.*

*Iom.*

1. Bhitheamaid,\* *we would be*
2. Bhitheadh sibh, *you would be*
3. Bhitheadh iad, *they would be*
1. Na'm bhitheamaid, *if we would be, &c.*

*Tim Teacail.*

1. Ma bhitheas sinn, *if we shall or will be*
1. Ma bhitheas sibh, *if ye shall or will be, &c.*
3. Ma bhitheas iad, *if they shall or will be*

*Staidean Neo-phearsantail a'*  
*ghnìomhair Bi.*

TAISBEANACH.

*Past. Seachad.*

Bhatar, bhathar, bhathas, *was, were*

*Fut. Bithear, bitear, &c.*

CEISTEACH.

An robhar, robhas, *was, were?*  
Nach robhar, robhas, *was, were not?*

*Subj. Na-m biteadh*

DIULTACH.

Cha robhar, robhas, *was not, were not*

*Subj. Bhitheadh, would be*

\* Thus, thatar no thatar ag radh gu'm beil a Bhàn-rìgh a tighinn do dh-Alba, *It is said that the Queen is coming to Scotland.*

FIRST CONJUGATION.

VERBS.

To fold or wrap.  
To love or love.

CHEUD SGEADACHADH.

GNÌOMHARAN.

Paisg.  
Gràdhaich.

ACTIVE VOICE.

AN GUTH SPREIGEACH.

| <i>Pres.</i>     | <i>Past.</i>      | <i>Imp. Part.</i>  | <i>Perf. Part.</i> | <i>Comp. Part.</i>     |
|------------------|-------------------|--------------------|--------------------|------------------------|
| Fold             | folded            | folding            | folded             | having folded.         |
| <i>Paisg</i>     | <i>phaisg</i>     | <i>pasgadh</i>     | <i>paisgte</i>     | <i>iar pasgadh.</i>    |
| Love             | loved             | loving             | loved              | having loved.          |
| <i>Gràdhaich</i> | <i>ghràdhaich</i> | <i>gràdhachadh</i> | <i>gràdhaichte</i> | <i>iar gràdhachadh</i> |

INDICATIVE MOOD.

MODH TAISBEANACH.

*Simple*

*Singilt.*

*Present Tense.*

*Tim Lathaireil.*

- Sing.* 1. I fold, or I am folding  
 2. Thou foldedst, &c.  
 3. He folds, or foldeth

- Aon.* 1. Tha mi 'pasgagh  
 2. Tha thu 'pasgadh  
 3. Tha e 'pasgadh

- Plur.* 1. We fold  
 2. Ye fold  
 3. They fold

- Iom.* 1. Tha sinn a pasgadh  
 2. Tha sibh a pasgadh  
 3. Tha iad a pasgadh

*Past Tense.*

*Tim Seachadail.*

- Sing.* 1. I folded  
 2. Thou foldedst  
 3. He folded

- Aon.* 1. Phaisg mi, no do phaisg  
 2. Phaisg thu, &c. [mi  
 3. Phaisg e, &c.

- Plur.* 1. We folded  
 2. Ye folded  
 3. They folded

- Iom.* 1. Phaisg sinn, &c  
 2. Phaisg sibh, &c.  
 3. Phaisg iad, &c.

*Compound.*

*Present Perfect Tense.*

*Tim Lathaireil Lan.*

- Sing.* 1. I have folded  
 2. Thou hast folded  
 3. He has or hath folded

- Aon.* 1. Tha mi iar pasgadh  
 2. Tha thu iar pasgadh  
 3. Tha e iar pasgadh

- Plur.* 1. We have folded  
 2. Ye have folded  
 3. They have folded

- Iom.* 1. Tha sinn iar pasgadh  
 2. Tha sibh iar pasgadh  
 3. Tha iad iar pasgadh

*Pluperfect, or Past Perfect Tense.*

*Roilun, no Lan Seachad.*

- Sing.* 1. I had folded  
 2. Thou hadst folded  
 3. He had folded

- Aon.* 1. Bha mi iar pasgadh  
 2. Bha thu iar pasgadh  
 3. Bha e iar pasgadh

- Plur.* 1. We had folded  
 2. Ye had folded  
 3. They had folded

- Iom.* 1. Bha sinn iar pasgadh  
 2. Bha sibh iar pasgadh  
 3. Bha iad iar pasgadh

*Present Future Tense.**Sing.*

1. I shall *or* will fold
2. Thou shalt *or* wilt fold
3. He shall *or* will fold

*Plur.*

1. We shall *or* will fold
2. Ye shall *or* will fold
3. They shall *or* will fold

*Past Future.**Sing.*

1. I should *or* would fold
2. Thou shouldst *or* wouldst fold
3. He should *or* would fold

*Plur.*

1. We should *or* would fold
2. Ye should *or* would fold
3. They should *or* would fold

*Present Future Perfect.**Sing.*

1. I shall *or* will have folded
2. Thou shalt *or* wilt have folded
3. He shall *or* will have folded

*Plur.*

1. We shall *or* will have folded
2. Ye shall *or* will have folded
3. They shall *or* will have folded

*Past Future Perfect.**Sing.*

1. I should *or* would have folded
2. Thou shouldst *or* wouldst have folded
3. He should *or* would have folded

*Plur.*

1. We should *or* would have folded
2. Ye should *or* would have folded
3. They should *or* would have folded

*Tim Teacail Làthaireil.**Aon.*

1. Paisgidh mi
2. Paisgidh tu
3. Phaisgidh e

*Iom.*

1. Paisgidh sinn
2. Paisgidh sibh
3. Paisgidh iad.

*Teacail Seachadail.**Aon.*

1. Phaisginn
2. Phaisgeadh tu
3. Phaisgeadh e

*Iom.*

1. Phaisgeamaid, *no* phaisgeadh
2. Phaisgeadh sibh [sinn]
3. Phaisgeadh iad

*Teacail Làthair. Lan. ¶**Aon.*

1. Bithidh mi iar pasgadh
2. Bithidh tu iar pasgadh
3. Bithidh e iar pasgadh

*Iom.*

1. Bithidh sinn iar pasgadh
2. Bithidh sibh iar pasgadh
3. Bithidh iad iar pasgadh

*Teacail Seachad Lan. ¶**Aon.*

1. Bhitinn iar pasgadh
2. Bhitheadh tu iar pasgadh
3. Bhithead e iar pasgadh

*Iom.*

1. Bhitheamaid iar pasgadh
2. Bhitheadh sibh iar pasgadh
3. Bhitheadh iad iar pasgadh

POTENTIAL MOOD.

MODH COMASACH.

*Present Tense.*

*Tim Lathair.*

- Pers. *Singular.*  
 1. I may, can, or must fold  
 2. Thou mayst or canst\* fold  
 3. He may or can fold

- PEATH. *Aonar.*  
 1. Faodaidh, is urrainn, no feumaidh mi pasgadh  
 2. Faodaidh no's urrainn\* thu pasgadh  
 3. Faodaidh no's urrainn e pasgadh

*Plural.*

1. We may or can fold  
 2. Ye may or can fold  
 3. They may or can fold

- Iomadh.*  
 1. Faodaidh no's urrainn sinn pasgadh  
 2. Faodaidh no's urrainn sibh pasgadh  
 3. Faodaidh no's urrainn iad pasgadh

*Past Tense.*

*Singular.*

1. I might or could fold  
 2. Thou mightst or couldst fold  
 3. He might or could fold

- Tim Seachad.*  
*Aonar.*  
 1. Dh-fhaodainn no b'urrainn mi pasgadh  
 2. Dh-fhaodadh no b'urrainn thu pasgadh  
 3. Dh-fhaodadh no b'urrainn e pasgadh

*Plural.*

1. We might or could fold  
 2. Ye might or could fold  
 3. They might or could fold

- Iomadh.*  
 1. Dh-fhaodamaid no b'urrainn sinn pasgadh  
 2. Dh-fhaodadh no b'urrainn sibh pasgadh  
 3. Dh-fhaodadh no b'urrainn iad pasgadh

*Present Perfect.*

*Singular.*

1. I may or can have folded  
 2. Thou mayest or canst have folded  
 3. He may or can have folded

*Lan Lathair.* ¶

*Aonar.*

1. Faodaidh no's urrainn mi 'bhi iar pasgadh  
 2. Faodaidh no's urrainn thu 'bhi iar pasgadh  
 3. Faodaidh no's urrainn e 'bhi iar pasgadh

\* *Must* and *feumaidh* to be continued in the second and third persons of both numbers.

The pupil should often be made to decline a verb with one *help* at a time; thus, *I can fold, &c.*; *I may love, &c.*

- Pers.*                    *Plural.*
1. We may *or* can have folded
  2. Ye may *or* can have folded
  3. They may *or* can have folded

*Pluperfect, or Past Perfect.**Singular.*

1. I might *or* could have folded
2. Thou mightst *or* couldst have folded
3. He might *or* could have folded

*Plural.*

1. We might *or* could have folded
2. Ye might *or* could have folded
3. They might *or* could have folded

## IMPERATIVE MOOD.

*Singular.*

1. Let me fold
2. Fold, *or* fold thou, *or* do thou fold
3. Let him fold

*Plural.*

1. Let us fold
2. Fold ye *or* you, *or* do ye *or* you fold
3. Let them fold

## INFINITIVE MOOD.

- Pres.* To fold  
*Perf.* To have folded  
*Fut.* About to fold

- Pers.*                    *Iomadh.*
1. Faodaidh *no's* urrainn sinn a bbi air pasgadh
  2. Faodaidh *no's* urrainn sibh a bhi iar pasgadh
  3. Faodaidh *no's* urrainn iad a bhi air pasgadh

*Roilan no Lan Seachad.* ¶*Aonar.*

1. Db-fhaodainn *no* b'urrainn mi 'bhi iar pasgadh
2. Db-fhaodadb *no* b'urrainn thu 'bhi iar pasgadh
3. Db-fhaodadh *no* b'urrainn e 'bhi iar pasgadh

*Iomadh.*

1. Dh-fhaodamaid *no* b'urrainn sinn a bhi iar pasgadh
2. Dh-fhaodadh *no* b'urrainn sibh a bhi iar pasgadh
3. Db-fhaodadh *no* b'urrainn iad a bhi air pasgadh

## MODH AINEACH.

*Aonar.*

1. Paisgeam
2. Paisg, *no* paisg thusa
3. Paisgeadh e

*Iomadh. ' ?*

1. Paisgeamaid
2. Paisgibh *no* paisgibh-se
3. Paisgeadb iad

## MODH FEARTACH.

- Lath.* A phasgadh, do phasgadh  
*Lan.* Iar pasgadh  
*Teach.* Dol a phasgadh

PARTICIPLES.

*Imp.* Folding  
*Perf.* Folded  
*Comp Perf.* Having folded

PAIRTEARAN.

*Neo-chol.* A' pasgadh, \* ag pasg-  
*Lan.* Paisgte [adh  
*Measg.* Iar pasgadh.

PROGRESSIVE FORM OF THE VERB.

Put the *Imperfect Participle* of a Transitive or Intransitive Verb after the Verb *To Be*, in all its parts, and you have the Verb in the *Progressive Form*, which indicates that the verbal action or state is or was in progress, or going on; thus, *I am folding; we were writing.*

STAID AGHARTACH A' GHNIOMH-AIR.

Cuir *Pàirtear Neo-cholionta* gnìomhair Asdolaich no Anasdolaich an déigh a Gníomhair *Gu Bhi*, 'na 'uile lùban, agus gheibh t'au an Gníomhar 'san *Staid Aghartaich* a ta taisbeanadh gu'm beil, no gu'n robh an gnìomh, no'n staid gnìomharail air ghluasad, no dol air aghaidh; mar so, *tha mi pasgadh; bha sinn a sgrìobhadh.*

PROGRESSIVE FORM.

To fold.—*Active Voice.*

STAID AGHARTACH.

Gu pasgadh.—*Guth Spreigeach.*

INDICATIVE.—*Present Tense.*

|                                 |          |             |
|---------------------------------|----------|-------------|
| <i>Sing.</i> 1. I am folding,   | Tha mi   | } 'pasgadh  |
| 2. Thou art folding,            | Tha thu  |             |
| 3. He is folding,               | Tha e    |             |
| <i>Plur.</i> 1. We are folding, | Tha sinn | } a pasgadh |
| 2. You are folding,             | Tha sibh |             |
| 3. They are folding,            | Tha iad  |             |

*Past Tense.*

|                                |                 |
|--------------------------------|-----------------|
| <i>Sing.</i> 1. I was folding, | Bha mi 'pasgadh |
| 2. Thou wast folding,          | &c.             |
| 3. He was folding,             | &c.             |
| &c.                            | &c.             |

Thus through all the Moods and Tenses.

Mar so air feadh nam Modhan agus nan Timean gu léir.

\* The Imperfect Participle, taken alone, is always a noun, expressive of the verbal action or effect. It is regularly declined in the singular, and sometimes admits of a plural; as,

*Sing. Nom.* Pasgadh, *folding.*  
*Gen.* Pasgaidh, *of folding.*  
*Dat.* Pasgadh, *to folding.*  
*Voc.* A phasgaidh, *O folding.*

\* Is ainmear do-ghnà am Pàirtear neo-cholionta 'nuair a ghabhar e leis féin a nochdadh a ghnìomha no na buile gnìomharail. Tèaruar e gu riatach san aonar, agus air uairibh gabhaidh e an Iomadh; mar,

*Plur. Nom.* Pasgaidhean.  
*Gen.* Phasgaidhean.  
*Dat.* Pasgaidhean.  
*Voc.* A phasgaidhean.

*Obs.*—The a' before the *Imp. Part.* is often written without the apostrophe; as, a pasgadh.

## EMPHATIC FORM OF THE VERB.

The Present and Past Indicative, and the Imperative, are put into the *Emphatic Form*, by the help of the verb *do*, to express the verbal action with greater precision; thus,

*I do fold; I do write*, is a much stronger mode of expression than *I fold, I write*.

## INDICATIVE.

*Present Tense.*

*Sing.* I do write

Thou dost write

He does write

*Plur.* We do write

You do write

They do write

*Past.*

*Sing.* I did write

Thou didst write

He did write

*Plur.* We did write

You did write

They did write

## STAIÐ NEARTAIL A' GHNIOMH-AIR.

Tha Làthaireil agus Seachad-ail an Taisbeanaich, agus an Ainich iar an cur anus an *Staid Neartail*, le taic a ghnìomhair *do* (dean) gus an gnìomh, no staid ghnìomharail airis na 's pungaille; mar so,

## TAISBEANACH.

*Tim Làthair.*

*Aon.* Tha mi 'deanamh sgrìobh-aidh

Tha thu 'dcanamh sgrìobh-aidh

Tha e deanamh sgrìobh-aidh

*Iom.* Tha sinna deanamh sgrìobh-aidh

Tha sibh, &c.

Tha iad, &c.

*Seachad.*

*Aon.* Rinn mi sgrìobhadh

Rinn thu, &c.

Rinn e, &c.

*Iom.* Rinn sinn sgrìobhadh

Rinn sibh, &c.

Rinn iad, &c.

*Obs.*—This form of the verb is often corrupted in the past tense by non-grammarians. Many say, *I did not got* for *I did not get*, and *I did not heard* for *I did not hear*, and similar *vulgarisms*.

## MODH LEANTACH, NO TEAGMHACH 'SA GHAELIG.

*Seachad.*

*Aon.* Phaisginn,

Phaisgeadh tu,

Phaisgeadh e,

Na'm paisginn, &c. *if I would fold, &c.*

*Past.*

*I would\* fold*

*thou wouldst fold*

*he would fold*

\* Englished also by the helps *might* } and *could*.

\* Iar a chur 'am Beurla fòs leis na taicean *might* agus *could*.



|                                              |                         |
|----------------------------------------------|-------------------------|
| <i>Iom.</i> Phaisgeadh sinn no phaisgeamaid, | <i>we would fold</i>    |
| Phaisgeadh sibh,                             | <i>you would fold</i>   |
| Phaisgeadh iad,                              | <i>they would fold</i>  |
| Na'm paisgeadh sinn, no na'm paisgeamaid,    | <i>if we would fold</i> |

*Teachd.*

*Future.*

|                                |                                   |
|--------------------------------|-----------------------------------|
| <i>Aon.</i> Ma phaisgeas mi,   | <i>if I shall or will fold</i>    |
| Ma phaisgeas tu,               | <i>if thou shalt or wilt fold</i> |
| Ma phaisgeas e,                | <i>if he shall or will fold</i>   |
| <i>Iom.</i> Ma phaisgeas sinn, | <i>if we shall or will fold</i>   |
| Ma phaisgeas sibh,             | <i>if you shall or will fold</i>  |
| Ma phaisgeas iad,              | <i>if they shall or will fold</i> |

INTERROGATIVE.

CEISTEACH.

*Present.*

*Làthaireil.*

|                                         |                               |
|-----------------------------------------|-------------------------------|
| <i>Aon.</i> 1. Am beil mi 'pasgadh ?    | <i>am I folding ?</i>         |
| 1. Nach 'eil mi 'pasgadh ?              | <i>am I not folding</i>       |
| 1. Mur 'eil mi 'pasgadh,                | <i>if I am not folding.</i>   |
| <i>Iom.</i> 1. Am beil sinn a pasgadh ? | <i>are we folding ?</i>       |
| 1. Nach 'eil sinn a pasgadh ?           | <i>are we not folding ?</i>   |
| 1. Mur 'eil sinn a pasgadh,             | <i>if we are not folding.</i> |

*Past.*

*Seachad.*

|                                    |                           |
|------------------------------------|---------------------------|
| <i>Aon.</i> 1. An do phaisg mi ?   | <i>did I fold ?</i>       |
| 1. Nach do phaisg mi ?             | <i>did I not fold ?</i>   |
| 1. Mur do phaisg mi                | <i>if I did not fold</i>  |
| 1. An robh mi pasgadh ?            | <i>was I folding ?</i>    |
| <i>Iom.</i> 1. An do phaisg sinn ? | <i>did we fold ?</i>      |
| 1. Nach do phaisg sinn ?           | <i>did we not fold ?</i>  |
| 1. Mur do phaisg sinn              | <i>if we did not fold</i> |
| 1. An robh sinn a pasgadh ?        | <i>were we folding ?</i>  |

*Future.*

*Teac.*

|                                |                                      |
|--------------------------------|--------------------------------------|
| <i>Aon.</i> 1. Am paisg mi ?   | <i>shall or will I fold ?</i>        |
| 1. Mur paisg mi,               | <i>if I shall or will not fold.</i>  |
| <i>Iom.</i> 1. Am paisg sinn ? | <i>shall or will we fold ?</i>       |
| 1. Mur paisg sinn ?            | <i>if we shall or will not fold.</i> |

NEGATIVE.

DIULTACH.

*Present.*

*Làthair.*

|                                           |                            |
|-------------------------------------------|----------------------------|
| <i>Aon.</i> 1. Cha n-'eil mi 'pasgadh,    | <i>I am not folding.</i>   |
| Ni bheil mi, &c,                          |                            |
| <i>Iom.</i> 1. Cha n-'eil sinn a pasgadh, | <i>we are not folding.</i> |
| Ni bheil sinn, &c.                        |                            |

*Past.*

*Aon.* 1. Cha do phaisg mi,  
Ni-n do phaisg mi, &c.  
Cha robh mi 'pasgadh,

*Iom.* 1. Cha do phaisg sinn,  
Ni-n do phaisg sinn, &c.

Cha robh sinn a pasgadh, *we were not folding.*

*Future.*

*Aon.* Cha phaisg mi,  
Ni-m paisg mi, &c.

*Iom.* Cha phaisg sinn,  
Ni-m paisg sinn, &c.

*Seachad.*

*I did not fold.*

*I was not folding.*

*we did not fold.*

*Teac.*

*I shall or will not fold.*

*we shall or will not fold.*

OBSERVATIONS ON THE GAELIC  
VERB "BI."

*Am bheil*, of the interrogative of *bi*, is oftener used than *am beil*, but the latter seems to be the correct form, because the conjunctive *am* does not aspirate *b* in any other part of this, or in any part whatever of any other verb beginning with *b*; as,

*Am bi*, *am bitheadh*, *am*

*Cha'n 'eil* is used for *cha bheil*; *bh* is thrown out for euphony's sake, and *n* is inserted between *cha* and *'eil*, to prevent a *hiatus*. In that case an apostrophe before the *n*, thus *cha 'n 'eil* is improper, because *n* is evidently here an euphonic letter, and should be written *n-* (hyphen) thus, *cha n-'eil*.

BEACHDACHADH AIR A GHNIOMH-  
AR GHAELIG "BI."

Gnàthaichear, *am bheil 'sa chéisteach aig bi ni 's trice na, am bheil*, acli tha e coltach gur i an staid dheirreannach a ta ceart; do bhrìgh nach séidich an co-naisgean *am b*, 'an lùib air bith eile de 'n ghniomhar so, no ann an lùib san bith de ghniomhar éile, a' toiseachadh le *b*; mar,

*buail*, *am briseadh*, &c.

Tha *cha n-'eil* gnàthaichte 'an aite *cha bheil* agus air sgà fuaim-glan tilgear a-mach *bh*, agus cuir-ea a stigh *n* eadar *cha* agus *'eil* gu *spléuc* a sheachnadh. Uime sin tha ascair roimh *n*; mar so, *cha 'n 'eil*, mi-cheart, do bhrìgh gu'm beil *n* gu soilleir 'na litir bhinn an so bu chòir a sgrìobhadh le - (tàthan), mar so, *cha n-'eil*.

## PASSIVE VOICE.

A *Verb* is said to be in the *Passive Voice* when the noun or pronoun, instead

## AN GUTH FULANGACH.

Theirear gu'm beil *Ghniomhar* anns a' *Ghuth Fhulangach*, 'nuair tha 'n t-ain-

of being the agent, is the object of the action.

mear, no 'n riochdar, an ait' a bhith 'na dheanadair, 'na chuspair do'n ghnìomh.

Thus, "John loves" is in the *active voice*, and the subject of the verb *loves* is *John*, the agent; but "John is loved" is in the *passive voice*, and therefore the subject John is the *object* of the verbal action, or the *patient*.

An *Active\* Verb* is put into the *Passive form* in English by putting its *perfect participle* after the verb *to be* in all its parts.—The *Passive Voice* in Gaelic is often formed in the same way.

Cuirear Gníomhar Spreig-each anns an staid Fhulangach 'sa Bheurla le cur a phàirteir cholionta an déigh a' ghnìomhair gu bhi, 'na 'uile lùban. Tha 'n Gùth Fulangach 'sa Ghaelig iar a chumadh gu tric air an dòigh chéudna.

PASSIVE VOICE.

AN GUTH FULANGACH.

INDICATIVE.

TAISBEANACH.

To be folded  
To be loved

A bhi paisgte  
A bhi gràdhaichte

| Làth.<br><i>Pres.</i>                                                      | Seachad.<br><i>Past.</i> | Pàirt. Neo-cho.<br><i>Imp. Part.</i> | Pàirt. Colion.<br><i>Perf. Part.</i> |
|----------------------------------------------------------------------------|--------------------------|--------------------------------------|--------------------------------------|
| Am folded                                                                  | was folded               | being folded                         | been folded                          |
| <i>Tha paisgte</i>                                                         | <i>phaisgeadh</i>        | <i>bhi paisgte</i>                   | <i>iar bhi paisgte</i>               |
| Am loved                                                                   | was loved                | being loved                          | been loved                           |
| <i>Tha gràdhaichte ghràdhaicheadh bhi gràdhaichte iar bhi gràdhaichte.</i> |                          |                                      |                                      |

Compound.

Present Tense.

Tim Lathaireil.

|                               |                                 |
|-------------------------------|---------------------------------|
| <i>Sing.</i> 1. I am folded   | <i>Aon.</i> 1. Tha mi paisgte   |
| 2. Thou art folded            | 2. Tha thu paisgte              |
| 3. He is folded               | 3. Tha e paisgte                |
| <i>Plur.</i> 1. We are folded | <i>Iom.</i> 1. Tha sinn paisgte |
| 2. Ye are folded              | 2. Tha sibh paisgte             |
| 3. They are folded            | 3. Tha iad paisgte              |

\* Some *intransitive* verbs admit of a *passive form* too, but these have no *passive* signification; as, He *is* come. She *is* gone, &c.

*Past.**Sing.*

1. I was folded
2. Thou wast folded
3. He was folded

*Plur.*

1. We were folded
2. Ye were folded
3. They were folded

*Present Perfect.**Sing.*

1. I have been folded
2. Thou hast been folded
3. He or she has or hath  
been folded

*Plur.*

1. We have been folded
2. Ye have been folded
3. They have been folded

*Pluperfect, or Past Perfect.**Sing.*

1. I had been folded
2. Thou hadst been folded
3. He had been folded

*Plur.*

1. We had been folded
2. Ye had been folded
3. They had been folded

*Present Future.**Sing.*

1. I shall or will be folded
2. Thou shalt or wilt be folded
3. He shall or will be folded

*Plur.*

1. We shall or will be folded
2. Ye shall or will be folded
3. They shall or will be folded

*Seachad.**Aon.*

1. Phaisgeadh mi, no hha mi  
paisgte
2. Phaisgeadh thu, no bha thu, &c.
3. Phaisgeadh e, no hha e, &c.

*Iom.*

1. Phaisgeadh sinn, no hha sinn  
&c.
2. Phaisgeadh sibh, no bha sibh  
&c.
3. Phaisgeadh iad, no hha iad  
&c.

*Làn Làthaireil.**Aon.*

1. Tha mi iar mo phasgadh
2. Tha thu iar do phasgadh
3. Tha e iar a phasgadh

{ Tha i iar a phasgadh

*Iom.*

1. Tha sinn iar ar pasgadh
2. Tha sibh iar hhur pasgadh
3. Tha iad iar am pasgadh

*Roilàn, no Làn Seachad.**Aon.*

1. Bha mi iar mo phasgadh
2. Bha thu iar do phasgadh
3. Bha e iar a phasgadh

*Iom.*

1. Bha sinn iar ar pasgadh
2. Bha sibh iar hhur pasgadh
3. Bha iad iar am pasgadh

*Teacail Làthair.**Aon.*

1. Paisgear mi, no bithidh mi  
paisgte
2. Paisgear thu, no bithidh tu,  
&c.
3. Paisgear e, no bithidh e, &c.

*Iom.*

1. Paisgear sinn, no bithidh sinn  
&c.
2. Paisgear sibh, no bithidh sibh,  
&c.
3. Paisgear iad, no bithidh iad,  
&c.

*Past Future.*

*Sing.*

1. I should *or* would be folded
2. Thou shouldst *or* wouldst be folded
3. He should *or* would be folded

*Plur.*

1. We should *or* would be folded
2. Ye should *or* would be folded
3. They should *or* would be folded

*Present Future Perfect.*

*Sing.*

1. I shall *or* will have been folded
2. Thou shalt *or* wilt have been folded
3. He *or* she shall *or* will have been folded

*Plur.*

1. We shall *or* will have been folded
2. Ye shall *or* will have been folded
3. They shall *or* will have been folded

*Past Future Perfect.*

- S.* 1. I should *or* would have been folded
Gach la tha sinn ag éirigh, tha a 'ghrian ghlormhor a' dearrsadh thairis air ar cinn, ach mo chreach! tha tuille 'sa chòir a' di-chuimhnachadh a bhli taingeil airson a' bhlāis chairdeil a ta teachd uaipe, do luchd-aitcaehaidh na talmhuinn so; air am beil sinn 'nar (ann ar) seasamlh. Tha cuid beò an so mar nach bitheadh iad gu bàsachadh gu bràeh; na'n robh a leithid a chréutairean glic, eha chodaileadh iad na's faide ann a leithid a staid chunnartaich, ach ghrad-dhùisgeadh iad gu ceart mhothachadh air an taingealachd a bhuineas do DHIA grasmhor airson nam mor shoehairean leis am bheil an crannchur iar a lionadh.

Obs. 1.—*Do* and *have* are used below as *Auxiliary Verbs*, because they are joined with other verbs.

|                                                             |                                                                           |
|-------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------|
| We do not know how<br>soon we may be called to<br>go hence. | Cha n-'eil fios againn, eia<br>luath dh'-fhaodar ar gairm<br>gu dol á so. |
|-------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------|

My happiness does not flow from earthly pleasures, but from piety and virtue.

Do you consider that your time is uncertain?

I have seen ten stags in the forest to day.

John has written his copy, but I do not think his penmanship will satisfy the master, for it has been executed too rapidly.

Many who had received a liberal education have made a bad use of it.

Obs. 2.—*Do* and *have* are used as *Specific Verbs* in the following sentences, because they are not joined with other ones, except such as become helps to them.

He who does good has delight.

Do whatever you can to alleviate the afflictions of others.

I have no ill will to any one.

Do your utmost to promote the prosperity of others, and you shall have more of your own.

We have many blessings in our lot, and are ready to do a kind turn to those who are not so fortunate.

Cha n-'eil mo shonas a' (deanamh) sruthadh o thaitneas saoghalta, ach o dhiadhachd agus o bhéus.

Am beil sibh a cuimhnachadh, gu 'm beil 'ur tim neo-chinnteach?

Tha mi iar deich féidh fhaicinn anns an fhrìdh an diùgh.

Tha Iain iar sgriobhadh a chèpi, ach cha chreid mise gun toilich a pheannarachd am maighstear do bhrìgh gu'n robh e iar a dheanamh ro ghrad.

Tha iomadh a bha iar foghlum mòr thaotann iar deanamh droch fhéum deth.

Aige-san a tha 'deanamh maith tha eòlas.

Dean cìod air bith is urrainn thu, gu trioblaidean muinntir éile 'lughdachadh.

Cha n-'eil droch rùn agam do neach.

Dean d'uile dhìchioll gu sonas muinntir éile 'mhéudachadh, agus bithidh ni's mò agad féin.

Tha mòr shochairèan againn 'nar (ann ar) crann-chuir, agus tha sinn calamh gu car baigheil a dheanamh riù-san nach 'eil cho fortunach.

My friend did his duty, and I had always reason to believe that he would do so.

Had I wealth, I would do good to the indigent and deserving.

The pious man may have his trials in this life, but he shall have an exceeding great reward for enduring them.

Rinn mo charaid a dhleasannas, agus bha aobhar agam a chreidsinn a ghnà gun deanadh e sin.

Na'n robh beartas agam dheanainn math do 'n bhochd agus do'n toillteanach.

Faodaidh a dhéuchainnean a bhi aig an duine chòir 'sa (anns a) bheatha so, ach bithidh duais romhòr aige airson an giùlan.

PROGRESSIVE FORM OF THE VERB.

I am seeing the sun, and admiring the beauty of all nature around us.

While I am reading, you should be listening attentively.

He was sowing, and I was harrowing.

He has been writing on botany this week; we had been conversing with him.

He may be working; we might have been studying our lessons.

To be reading is a pleasant task for him who is thirsting for knowledge.

Peter might have been doing that while his father was rising.

We should be preparing

Tha mi 'faicinn na gréine agus a' moladh maise nàduir uile mu 'n cuairt duinn.

Am feadh tha mi 'léughadh bu chòir dhùibh-se 'bhi ag éisdeachd gu furachail.

Bha e 'cur agus bha mise 'cliathadh.

Tha esan iar a bhis griobhadh mu lus-eòlas air an t-seachduin so; bha sinn iar a bhi co-labhairt ris.

Faodaidh e 'bhi ag oibreachadh; dh'fhaodamaid a bhi ag ionnsachadh ar leasanan.

Is taitneach an obair a bhi 'léughadh leis-san air am bheil tart airson eòlais.

Dh'fhaodadh Peadar a bhi 'deanamh sin, 'nuair a bha 'athair ag éirigh.

Bu chòir dhuinn a bhi

our land; for our neighbours will be planting to-morrow.

ag ullachadh ar n-ùir; oir bithidh ar coimhearsnaich a' suidheachadh am màir-each.

Obs. 3.—A personal or a relative *pronoun*, with some part of the verb TO BE, is frequently understood before the *Perfect Participle*.

Embrace the doctrines\* contained in the oracles of Heaven.

Gabh ris na teagasgan (a ta) foillsichte ann an oraculaibh 'neimh.

A lesson, well explained, cannot fail to benefit the pupil more than one simply repeated.

Cha n-'eil teaganh nach dean leasan sàr-mhinichte, na 's mò bhuannachd do 'n scoilear, na aon iar airis a-mhàin.

Precepts have little influence when not enforced by example.

Is beag cumhachd 'reachd-  
an neò-dhearbhta le eis-  
impleir.

A work done hurriedly, seldom stands the test as well as that performed with due time and care.

Is tearc a sheas obair deanta le cabhaig dearbhadh, cho math 'us sin (a tha) coimhionta le ùin agus cùram iomchuidh.

I find my task more pleasant and sweeter when encouraged and extolled by my instructor.

Gheibh mi mo thasg ni 's taitniche, agus mi 's mìlse, 'nuair (tha mi) misnichte agus àrdaichte le m' fhear-teagaisg.

On earth, join all, ye creatures, to extol  
Him first—Him last—Him midst, and Him without end.\*  
Know then this truth, (enough for man to know,)  
Virtue alone is happiness below.\*

Look round our world, behold the chain of love  
Combining all below and all above.  
See plastic nature, working to this end,  
The single atoms each to other tend,—  
Attract, attracted to, the next in place,  
Form'd and impell'd, its neighbour to embrace.

\* That are, or which are, is understood here.



See matter next, with various life endued,  
Press to one centre still, the general good.\*—POPE.

- 1 Now swarms the village o'er the jovial mead:  
The rustic youth, brown with meridian toil,  
Healthful and strong; full as the summer rose
- 4 Blown by prevailing suns, the ruddy maid,  
Half naked, swelling on the sight, and all  
Her kindled graces, burning o'er her cheek;  
Ev'n stooping age is here; and infant hands
- 8 Trail the long rake, or, with the fragrant load  
O'ercharg'd, amid the kind oppression roll.  
Wide flies the tedded grain; all in a row  
Advancing broad, or wheeling round the field,
- 12 They spread their breathing harvest to the sun,  
That throws refreshful round a rural smell;  
Or, as they rake the green-appearing ground,  
And drive the dusky wave along the mead,
- 16 The russet hay-cock rises, thick behind,  
In order gay. While, heard from dale to dale,  
Waking the breeze, resounds the blended voice  
Of happy labour, love, and social glee.—THOMSON.

- 1 Nis taomaidh am bàile a-mach gu h-ait air na  
cluaintibh; òige na dùcha, buidh le obair, fo theas  
na h-àrd-ghréine; slainteil agus calm; làn mar ròs  
an t-sàmhraidh iar a shéideadh le neart nan grian;
- 4 a' ghruagach ruiteach, leth-rùisd a' lionadh leis an  
t-sealladh, agus a beò-ghrinneas gu léir a' lasadh air  
a gruaidh. An so tha 'n aois chròm 'sa (*agus a*)  
chlann bheaga a slaodadh an ràie fhaid; no am
- 8 measg na h-oibre taitneich a' càradh leis an luchd  
chùbhraidh gle làu. Am féur sréudach a' léum thall  
'sa bhos, a' dol air aghaidh ann an sreathaibh farsuinn,  
no a' cuartachach an achaidh. Sgaoilear (*sgaoilidh*
- 12 *iad*) an geuban cùbhraidh ris a' ghréin a' séideadh  
mu 'n cuairt bolaidh ùrail, tireil. No mar a ràcas  
iad an talamh glas-neulach, agus a dh'-iomaineas iad  
an tonn glas air aghaidh an fhùinn, tha na rùcàn

16 donna feòir ag éirigh gu dlù 'nan déigh 'an òrdugh glan. Rè na h-uine, cluinnear fuaim aghmhor oibre, gaoile, 'us ait-mhire, a' séinn feadh a chéile, agus a' dùsgadh tlàth-ghaoith o ghleann gu gleann.

'Nuair thig òg-mhios 'chéitein chiùin oirnn,  
Bi'dh a' bhliadhna 'an tùs a maise :  
'S flathail, caoineil, soillse gréine,  
Mios geal céutach, spéur-ghorm, feartach,  
Flùrach, ciùrach, bliochdach, maoineach,  
Uanach, caorach, laoghach, martach,  
Gruthach, ùachdrach, càiseach, sùghmhor,  
Mealach, cùbhraidh, drùchdach, dosrach.\*

*M' Lachlan's Spring.*

'S taitneach leam focail nam fonn  
Thuirte Cuchullin, an sonn deas,  
'S taitneach sgéul air àm a dh'-fhalbh,  
Caoin mar bhàlbh-dhrùchd maduinn shèimh  
Air dosan 'us tuim nan ruadhag,  
'Nuair a dh'-éireas a' ghrian gu màll  
Air slios sàmhach nan liath-bheann,  
Loch gun bhruaillein fàda thàll  
Caoin is gòrn air ùrlar ghleann.—OSSIAN.

Pleasant to me are the words of the song, said Cuchullin, the expert hero. Lovely is the tale of time past; mild, like the calm dew of gentle morn on the bush and hills of roes, when the sun beams slowly over the gray mountains' silent side, and the distant lake is unruffled and blue in the vale.

IRREGULAR FORMATION OF THE  
INFINITIVE, OR IMPERFECT  
PARTICIPLE OF GAELIC  
VERBS.

1. Verbs ending in *ich*,  
drop *i* of *ich* before *adh*; as,

CUMADH NEO-RIALTACH AN  
FHEARTAICH, NO PAIRTEIR  
NEO-CHOL. GHNIOMHARAN  
GAELIG.

1. Tilgidh Gniomharan  
a dunadh le *ich*, *i* na h-*ich*  
roimh *adh*; mar,

Deasaich, *prepare*, deasachadh.

2. Many Verbs have the infinitive like the root ; as,

2. Tha am Feartach aig iomadh gnìomhar ionann ris an stéigh ; mar,

Fàs, *grow*, fàs.

3. Some contract their final syllable before *adh* ; as,

3. Tha cuid a' giorrachadh na smid deireannaich roimh *adh* ; mar,

Diobair, *forsake*, diobradh.\*

4. Some change or drop a final small vowel, but do not add *adh* ; and others reject it when they do add *adh* ; as,

4. Mùthaidh, no tilgidh cuid fuaimrag chaol dheireannach, ach cha ghabh iad *adh* ; agus tilgidh cuid eil' ì 'nuair a ghabhas iad *adh* ; mar,

Iomain, *drive*, ioman.

Dùisg, *awake*, dùsgadh.

5. A few add *achd* instead of *adh* ; as,

5. Gabhaidh beagan *achd* an ait *adh* ; mar,

Eisd, *hear*, éisdeachd.

6. Verbs of two syllables in *air*, add *t* to the root ; as,

6. Cuiridh Gnìomharan dhà-smid 'an *air*, *t*, ris an stéigh ; mar,

Freagair, *answer*, freagairt.

7. Several other Verbs form the infinitive irregularly, and some have a variety of infinitives ; as,

7. Tha iomad Gnìomhar éile a' deanamh an fheartaich gu neo-rialtach, agus tha caochla feartach aig cuid ; mar,

Lean, *follow* ; leantainn, leantail, leanailt, leanmhainn.

Obs.—The following List of Verbs forming their infinitive irregularly, being arranged in the alphabetical order, the learner will find it more convenient to look up any of them in the course of his lesson, than if each of the preceding rules had its own portion of them subjoined to it.

\* Verbs contracted in their *infinitives* are also contracted in the *imperative*, and the parts formed from it ; as, *diobram*, *diobradh e*, *diobramaid*, *diobraibh*, *diobradh iad*, &c.

*Imper. Ain.*

|                    |            |
|--------------------|------------|
| Abair,             | say,       |
| Acaìn,             | complain,  |
| Agair,             | claim,     |
| Airis,*            | tell,      |
| Aireamh,           | number,    |
| Aisig,             | restore,   |
| Amhairc,           | look,      |
| Amais, eirmis,     | find,      |
| Anacail,           | save,      |
| At,                | swell,     |
| Ardaich,           | exalt,     |
| Bagair,            | threaten,  |
| Bean,              | touch,     |
| Beannaich,         | bless,     |
| Beir,              | bear,      |
| Béuc,              | roar,      |
| Bid, big.          | chirp,     |
| Blais,             | taste,     |
| Bleith,            | grind,     |
| Bleoghain,         | milk,      |
| Bruich, <i>R</i>   | boil,      |
| Brùchd,            | belch,     |
| Buin,              | deal with, |
| Buail,             | strike,    |
| Buain,             | reap,      |
| Buanaich, <i>R</i> | gain,      |
| Buachaillich,      | herd,      |
| Bùir,              | bellow,    |
| Bùirich,           | dig,       |
| Càill,             | lose,      |
| Cagainn,           | chew,      |
| Caidil,            | sleep,     |
| Caith,             | wear,      |
| Caisd,             | listen,    |
| Can,               | say, sing, |
| Caochail,          | change,    |
| Casgair,           | vanquish,  |
| Caraich,           | move,      |
| Caoidh,            | lament,    |
| Càraich,           | build,     |
| Ceangail,          | tie,       |
| Ceil,              | conceal,   |
| Cinn,              | grow,      |

*Infin. Feart.*

|                             |
|-----------------------------|
| ràdh, ràite, ràdhainn       |
| acain                       |
| agairt                      |
| airis                       |
| àireamh                     |
| aiseag                      |
| amharc                      |
| amas, eirmeas               |
| anacladh                    |
| at                          |
| àrdachadh                   |
| bagairt                     |
| { beantainn, beantail,      |
| { beanailt                  |
| beannachadh                 |
| beirsinn, beireilt, breith  |
| béucaich, béucail           |
| bidil, bigil                |
| blasad                      |
| bleith                      |
| bloghan                     |
| bruich                      |
| brùchdail                   |
| buntuinn                    |
| bualadh                     |
| buain                       |
| buanachd                    |
| buachailleachd              |
| bùirich                     |
| bùrach                      |
| càll                        |
| cagnadh                     |
| cadal                       |
| caitheamh                   |
| caisdeachd                  |
| cantainn                    |
| caochladh                   |
| casgairt                    |
| carachadh                   |
| caoidh                      |
| càramh, càradh              |
| ceangal                     |
| ceiltinn, ceilteadh, cleith |
| cinntinn                    |

\* Commonly spelt *airis*.

*Imper. Ain.*

|                  |                   |
|------------------|-------------------|
| Clàist,          | hearken,          |
| Cleasaich,       | sport,            |
| Cobhair,         | help,             |
| Coimhead,        | see,              |
| Coisich,         | walk,             |
| Coisinn,         | earn,             |
| Cosd, cosg,      | expend,           |
| Cràgair,         | handle awkwardly, |
| Creach, <i>R</i> | rob,              |
| Creid,           | believe,          |
| Cum,             | keep,             |
| Cluinn,          | hear,             |
| Cuir,            | put, place,       |
| Dean,            | do,               |
| Deoghail,        | suck,             |
| Diobair,         | desert,           |
| Diogail,         | tickle,           |
| Diol, <i>R</i>   | pay,              |
| Diobhair,        | vomit,            |
| Dion,            | protect,          |
| Dòirt,           | spill,            |
| Dùin,            | shut,             |
| Dùisg,           | awake,            |
| Dùraig,          | desire,           |
| Earb,            | trust,            |
| Eignich,         | compel,           |
| Eirich,          | rise,             |
| Eisd,            | hear,             |
| Eug,             | die,              |
| Fàg,             | leave,            |
| Faic,            | see,              |
| Faigh,           | receive,          |
| Falbh,           | go,               |
| Fairich,         | feel,             |
| Falaich,         | hide,             |
| Fan,             | wait,             |
| Fàs,             | grow,             |
| Féuch,           | look,             |
| Fògair,          | banish,           |
| Foghain,         | suffice,          |
| Fìgh, <i>R</i> . | weave,            |
| Fòir,            | assist,           |
| Freagair,        | answer,           |
| Fosgail,         | open,             |

*Infin. Feart.*

|                              |
|------------------------------|
| clàistinn, claisdeachd       |
| cleasachd                    |
| cobhair, cobhradh,           |
| coimhead                     |
| coiseachd                    |
| cosnadh                      |
| cosd, cosg                   |
| cràgairt                     |
| creach                       |
| creidsinn                    |
| cumail                       |
| cluinntinn                   |
| cur                          |
| deanamh, deanadh             |
| deoghal                      |
| diobradh                     |
| diogladh                     |
| diol                         |
| diobhairt                    |
| dion                         |
| dòrtadh                      |
| dùnadh                       |
| dùsgadh                      |
| dùrachdainn                  |
| earbsadh                     |
| éigneachadh                  |
| éirigh                       |
| éisdeachd                    |
| éug                          |
| fàgail                       |
| faicinn, faicsinn            |
| faighinn, faigheil, faotainn |
| falbh                        |
| faireachadh                  |
| falach                       |
| fantainn, fantail, fanailt,  |
| fanachd,-ainn                |
| fàs                          |
| féuchainn                    |
| fògradh                      |
| foghnadh                     |
| fighe                        |
| fòirinn                      |
| freagairt                    |
| fosgladh                     |

| <i>Imper. Ain.</i> |                   | <i>Infin. Feart.</i>                      |
|--------------------|-------------------|-------------------------------------------|
| Fuagair,           | proclaim,         | fuagradh                                  |
| Fuasgail,          | untie,            | fuasgladh                                 |
| Fuaigh,            | sew,              | fuaigneal, fuaghal                        |
| Fuilig, fuiling,   | suffer,           | fulang                                    |
| Fuirich,           | stay,             | fuireach                                  |
| Gabh,              | take,             | gabhail                                   |
| Gàir,              | laugh,            | gàireachdaich                             |
| Gairm, <i>R.</i>   | call,             | gairm                                     |
| Geall, <i>R.</i>   | promise,          | gealtuinn                                 |
| Gearain,           | complain,         | gearan                                    |
| Géill, <i>R.</i>   | yield,            | géilltinn                                 |
| Géum,              | low,              | géumraich, géumnaich                      |
| Gin, gion,         | beget, produce,   | gintinn, giontuinn, gin-<br>mhuinn        |
| Glaodh,            | cry aloud,        | glaodhaich,-ach                           |
| Gluais,            | move,             | gluasad                                   |
| Goir,              | crow,             | goirsinn                                  |
| Gog,               | cackle,           | gogail                                    |
| Greas,             | hasten,           | greasad                                   |
| Guidh,             | pray,             | guidhe                                    |
| Guil,              | weep,             | gul, gal                                  |
| Iar,               | ask,              | iarraidh                                  |
| Imich,             | go, walk,         | imeachd                                   |
| Imlich,            | lick,             | imlich                                    |
| Iobair,            | sacrifice,        | iobradh                                   |
| Iomraidh,          | mention,          | iomradh                                   |
| Iomain,            | drive,            | ioman                                     |
| Iomair,            | row,              | iomradh                                   |
| Iomair,            | wield,            | iomairt                                   |
| Ionnail,           | wash,             | ionnlad                                   |
| Inndrig,           | enter,            | inndriginn, iundrinn, inn-<br>dreachdainn |
| Innis,             | tell,             | innseadh                                  |
| Ionndrain,         | miss,             | ionndrain, ionndran                       |
| Labhair,           | speak,            | labhairt                                  |
| Laidh,             | lie down,         | laidhe                                    |
| Leighis,           | cure,             | leigheas                                  |
| Leag,              | fell, throw down, | leagail                                   |
| Leig,              | permit,           | leigeil                                   |
| Lean,              | follow,           | leantainn, leanailt, leanmh-<br>uinn      |
| Léum,              | leap,             | léum, léumraich, leumart-<br>aich         |
| Liubhair,          | deliver,          | liubhairt                                 |
| Lomair,            | clip, shear,      | lomairt                                   |

*Imper. Ain.*

*Infin. Feart.*

|                   |                 |                      |
|-------------------|-----------------|----------------------|
| Mair,             | last,           | mairsinn             |
| Marcaich,         | ride,           | marcachd             |
| Meal,             | enjoy,          | mealtuinn            |
| Mosgail,          | awake,          | mosgladh             |
| Naisg,            | bind, join      | nasgadh              |
| Nigh,             | wash,           | nighe                |
| Ol,               | drink,          | òl                   |
| Pill, <i>R.</i>   | return,         | pilltinn             |
| Plosg,            | pant,           | plosgartaich         |
| Ràn,              | roar,           | rànaich              |
| Ruig,             | reach,          | ruigsinn, ruigheachd |
| Ruith,,           | run,            | ruith                |
| Saltair           | trample,        | saltairt             |
| Saoil,            | think,          | saoilsinn            |
| Seachain,         | avoid,          | seachnadh            |
| Seall,            | see, look,      | sealltuinn           |
| Seas,             | stand,          | seasamh              |
| Séinn,            | sing,           | séinn                |
| Sgal,             | scream,         | sgalartaich          |
| Sgar, <i>R.</i>   | separate,       | sgarachdainn         |
| Sgath, <i>R.</i>  | lop,            | sgath                |
| Sgoilt,           | split,          | sgoltadh             |
| Sgrios,           | destroy,        | sgrios               |
| Sguir,            | desist,         | sgur                 |
| Sian,             | shriek, yell,   | sianail              |
| Siolaidh,         | strain, filter, | sioladh              |
| Siubhail,         | travel,         | siubhail             |
| Smùch,            | sneeze,         | smuchail             |
| Smut, <i>R.</i>   | sniff,          | smutail              |
| Snàmh,            | swim,           | snàmh                |
| Sniomh,           | spin,           | sniomh               |
| Srann,            | snore,          | srannail             |
| Streap, <i>R.</i> | climb,          | streap, streapail    |
| Suidh,            | sit,            | suidhe               |
| Tabhair,          | give,           | tabhairt             |
| Tachrais,         | wind,           | tachras              |
| Tachair,          | meet,           | tachairt             |
| Tagair,           | plead,          | tagairt              |
| Taghail,          | visit,          | taghal               |
| Taisg, <i>R.</i>  | lay up,         | tasgaidh             |
| Tàlaidh,          | caress, tame,   | tàladh               |
| Tairg,            | offer,          | tairgseadh           |
| Tàr,              | go, get time,   | tàrsainn             |
| Tarruing,         | draw,           | tarruing             |

| <i>Imper. Ain.</i> |                    |  | <i>Infin. Feart.</i>        |
|--------------------|--------------------|--|-----------------------------|
| Teasd,             | die, fail,         |  | teasd                       |
| Teasairg,          | save,              |  | teasairgin                  |
| Teanndaidh,        | } turn,            |  | teanndadh, tionndadh        |
| Tionndaidh,        |                    |  |                             |
| Teanail, tionail,  | gather,            |  | teanal, tional              |
| Tèaruinn,          | save,              |  | tèarnadh                    |
| Tèirinn,           | descend,           |  | tèarnadh                    |
| Teirig,            | wear out,          |  | teirgsinn, teireachdainn    |
| Teàrn, <i>R.</i>   | decline,           |  | teàrnadh                    |
| Tig, thig,         | come,              |  | tighinn, teachd, tigheachd  |
| Tilg, <i>R.</i>    | throw,             |  | tilgeil                     |
| Tionnsgail,        | } begin, contrive, |  | tionnsgnadh,<br>tionnsgladh |
| Tionnsgain,        |                    |  |                             |
| Tog,               | lift,              |  | togail                      |
| Togair,            | incline,           |  | togairt, togradh            |
| Tomhais            | measure,           |  | tomhas                      |
| Tréig,             | forsake,           |  | tréigsinn                   |
| Trod,              | scold,             |  | trod                        |
| Tuirling,          | descend,           |  | tuirling                    |
| Tuir, <i>R.</i>    | lament,            |  | tùrsadh                     |
| Tuit,              | fall,              |  | tuiteam                     |

## DERIVATION.

*Derivation* is that part of Etymology which treats of the origin and primary signification of words.

The words of a language are either *Primitive* or *Derivative*.

A *Primitive* word is not derived from any simpler word than itself in the language; as, *man*, *just*.

A *Derivative* word is derived or formed from some word simpler than itself; as, *manhood*, *unjust*.

## FREUMHACHADH.

Is e *Freumhachadh* an earran sin a dh-Fhoclachadh a ta 'teagasg mu stoc agus mu phrìomh-sheadh fhocalan.

Tha focail cainnt, an dara cuid *Prìomhach* no *Freumhach*.

Cha fhreumhaichear focal *Prìomhach* o fhocal sam bith a 's lugha na e-féin 'sa chainnt; mar, *duine*, *ceart*.

Freumhaichear, no bheir ear focal *Freumhach* bho fhocal àraid éile, a 's lugha na e-féin; mar, *duinealas*, *mi-cheart*.



*Primitive* words are materially changed, both in their structure and signification, by being united with certain particles, called *Prefixes* and *Affixes*.

A *Prefix* is a particle placed before a word or root, to vary its sense ; as, *rebuild*, *subscribe*.

An *Affix* is a particle added to a root to vary its meaning ; as, *manly*.

Atharraichear focail *Phriomh-ach* gu mòr araon 'nan cumadh, agus 'nan seadh, le bhì iar an aonadh ri lidean àraid ris an canar, *Tùsicean* agus *Risicean*.

Is i *Tùsic* lid a chuirear roimh fhocal, no freumh a mhùth a sheadh ; mar, *ath-thog*, *fo-sgriobh*.

Is i *Risic* lid a chuirear ri freumh a mhùth a sheadh ; mar, *duineil*.

PREFIXES

OF ENGLISH OR SAXON ORIGIN.

A, *air* ; be, *mu* ; en, *ann*, *dean* (ich) ; for, *neo* ; fore, *roimh* ; mis, *droch*, *mi* ; out, *thair*, *seach* ; over, *os-cionn*, *thar*, *ro* ; un, *neo*, *mi*, *eu*, *an*, *ana* ; under, *fò* ; up, *'naird*, *suas* ; with, *o*, *á*, *ri*, *an aghaidh*.

The import of the Saxon Prefixes is exemplified by their union with English roots ; thus :

TUSICÉAN

DE STOC BEURLA NO SASUNACH.

Tha seadh nan Tusicean, Sasunach, minichte le 'n aonadh ri freumhan Beurla : mar so :—

A signifies *on* or *in* ; as, *a-foot*, that is, on foot ; *a-bed*, in bed.

BE—\**about* ; as, *besprinkle*, to sprinkle about ; also, *for* or *before*, as, *bespeak*, to speak for or before.

EN—*in* or *on* ; as, *encircle*, to circle in. Also *make* ; as, *enfeeble*, to make feeble. *En* is changed into *em* before *b* or *p* ; as, *embark*, *empower*.

FOR—*not* ; as, *forbid*, not to bid.

FORE—*before* ; as, *foresee*, to see before hand.

MIS denotes *error* or *defect* ; as, *misdeed*, a wrong or evil deed ; *mistake*, to take wrong.

OUT—*excess* or *getting before* ; as, *outrun*, to run before, or surpass in running.

OVER—*height* or *excess* ; as, *overcharge*, to charge too much.

UN, prefixed, to an adjective or adverb, signifies *not* ; as, *unkind*, not kind. *Un*, prefixed to a verb, signifies the undoing of the verbal act ; as, *unfetter*, to pull off the fetters.

UNDER implies *below* ; as, *undervalue*, to value below the real worth.

\* The dash (—) is put for signifies.

UP implies *motion upwards*; as, *uplift*, to raise aloft: also, *turning upside down*; as, *upset*, to overturn.

WITH signifies *from* or *against*; as, *withdraw*, to draw from; *withstand*, to stand against.

Prefixes of Latin origin, and their import exemplified; thus, Tùsicean de stoc Laidinn, agus an seadh minichte; mar so,

A, ab, abs, á, a; ad, aig, do, ri; am, mu'n cuairt; ante, roimh; circum, mu'n cuairt, timchioll, uime; cis, tar, taobh, so; con, co, comh, cuideachd; contra, an aghaidh; de, a bhàn, sios; dis, as a chéile, neo, mi; e, ex, á, as, mach; extra, os-cionn, thall, thar; in, ann, neo; inter, eadar; intro, a-steach, stigh; juxta, fagus do; ne, neo, mi; ob, an aghaidh, bac, thall, fo chomhar; per, troimh, tre; post, an déigh; pre, roimh; preter, os-cionn, seach; re, ath, ais, ris; retro, gu chùl, air ais; se, a thaobh, a leth taobh; as an t-slighe; sine, dh-easbhuidh, gun; sub, subter, fo; super, supra, thairis, os-cionn; trans, ultra, thall, thar.

A, AB, ABS; signify *from* or *away*; as, *avert*, to turn from; *absolve*, to loose from; *abstain*, to hold from.

AD—to or at; as *adhere*, to stick to. *Ad* takes the various forms of *a, ac, af, ag, al, an, ap, ar, as, at*, according to the initial letter of the root with which it is united; as, *aspire*, to aim at; *accede*, to agree to; *affix*, to fix to; *aggravate*, to give weight to; *alleviate*, to give ease to; *annex*, to join to; *appeal*, to call to; *arrogate*, to lay claim to: *assimilate*, to make like to; *attract*, to draw to.

AM—*round*; as, *amputate*, to cut round. *Am*, for euphony's sake, takes *b* before a vowel; as, *ambient*, going round.

ANTE—*before*; as, *antecedent*, going before. *Ante*, in one instance, becomes *anti*; as, *anticipate*, to take beforehand.

CIRCUM—*round* or *about*; as, *circumnavigate*, to sail round; *circunjacent*, lying near.

CIS—*on this side*; as, *cisalpine*, on this side the Alps.

CON—together; as, *convoke*, to call together. *Con* takes also the various forms of *co, cog, col, com, cor*; as, *co-operate*, to work together; *cognate*, born together; *collect*, to gather together; *compose*, to put together; *correct*, to put right together.

CONTRA—*against*; as, *contradict*, to speak against. *Contra* sometimes takes the form of *counter*; as, *counteract*, to act against.

DE—*down* or *from*; as, *deject*, to cast down; *detain*, to keep from.

DIS—asunder; as, *distract*, to draw asunder: also, *negation* or *undoing*; as, *disbelieve*, not to believe; *disarm*, to take arms from. *Dis* has also the forms of *di* and *dif*; as, *diverge*, *diffuse*.

- E, EX**—*out, from*; as, *egress, going out; exclude, to shut out.*  
*E, ex*, take the forms of *ec, ef*; as, *eccentric, from the centre; efflux, a flowing out.*
- EXTRA**—*beyond*; as, *extraordinary, beyond order; extravagant, going beyond bounds.*
- IN**, put before an adjective, signifies *not*; as, *inactive, not active.*  
*In*, before a verb, signifies *in, into, or on*; as, *inject, to throw in or into.* *In* has also the various forms of *ig, il, im, ir*; as, *ignoble, illuminate, import, irregular.*
- INTER**—*between*; as, *intervene, to come between.* *Inter* has the form of *intel*; as, *intelligent.*
- INTRO**—*within*; as, *introduce, to lead within.*
- JUXTA**—*nigh to*; as, *juxtaposition, position nigh to (a thing.)*
- NE**—*not*; as, *nefarious, not to be spoken of, bad.*
- OB**—*in the way of, or over against*; as, *obstacle, something standing in the way.* *Ob* has also the various forms of *oc, of, o, op*; as, *occur, offend, omit, oppose.*
- PER**—*through or thoroughly*; as, *perforate, to bore through; perfect, thoroughly done.* *Per* has the forms of *pel* and *pol*; as, *pellucid, clear through; pollute, to taint thoroughly.*
- POST**—*after*; as, *postscript, written after.*
- PRE** or **PRAE**—*before*; as, *predict, to tell before.*
- PRETER** or **PRAETER**—*past or beyond*; as, *preternatural, past or beyond the course of nature.*
- PRO**—*for, forth, or forward*; as, *pronoun, for a noun; provoke, to call forth; proceed, to go forward.* *Pro* has also the French form of *pur*; as, *purvey, to look for.*
- RE**—*back or again*; as, *retract, to draw back; rebuild, to build again.* *Re*, for euphony's sake, takes *d* before a vowel; as, *redeem.*
- RETRO**—*backwards*; as, *retrospect, a looking backwards.*
- SE**—*aside or apart*; as, *secede, to go aside or apart.* *Se*, for euphony's sake, takes *d* before a vowel; as, *sedition, going aside, a tumult.*
- SINE**—*without*; as, *sinecure, without care or labour.* *Sine* has also the form of *sim* and *sin*; as, *simple, (without a fold); sincere, (without mixture.)*
- SUB**—*under or after*; as, *subscribe, to write under.* *Sub* has also the forms of *suc, suf, sug, sup, sus, or su*; as, *succeed, suffer, suggest, suppress, suspend, suspect.*
- SUBTER**—*under or beneath*; as, *subterfuge, a fleeing under, a shift.*
- SUPER**—*over or above*; as, *superfluous, flowing over or above.*

*Super* has also the French form of *sur*; as, *surmount*, to mount above, *surname*, the name over and above the Christian name.

**SUPRA**—*above* or *before*; as, *superlapsary*, above or before the fall.

**TRANS**—*over*, *beyond*; as, *transport*, to carry over. *Trans* has also the forms of *tran* and *tra*; as, *transcribe*, *traverse*.

**ULTRA**—*beyond*; as, *ultramundane*, beyond the world.

---

Prefixes of Greek Origin, and their import exemplified; thus,—

|                                                                                   |                                                                                   |
|-----------------------------------------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------|
| <p><i>Tisicean</i> de Stoc Greugach,<br/>agus an seadh minichte; mar<br/>so,—</p> | <p><i>Tisicean</i> de Stoc Greugach,<br/>agus an seadh minichte; mar<br/>so,—</p> |
|-----------------------------------------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------|

*A* or *an*, *dh-easbhaidh*, *gun*; *amphi*, *araon*, *dà*; *ana*, *troimh*, *'naird*; *anti*, *an aghaidh*, *ana*; *apo*, *as*, *o*; *cata*, *a-bhàn*, *sios*; *dia*, *troimh*; *epi*, *air*; *hyper*, *àrd*, *ro*, *thairis*; *meta*, *uith*; *para*, *faisg*, *taobh ri taobh*; *peri*, *mu'n cuairt*; *syn*, *co*, *comhla*.

**A** or **AN** signifies *without* or *want*; as, *apathy*, without feeling, *anonymous*, without a name.

**AMPHI**—*both* or *the two*; as, *amphibious*, having both lives, or capable of living both upon land and in water. *Amphi* is sometimes contracted into *amph*; as, *amphora*, a jug with two ears.

**ANA**—*through* or *up*; as, *anatomy*, cutting through or up, dissection.

**ANTI**, **ANT**—*against*; as, *antichrist*, opposed to Christ; *antarctic* (*antarktík*) opposite to the arctic or north.

**APO**, **AP**—*from* or *away*; as, *apostacy*, standing or departure from; *aphelion*, away from the sun.

**CATA**, **CAT**—*down*, and also *against*; as, *catarrh*, a flowing down, a slight cold; *catabaptist*, one opposed to baptism; *catoptron*, an opposite image.

**DIA**, **DI**—*through*; as, *diameter*, a line passing through the centre of a circle; *diorama*, a sight through.

**EPI**, **EP**—*upon*; as, *epitaph*, an inscription on a tombstone; *ephemeral*, lasting on or during a day.

**HYPER**—*over* and *above*; as, *hypercritical*, over or too critical.

**HYP**, **HYP**—*under*; as, *hypothesis*, a placing under, a supposition; *hyphen*, a joining of two or more words under one.

**META**, **MET**—*change*; as, *metamorphosis*, a change of form.

**PARA**, **PAR**—*near to* or *side by side*; as if for the purpose of comparison, and hence sometimes similarity and sometimes contrariety; as, *parable*, a likening of spiritual to temporal things,

a similitude; *paradox*, an opinion contrary to the general opinion; *parhelion*, near the sun, a mock sun.

PERI—*round about*; as, *periphrasis*, a round about mode of speaking; a circumlocution.

SYN, SY, SYL, SYM—*together*; as, *synthesis*, a placing together; *system*, *syllogism*, *sympathy*.

AFFIXES.

*Nouns, Adjectives, Verbs, and Adverbs*, are formed from radical words by means of Affixes.

1. *Nouns* denoting the *agent* or *doer* of a thing are formed from *Nouns* and *Verbs* by adding the affixes *an, ant, ard, ar, ary, eer, &c.* thus,—

|                   |     |            |
|-------------------|-----|------------|
| Comedy, <i>n.</i> | an  | comedian   |
| Assist, <i>v.</i> | ant | assistant  |
| Drunken           | ard | drunkard   |
| School            | ar  | scholar    |
| Statue            | ary | statuary   |
| Chariot           | eer | charioteer |
| Cannon            | ier | cannonier  |
| Adhere            | ent | adherent   |
| Build             | er  | builder    |
| Psalm             | ist | psalmist   |
| Operate           | ive | operative  |
| Company           | ion | companion  |
| Govern            | or  | governor   |

2. *Nouns* denoting the *female agent* or *doer* are formed by adding *ess, ine, or ix*, in English, and by prefixing *ban\** in Gaelic; thus,—

|          |     |             |
|----------|-----|-------------|
| Shepherd | ess | shepherdess |
| Hero     | ine | heroine     |
| Testator | ix  | testatrix   |

3. *Nouns* denoting the *person acted upon*, are formed in English by adding *ate, &c.*

RISICEAN.

Cumar *Ainmearan, Bu-adharan, Gniomharan*, agus *Co-ghniomharan* bho fhocail stocail tre chomhnadh Risicean.

1. Cumar *Ainmearan* a ciallachadh *gniomhaiche* no *deanad-air* cùise o *Ainmearan*, agus o *Ghniomharan* le cur nan risicean *iche, ear*, no *air, &c.* mar so,—

|          |      |             |
|----------|------|-------------|
| Cleas    | iche | cleasaiche  |
| Cobhair  | —    | cobharaiche |
| Misgeach | ear  | misgear     |
| Sgoil    | —    | sgoilear    |
| Dealbh   | air  | dealbhair   |
| Carbad   | —    | carbadair   |
| Gunna    | —    | gunnair     |
| Stic     | ear  | sticear     |
| Clach    | air  | clachair    |
| Sàlm     | —    | sàlmadair   |
| Oibrich  | e    | oibriche    |
| Comunn   | ach  | companach   |
| Stiùr    | air  | stiùradair  |

2. Cumar *Ainmearan* a ciallachadh *gniomhaiche* no *deanadair boireanta*, le cur *ess, ine*, no *ix*'sa *Bheurla*, agus le *roi-iceadh ban*'sa *Ghaelig*; mar so,—

|            |                |
|------------|----------------|
| Cibear     | bana-chibear   |
| Laoch      | ban-laoch      |
| Tiomnadair | ban-tiomnadair |

3. Cumar *Ainmearan* a ciallachadh an *neach a gheibh* an *gniomh*, le cur *ate, &c.* 'sa *Bheurla. n.*

\* See page 57,—*ban.*

|        |     |           |
|--------|-----|-----------|
| Potent | ate | potentate |
| Trust  | ee  | trustee   |
| Favour | ite | favourite |

4. *Nouns denoting being or a state of being, are formed by adding acy, age, &c.*

|           |      |              |
|-----------|------|--------------|
| Conspire  | acy  | conspiracy   |
| Bond      | age  | bondage      |
| Deny      | al   | denial       |
| Vigilant  | ance | vigilance    |
| Free      | dom  | freedom      |
| Brilliant | cy   | brilliance   |
| Innocent  | ence | innocence    |
| Man       | hood | manhood      |
| Just      | ice  | justice      |
| Exhaust   | ion  | exhaustion   |
| Compare   | son  | comparison   |
| Critic    | ism  | criticism    |
| Commence  | ment | commencement |
| Acrid     | mony | acrimony     |
| Acute     | ness | acuteness    |
| Brave     | ry   | bravery      |
| Partner   | ship | partnership  |
| Warm      | th   | warmth       |
| Apt       | tude | aptitude     |
| Novel     | ty   | novelty      |
| Moist     | ture | moisture     |

5. *Nouns denoting legal authority, office, or dignity of a person, are formed by adding cy, dom, &c.*

|         |      |             |
|---------|------|-------------|
| Regent  | cy   | regency     |
| King    | dom  | kingdom     |
| Bishop  | ric  | bishopric   |
| Apostle | ship | apostleship |

## DIMINUTIVES.

6. *Diminutive Nouns or nouns denoting little persons and*

|              |               |
|--------------|---------------|
| Cumhachdach* | fear-cumhachd |
| Earbsa       | fear-earbsa   |
| Fàbhar       | fear-fàbhair  |

4. *Cumar Ainmearan a ciallachadh bith no staid bith, le cur adh, sa, &c.*

|               |      |               |
|---------------|------|---------------|
| Co-rùnaich    | adh  | co-rùnachadh  |
| Daor          | sa   | daorsa        |
| Diùlt         | adh  | diùltadh      |
| Faiceallach   | d    | faiceallachd  |
| Saor          | sa   | saorsa        |
| Dearsach      | d    | dearsachd     |
| Neo-chiontach | as   | neo-chiontas  |
| Duine         | achd | daonnachd     |
| Ceart         | as   | ceartas       |
| Tràgh         | adh  | tràghadh      |
| Sàmblaich     | —    | sàmhladh      |
| Tìolpadair    | achd | tiolpadarachd |
| Toisich       | adh  | toiseachadh   |
| Searbh        | as   | searbas       |
| Géur (géire)  | ad   | géiread       |
| Fearail       | as   | fearalas      |
| Còmpanach     | —    | còmpanas      |
| Blàth         | —    | blàthas, blàs |
| Deas          | achd | deasachd      |
| Ur            | —    | ùrachd        |
| Bog (buige)   | e    | buige         |

5. *Cumar Ainmearan a ciallachadh ughdarais, oifig, no inbhe laghail pearsa, le cur achd.*

|            |      |                |
|------------|------|----------------|
| Tainistear | achd | tainistearachd |
| Rìgh       | —    | rioghachd      |
| Easbuig    | —    | easbuigeachd   |
| Abstol     | —    | abstolachd     |

## CRINEANAN.

6. *Cumar Ainmearan Crionail no ainmearan a ciallachadh*

\* The Gaelic, having no corresponding affix here, generally prefixes *fear*, *bean*, or *neach* for the singular, and *luchd* or *fir* for the plural; as *fear-eolais*, an acquaintance, *luchd-eolais*, acquaintances, &c.

things, are formed by adding *cule, cle, &c.*

|         |         |                 |
|---------|---------|-----------------|
| Animal  | cule    | animalcule      |
| Part    | cle     | particle        |
| Globe   | ule     | globule         |
| Eagle   | let     | eaglet          |
| Stream  | let     | streamlet       |
| Lamb    | kin     | lambkin         |
| Seed    | ling    | seedling        |
| Hill    | lock    | hillock         |
| William | ie or y | Willie or Willy |

ADJECTIVES.

1. *Adjectives denoting of, or belonging to a thing, are formed from the thing described, by adding ac, al, &c.*

|             |        |               |
|-------------|--------|---------------|
| Elegy       | ac     | elegiac       |
| Autumn      | al     | autumnal      |
| Europe      | an     | European      |
| Triumph     | ant    | triumphant    |
| Circle      | ar     | circular      |
| Moment      | ary    | momentary     |
| Earth       | en     | earthen       |
| Apostle     | { ic   | apostolic, or |
|             | { ical | apostolical   |
| Fume        | id     | fumid         |
| Infant      | { ile  | infantile     |
|             | { ine  | infantine     |
| Consolation | ory    | consolatory   |
| Spain       | ish    | Spanish       |

2. *Adjectives denoting abundance, are formed from the names of their property, by adding ate, ful, &c.*

|           |      |              |
|-----------|------|--------------|
| Affection | ate  | affectionate |
| Beauty    | ful  | beautiful    |
| Verb      | ose  | verbose      |
| Hazard    | ous  | hazardous    |
| Toil      | some | toilsome     |

*phearsàn agus nithe beaga, le cur an, ag.*

|          |    |                |
|----------|----|----------------|
| Créutair | an | { créutairean  |
|          |    | { meanbh-bhith |
| Earran   | ag | earranag       |
| Cearsal  | —  | cearsalag      |
| Iolaire  | —  | iolaireag      |
| Sruth    | an | sruthan        |
| Uan      | —  | uanan          |
| Siol     | —  | siolan         |
| Cnoc     | —  | cnocan         |
| Uilleam  | —  | Uilleachan     |

BUADHARAN.

1. *Cumar Buadharan a ciallachadh mu rud, no gnè ruid, o 'n rud ainmichte, le cur ach, ail, &c.*

|           |       |              |
|-----------|-------|--------------|
| Marbhrann | ach   | marbhrannach |
| Foghar    | ail   | fogharail    |
| Eòrp      | ach   | Eòrpach      |
| Buaidh    | —     | buadhach     |
| Cuairt    | —     | cuairteach   |
| Plath     | ail   | plathail     |
| Talamh    | aidh  | talmhaidh    |
| Abstol    | ach   | abstolach    |
| Smùd      | —     | smùdach      |
| Leanaban  | { idh | leanabaidh   |
|           | { ail | leanabail    |
| Sòlas     | ach   | sòlasach     |
| Spàinn    | —     | Spàinneach   |

2. *Cumar Buadharan a ciallachadh pailteis, o ainmibh am buadhan, le cur, ach &c.*

|          |     |             |
|----------|-----|-------------|
| Gràdh    | ach | gradhach    |
| Maise    | —   | maiseach    |
| Focal    | —   | focalach    |
| Cunnard  | ach | cunnardach  |
| Saothair | eil | saothaireil |

3. *Adjectives denoting likeness*, are formed from nouns, by adding—

|       |      |         |
|-------|------|---------|
| Brute | ish  | brutish |
| Man   | like | manlike |
| World | ly   | worldly |

4. *Adjectives denoting capacity in an active sense*, are formed from nouns or verbs, by adding *ive*,—

|       |     |          |
|-------|-----|----------|
| Sport | ive | sportive |
| Elect | —   | elective |

5. *Adjectives denoting capacity in a passive sense*, are formed from nouns or verbs, by adding *able, ible*, in English, and by prefixing *so* in Gaelic.

|          |      |            |
|----------|------|------------|
| Cure     | able | curable    |
| Credit   | ible | credible   |
| Dissolve | uble | dissoluble |

6. *Adjectives denoting want or privation*, are formed from the name of the thing wanting, by adding *less* in English, and by prefixing *ain, cu, mi, neo*, &c. in Gaelic.

|       |      |           |
|-------|------|-----------|
| Art   | less | artless   |
| Shame | —    | shameless |

For Gaelic adjectives of this description, see next page.

#### VERBS.

1. **VERBS** conveying the idea of *to make*, as a part of their signification, are formed from nouns and adjectives, by adding *ate, en, &c.*

|        |     |           |
|--------|-----|-----------|
| Person | ate | personate |
| Hard   | en  | harden    |

3. Cumar *Buadharan* a ciallachadh *coltais*, le cur—

|         |     |           |
|---------|-----|-----------|
| Brùid   | eil | brùideil  |
| Duine   | —   | duineil   |
| Saoghal | ta  | saoghalta |

4. Cumar *Buadharan* a ciallachadh *comais ann an seadh spreigeach*, o ainmearan no hho ghnìomharan, le cur,—

|       |     |          |
|-------|-----|----------|
| Spòrs | ail | spòrsail |
| Tagh  | ach | taghach  |

5. Cumar *Buadharan* a ciallachadh *comais, ann an seadh fulangach*, o ainmearan no bho ghnìomharan, le cur, *able, ible*, 'sa Bheurla, agus le roimh-iceadh *so* 'sa Ghaelig.

|          |                |             |
|----------|----------------|-------------|
| Leigheas |                | so-leigheas |
| Creid    | so-chreidsinn, | creideasach |
| Leagh    | so-leaghadh,   | leaghach    |

\* "The ancient Bards do not appear to have composed under any fixed laws of versification, yet the wildest effusions were not without a certain rule; their poems, although in blank verse, had a peculiar adjustment of cadence and feet, easily discoverable to a practical ear.

"*Polymetra*, or verses of different measures, employed according to the poet's taste or feeling,—a style capable of being rendered extremely effective,—is held to be the first form of composition, and has been frequently used by both the ancient and modern Gæl. It was adopted by other nations, and successfully practised by the French and Spaniards,—in England, it is first seen in the work of Ben Jonson."—*Scottish Gæl*.—See *Beauties of Gaelic Poetry*, p. 48—54.

There are many beautiful passages in both our English and Gaelic poets, especially in the Gaelic, which cannot be scanned without the use of a variety of feet; as,

À | Nìgheán | bhòidheach  
 An | òr-fhùilt | bhàchäläich  
 Nän | görm shùil | mìogäch  
 'S nä | nün bhäs | snēachdä-gheäl.—Ross.  
 Thä sgëül | ägäm | dhüibh r'ä | ìnnseadh  
 Air ceöl | 's air cänain ;  
 A toirt | cliù air | clüichë | Pìobä.  
 'S air lähh | ärt Gäelìg. M'INTYRE.

Gür binn | ë leäm | dō chō | rädh  
 Nä smeöräch | nän gëugän.

Bhä mĩ | 'n dē 'm Beinn | dōurajn 'snä | cōir chä | rōbh mĩ | aineöläch  
 Chünnä | mĩ nä | gleäntän 'snä | beänntäich | eän ä | b'äithnë | dhömh  
 B'ë | sìn äñ | seällädh | eibhinn bhĩ | 'g ìmeächd | air nä | sleihhtìbh  
 'Nuair | bhiōdh ä' | ghriän äg | eirìdh 'sä | bhiōdh nä | fēidh ä |  
 längänaich.—ID.

#### POETICAL LICENSE.

In poetry there are used several words and phrases differing in their grammatical construction from the common form, in order to fit them the better for regular numbers. This liberty is called *poetical license*.

1. Words may be transposed to a greater extent in poetry than in prose.

2. Some words are lengthened by a syllable, and others are curtailed, in order to fill up the poetic measure exactly.

3. In poetry, nouns are often used for adjectives, and adjectives for adverbs; as,

#### SAORSA BHARDAIL.

Tha mòran fhocal agus sheòl-lairtean gnàthaichte 'am bàrdachd, a ta dealachadh 'nan suidheachadh gràmarail, o'n staid chumanta. chum an cur 'an òrdugh na's fearr air son àireamhan riatach. Ris a' chomas so, theirear *saorsa bhàrdail*.

1. Faodar focail atharrachadh céum na's mò 'am bàrdachd no ann an rosg.

2. Sìnear cuid a dh-fhocail le smid agus giorraichear cuid éile, chum lionadh suas an tomhais bhàrdail, gu h-eagarra.

3. 'Am bàrdachd gnàthaichear gu tric ainmearan an aite bhudharan agus buadharan an aite cho-ghniomharan; mar,



“ Amid the *greenwood* shade  
This boy was fed.”

“ And the god-like hero answer'd *mild*.”

4. Of the conjunctions that go in pairs, *nor* is often used for *neither*, and *or* for *either*; as,

“ To them *nor* stores *nor* granaries belong,  
Nought but the woodland and the song.”

“ Not man alone, but all that roam the wood,  
*Or* wing the sky, *or* roll along the flood.”

5. There is a great variety of elliptical expressions to be found in poetry; thus,

Two words or syllables are often contracted into one; as, 'Tis for *it is*; 'twas for *it was*; 'twill for *it will*; we'll for *we will*.

6. Vowels, and sometimes consonants, are elided, to run two syllables into one.

4. De na naisgearan a théid 'nan cupuill gnàthaichear gu tric *nor* an aite *neither*, agus *or* an aite *either*; mar,

5. Gheibhear moran sheòll-airtean bearnach 'am bàrdachd; mar so,

Giorraichear gu tric dà fhocal no dà smid gu aon; mar, *Is e, is i, is iad, gu 'se,\* 'si, siad; bu gu b' ; is àill, bithidh, gu 'sàill, bi'dh.*

6. Tilgear fuaimragan, agus air uairibh cònnragan, gu dà smid a ruith gu aon.

DIFFERENT KINDS OF POETRY.

1. An *Epic Poem* is a fanciful discourse, invented, to give an exalted description of some great achievement or event.

2. A *Dramatic Poem* is one in which some action is represented, or some design unfolded, only by the plays and speeches of stage-actors.

3. A *Lyric Poem* is one that may be sung or set to music.

4. A *Pastoral Poem* is one which describes the loves and joys of shepherds, and pictures out rural life. Also called *Bucolic* or *Eclogue*.

CAOCHLA SEORSA BARDACHD.

1. Is e *Dàn-Mòr* còradh smuainteil iar a cbur ri chéile, gu àrd chunntas a thoirt mu ghniomh tréun, no aobhar àraid.

2. Is e *Dàn-Chluiche* aon anns am beil gnìomh àraid riochdaicbte, no rùn àraid iar fhosgladh a-mhain le ealaidhean 'us cainnt chleasaichean.

3. Is e *Dàn-Cruite* aon a dh-fhaodar a shéinn, no chur ri ceòl no fonn.

4. Is e *Dàn-Aodhaireil* aon anns am beil gaol 'us aiteas bhuachailleann iar an airis, agus àbhaistean dùchail foillsichte. Ris an canar fòs Bò-choilleag.

\* These, and other Gaelic contractions, are much used, but with no propriety, in prose.—For *bu*, see *Gaelic Construction*, Rule 20.

5. An *Elegy* is a poem, in which the loss of deceased friends is affectingly lamented, and their virtues recounted and extolled.

6. An *Epigram* is a short poem of a few pointed lines, generally of a sarcastic or severe nature, to taunt or mock some particular person or act.

#### I.—FIGURES OF SPEECH.

A Figure in grammar is an intentional deviation from the ordinary form, construction, or application of words.

There are three classes of grammatical figures, *viz.* figures of Etymology, figures of Syntax, and figures of Rhetoric.

#### FIGURES OF ETYMOLOGY.

The principal figures of Etymology are seven, *viz.*

A-phaer-e-sis,\* A-poc-o-pē, Di-aer-e-sis, Par-a-go-gē, Pros-the-sis, Syn-co-pē, and Syn-aer-c-sis.

1. *Aphaeresis* is the omission of some of the initial letters of a word; as, 'gainst, 'gan, for *against, began*.

2. *Apocopè* is the omission of some of the final letters of a word; as, *th'* for *the, tho'* for *though*.

5. Is e *Cumha*, no *Marbhrann*, dànn anns am beil càll chàirdean a dh'-éug iar a chaoidh gu trom agus an subhailcean ainmichte 's iar an àrd-mholadh.

6. Is e *Gearr-Dhuan* dànn beag anns am beil beagan lineachan géur-fhoclach, gu tric de nàdur béumach a bhéumadh, no 'mbhàgadh neach no gnìomh àraid.

#### I.—FIGEARAN CAINNT.

Is e Figear 'an gràmar claonadh dcònach, o staid, o shuidheachadh, no blo cho-chur suidhichte fhocalan.

Tha trì roinnean a dh-fhigearan gràmarail ann; eadh. figearan Foclachaidh, figearan Rialtachaidh, agus figearan Oir-chainnt.

#### FIGEARAN FOCLACHAIDH.

Is iad prìomh fhigearan Foclachaidh seachd, *eadh.*

1. Is e *Apheresis*\* fàgail a-mach cuid de litrichibh tùsail focail; mar, 's, 'eil, airson *is agus beil.*<sup>n</sup>

2. Is e *Apocopé*, fàgail a-mach cuid de litrichibh dcircannach focail; mar, *ge, aithriche, airson ged, aithrichean.*<sup>n</sup>

\* If any should demur to the use of these and other words in both languages without a Gaelic version of each, let him observe, that these and several other technical terms, used in grammar, are not English words, but words derived chiefly from the *Greek* and *Latin*, put into an *English dress*, and that the *Gaelic* is, in the absence of a more suitable term, equally entitled to their use, and also to cast them in its own mould.—*See Gram. voc.*

3. *Diaeresis*.—See this figure on p. 329,—11.

4. *Paragogè* is the annexing of an expletive syllable to a word ; as,

*Casten* for *cast*.

5. *Prosthesis* is the prefixing of an expletive syllable to a word ; as,

*Yclad, bestir*, for *clad, stir*.

6. *Syncopè* is the omission of some of the middle letters of a word ; as, *o'er, lov'd*, for *over, loved*.

7. *Synaeresis*, the opposite of *Diaëresis*, is the throwing of two syllables into one ; as,

*Seest* for *seëst*. *Looked* for *look-ed*.

3. *Dàlid*.—Faic am figear so air t. 329,—11.

4. Is e *Paragogé* ìceadh smid lionaidh ri focal ; mar,

*Deary* for *dear*.

5. Is e *Prostesis* roimh-iceadh smid lionaidh ri focal ; mar,

6. *Sincopè* fàgail a-mach cuid de litrichibh meadh-onach focail ; mar, *fa'near*, airson *fainear*.

7. Is e *Sineresis* no Aonlid fear aghaidh *Dàlide*, bualadh dhà smid gu aon ; mar,

## II.—FIGURES OF SYNTAX.

The principal figures of Syntax are four, viz.—

*El-lip-sis, Ple-o-nasm, En-al-la-gē, and Hy-per-ba-ton.*

1. *Ellipsis* is the omission of some word or words, or clause of a sentence, which are necessary to complete the construction, but not necessary to convey the meaning.\*

Such words as are omitted in a sentence are said to be understood.

In the following examples of the ellipsis of each of the parts of speech, the words placed within parenthesis need not be expressed to convey the sense.

## II.—FIGEARAN RIALTACHAIDH.

Is iad prìomh fhigearan Rialtachaidh ceithir, eadh.

1. Is i *Bearn*, fàgail a-mach focail no cuid a dh-fhocal no pàirt de chiallairt a ta féumail a lionadh suas a' cho-rianachaidh, achnach iarrar a ghiùlan an t-seadh.\*

Theirear gu'n *tuigear-as*, a leithid a dh-fhocail 's a dh'-fhàgar a-mach á ciallairt.

\* See English Ar. Rule 17 and 18.

1. A boy and (*a*) girl.  
The wind, (*the*) rain, and  
(*the*) snow.

2. A dozen (*bottles*) of wine  
The upper (*mill-stone*) and  
nether mill-stone.

3. The times are favourable  
to me and (*favourable*) to you.

4. I advised the boy and (*I*)  
encouraged the girl.

5. Who broke the window?  
I (*broke it.*)

6. (*Being*) satisfied with my  
qualifications, the gentleman en-  
gaged me.

7. He acted (*prudently*) and  
spoke prudently.

8. (*On*) this week.

9. Alas! our wicked hearts,  
and (*alas!*) the folly of men.

10. The king, (*and*) the  
queen, (*and*) the prince, and  
princess passed by, in noble  
state.

2. *Pléonasm* or *redundancy*, is the using of more  
words than are necessary  
to convey the meaning; as,

I saw it *with my own eyes*.

This figure should be used only in animated discourse, where  
it is calculated to render the subject both elegant and impressive.

3. *Enallagé* is the substi-  
tuting of one part of speech,  
or of some form of a word  
for another; as,

They fall *successive (ly)* and *successive (ly)* rise.—POPE.

Tuitidh iad (*gu h-*) òrdail 'us (*gu h-*) òrdail éiridh iad.

1. () Giullan agus () caileag.  
A' ghaoth (*an t-\**) uisge  
agus (*an*) sneachd.

2. Dusan (*sarragan*) fiona.  
A' chlach mhuilinn uachdar-  
ach agus (*a' chlach-mhuilinn*)  
iochdarach.

3. Tha na timean fàbharach  
dhomh-sa agus (*fàbharach*)  
dhut-sa.

4. Thug mi earail do'n bhal-  
achan agus (*thug mi*) misneachd  
do 'n chailcig.

5. Co 'bhريس an uinneag?  
(*bhريس*) mise (*i.*)

6. (*Iar bhi*) toilichte le m'  
ionnsachad ghabh an duin'-  
uasal mi.

7. Rinn e (*gu glic*) agus  
labhair e gu glic.

8. (*Air\**) an t-seachduin so.

9. Och! ar cridheachan ole,  
agus (*Och!*) gòraich dhaoine.

10. Chaidh an rìgh (*agus*) a'  
bhan-rìgh, (*agus*) am prionnsa  
agus a' bhana-phrionnsa seachad  
'an àrd inbhe.

2. Is i *Lànachd* gnàth-  
achadh na 's mò dh-fhocail  
na tha féumail gus an seadh  
a ghiùlan; mar,

Chunnaic mi e le mo shùilibh  
*féin*.

3. Is e *Ionadach* cur aoin  
fhocail cainnt, no aoin  
staido focail 'an ionad aoin  
éile; mar,

\* In most cases, it is necessary to repeat the article, the preposition, or con-  
junction before words in Gaelic, in order to preserve and continue the construc-  
tion.

4. *Hyperbaton* is the transposing of words ; such as plaicing its object before a verb ; as,

“ The *horse* and his *rider* hath he thrown into the sea.”

This figure is much used in poetical composition, and a proper application of it adds great strength, vivacity, and harmony to the subject, but care should be taken lest it produce ambiguity or obscurity.

### III. FIGURES OF RHETORIC.

A figure of Rhetoric is a mode of expression, in which a word or sentence is to be understood in a sense different from its ordinary and literal meaning.

There are fourteen principal figures of Rhetoric ; namely,—

Sim-i-lē, Met-a-phor, Al-le-gor-y, Per-son-i-fi-ca-tion, Me-ton-y-my, Sy-nec-do-chē, Hy-per-bo-lē, Vi-sion, A-pos-tro-phē, Ex-clam-a-tion, In-ter-ro-ga-tion, I-ro-ny, Cli-max, and An-tith-e-sis.

1. A *Similé* or *Comparison* is a figure by which we compare one object to another, and it is generally introduced by *like*, *as*, or *so*, &c. ; as,

“ Thine eye is *like* the star of eve.”

2. A *Metaphor* is a figure which substitutes the name of one object for another,

4. Is e *Hyperbaton* atharr-achadh fhocail, mar tha eur a' cuspair roimh a ghnìomhar féin ; mar,

“ An *t-each* agus a *mharcaich* thilg e 'san fhàirge.”

### III. FIGEARAN OIR-CHAINNT.

Is e Figear Oir-chainnt dòigh labhairt anns am beil focal no ciallairt gu bhi air a thuigsinn ann an seadh dealaichte o 'chiall cumant' agus litireil.

Tha ceithir prìomh fhigearan déug Oir-chainnt ann ; cadhonn,—

Sàmh-ladh, Cos-lachd, Seach-labh-airt, Pear-sachadh, Meton-i-mi, Si-nec-do-chē, Os-labh-airt, Seal-ladh, As-eair, Glaodh, Ceas-nach, Sgéig-each, As-nadh, agus Trasd-ach.

1. Is e *Sàmhladh* no *Coimeasachadh*, figear leis am beil sinn a' samhlaichadh aoin ehuspair ri cuspair éile, agus bheirear a stigh e gu tric le, *coltach*, *mar*, *amhuil*, &c. ; mar,

“ Tha do shùil *mar* réult an fheasgair.”

2. Is e *Coslachd* figear a chuireas ainm aoin ehuspair 'an ionad aoin cile, a nochd-

to express the resemblance the one bears to the other ; as,

“ Thy *word* is a *lamp* to my feet and a *light* to my path.”

3. An *Allegory* is a continuation of one or more metaphors, so connected in sense, as to form a kind of parable or fable ;

Thus the *people* of Israel are represented under the symbol of a vine.

“ Thou hast brought a vine out of Egypt, thou hast cast out the heathen, and planted it. Thou preparedst room before it, and didst cause it to take deep root, and it filled the land. The hills were covered with the shadow of it, and the boughs thereof were like the goodly cedars.”—Psalm lxxx. 8—10.

4. *Metonymy*, or change of names, is a figure by which we put the *cause* for the *effect*, or the *effect* for the *cause*, the *container* for the *thing* contained ; as,

He reads *Salust*, i.e. Salust's works.

The *kettle* boils, i.e. the water.

5. *Synecdoché* is the naming of a *part* for the *whole*, or the *whole* for a *part* ; as,

The *head*, for the whole *body*.

The *waves*, for the *sea*.

6. *Hyperbolé* is a figure, whereby the imagination indulges itself in represent-

adh a' chòltais a ta aig an aon ris an aon eile ; mar,

“ Is lòchran d' fhocal do mo chois agus solus do mo chéum.”

3. Is e *Seach-labhairt* seasamh aoin no iomadh coslachd co-naisgte 'an seadh air mhodh 's gu 'n dealbhar leò gnè de chosamhlachd, no dh-ùr-sgéul ;

Mar so, tha *clann* Israeil riochdaichte fo shàmhladh fion-ain.

4. Is i *Metonimi*, no mùth ainmean, figear leis an cuir-ear an t-aobhar 'an ait a ghnìomha, no an gnìomh 'an aite an aobhair, an ni, chumas an ait an ni a ta ann ; mar,

Tha e léughadh *Shàluist*, i.e. obraichean Shàluist.

Tha an coire 'goil, i.e. an t-uisge.

5. Is o *Synecdoché*, ainm-eachadh pàirte, an ait an iomlain, no an iomlain an ait pàirte ; mar,

An ceann, an aite na coluinn uile.

Na tùinn, an aite na fùirge.

6. Is e *Os-labhairt* figear leis am beil an inntinn a ceadachadh dhi féin nithe

ing objects as greater or less, better or worse, than they really are ; as,

“They were swifter than eagles, they were stronger than lions.”

7. *Personification* or *Proso-po-paë-ia*, is a figure, by which we ascribe life and action to inanimate objects, and the use of reason to irrational creatures, speaking of them as if they were intelligent beings ; as,

The ground thirsts for rain.

The earth smiles with plenty.

8. *Vision* or *Imagery* is a figure, by which the speaker represents a past or future action or event as actually passing before his eyes, and present to his senses ; as,

“High sight it is and haughty while,

They dive into the deep defile,  
Beneath the caverned cliff, they fall,

Beneath the castle's airy wall.”

9. *Apostrophé* is a figure by which the orator turns abruptly from the subject to address some other person or object ; as,

“Death is swallowed up in

a rioehdachadh na 's mò, no na 's lugha, na 's fearr no na 's miosa, na tha iad gu fìor ; mar,

“Bu luaithe iad na iolaircan, bu tréise iad na leòmhain.

7. Is e *Pearsachadh*. figear leis am beil siun a' cur beatha agus gluasaid as leth nithe neo-bheò agus réusain as leth chréutairean mì-réusanta, a' labhairt ùmpa mar gu'm bu chréutairean tuigseach iad ; mar,

Tha 'n *talamh* ag iarraidh an uisge.

Tha 'n *tìr* rigàire le pailteas.

8. Is e *Sealladh* figear leis am beil am fear-labhairt a' noehdadh gnìomha no cùis' a thachair no tha gu tachairt, mar gu 'm biodh e dìreach a' dol fo 'shùilibh agus 'an làthair a chàilean ; mar,

“S mi faicinn an t-seallaidh àird,

Iad a tearnadh leis a' ghleann,  
A' tuitcam sìos fo chreig nan sgàr

Fo stuagh nan tùr àrda fann.”

9. Is e *Ascair* figear leis am beil an t-òraidear a' tionndadh gu grad o'n cheann-teagaisg gu eo-labhairt ri neach no cuspair éigin éile ; mar,

“Shluigeadh suas am bàs le

victory. *O Death*, where is thy sting ?

10. *Exclamation* is a figure used to express some violent emotion of the mind ; as,

“ O that I had wings like a dove ! for then would I fly away and be at rest ! ”

11. *Interrogation* is a figure by which the speaker proposes questions, not to express a *doubt*, but to enliven his discourse ; as,

“ He that planted the ear, shall he not hear ? he that formed the eye, shall he not see ? ”

12. *Irony* is a figure in which a person sneeringly utters the very reverse of what he thinks ; as,

When we say to a boy who neglects his lesson—“ You are very attentive indeed ! ”

And when *Elijah* said to the foolish worshippers of Baal, mocking them,—

“ Cry aloud, for he is a god ; either he is talking, or he is pursuing, or he is on a journey, or perhaps he sleepeth, and must be awaked.”

13. *Climax* is a figure in which every succeeding object rises a degree in importance above that which precedes it ; as,

“ Add to your faith virtue ;

buaidh. *O Bhàis* c'ait am bheil do ghat ? ”

10. Is e *Glaodh* figear a ghnàthaichear gu gluasad géur na h-inntinn a nochdadh ; mar,

“ Och, nach robh agam sgiath-an mar choluman ! (an sin) theichinn as air iteig agus gheibhinu fois ! ”

11. Is e *Ceasnach*, figear leis am beil am fear-labh-airt a' eur cheistean, cha n-ann a radh teagaimh, aeh a bheòthachadh a labhairt ; mar,

“ An ti a shuidhich a' ehluas nach cluinn e ; an ti a dhealbh an t-sùil nach faic e ? ”

12. Is e *Sgéigeach*, figear anns am beil neach ag radh gu sgéigeil, cha n-i a bheachd, aeh a ceart-chaochlath ; mar,

Their sinn ri giùllan a dhuichuimhnicheas a leasan—“ Gu dearbh is cùramach thu ! ”

Agus 'nuair a thuir *Elijah* ri fàidhibh gòrach Bhàil, a' magadh orra,—

13. Is e *Asnadh* no *Dir-eadh* figear anns am beil gach cuspair a leanas, ag éiridh céum ann an inbhe os-ceann an aois roimhe ; mar,

“ Cuiribh ri bhur creidimh



and to virtue knowledge ; and to knowledge temperance ; and to temperance patience ; and to patience godliness ; and to godliness brotherly kindness ; and to brotherly kindness charity."

deadh-bhéus ; agus ri deadh bhéus eòlas ; agus ri h-eòlas stuaim ; agus ri stuaim foighidinn ; agus ri foighidinn diadhachd ; agus ri diadhachd gràdh bràthaireil ; agus ri gràdh bràthaireil séire."

14. *Antithesis* is the placing of objects in opposition, for the purpose of putting them in a stronger light, by contrasting or comparing the one with the other ; as,

"The *wicked* flee when no man pursueth ; but the *righteous* are bold as a lion."

14. Is e *Trasdachd* no *Coimeas*, cur chuspairean ri aghaidh a chéile chum an foillseachadh na's soilleire le trasdachadh an aoin ris an aon éile ; mar,

"Teichidh an *t-aingidh* gun neach air bith an tòir air, ach bithidh na *h-ionraic* dàna mar leòmbhan."

Here, Solomon contrasts the *timidity* of the wicked with the *courage* of the righteous.

GRAMMATICAL VOCABULARY.

FOCLAIR GRAMARAIL.

The following lucid explanation of the Grammatical Terms used in both Languages will at once instruct and amuse the learner. A portion of them should be got by heart with every lesson, till they are all thoroughly mastered by the pupil.

Words formed from Greek roots are marked with an †.

The English is indebted to the Greek and Latin for its grammatical terms ; but it will be observed from this scheme, that the Gaelic, in most cases, draws upon itself for such terms.

**ABSTRACT**, a word or principle derived from another, (from *abs*, from, and *tractus*, drawn)

**ADJECTIVE**, a word added to a noun, (from *adjectus*, added to)

**ADVERB**, a word joined to another word, (from *ad*, to, and *verbum*, a word)

**AFFIRMATIVE**, yes, asserting, (from *ad*, to, and *firmitas*, to strengthen)

**SGARTA** no **SGARTACH**, focal no bunachur freumhaichte o aon éile, (bho *sgar*, dealaich)

**BUADHAR**, *fr.* (*bua-yar*) focal a chuitear ri ainmear, (bho *buaidh gnè* agus *fear*, aon)

**CO-GHNIOMHAR**, *fr.* (*co-yniov-ar*) focal naisgte ri focal éile, (bho *comh* ri chéile agus *gniomhar*)

**DEARBUACH**, (*dearv-ach*) ag radh, a' dearbhadh, (bho *dearbh*, féuch)

- †ALLEGORY, changing one name into another, (from *allegoria*, a change)
- AMBIGUITY, uncertainty, having two or more meanings, (from *ambigo*, to doubt)
- †ANALYSIS, separating parts, (from *analysis*, loosing)
- †ANALOGY, likeness between words or objects, (from *ana*, through or like, and *logos*, a word)
- ANTECEDENT, a word going before, (from *ante*, before, and *cedo*, to go)
- †ANTITHESIS, comparing or opposing the qualities of objects together, (from *anti*, against, and *tithēmi*, to place)
- APPOSITION, placing two or more nouns or adjectives in the same case, (*ad*, to, and *positus*, placed)
- APOCOPE, cutting off, (*apo*, from, and *kopto*, to cut)
- †APHÆRESIS, taking from, (*apo*) and *airo*, to draw)
- APOSTROPHE, cutting out, or turning away, (*apo*) and *stepho*, to turn)
- ARTICLE, the word which points out, (*articulus*, a point)
- ASPIRATE, to pronounce with full force or stress of the voice; to pronounce a Gaelic consonant with the letter *h* annexed to it, or with the mouth partly open, and the lips not touching one another, (*ad*, to, and *spiro*, to breathe or blow)
- AUXILIARY, a help, a helping verb to form compound tenses, (*auxilium*, help)
- CASE, the name given to any of
- SEACH-LABHAIRT, *b.* mùth aoin ainne gu aon éile, (*bho seach*, éile agus *labhair*, abair)
- DA-SHEADH, *fr.* dùbailteachd, teagamh, (*bho dá*, dithis agus *seadh*, ciall)
- SNASADH, *fr.* dealachadh phàirt-ean, (*bho snas*, gearr, sgath)
- CO-CHÒRDADH, *fr.* coslas, no freagairt ri chèile, (*bho co* ri chèile agus *còrd*, freagair)
- ROIMHAN, *fr.* (*roi-y-an*) roimh-fhocal, (*bho roimh*, air toiseach agus *aon*, fear)
- TRASDACHD, *b.* coimeasachadh, cur bhuidheann chuspairean ri aghaidh a chèile, (*bho trasd*, crois no crosg)
- CÒRDADH, *fr.* cur dhà no tuille ainmearan no bhuidheann anns an aon char, (*faic co-chòrdadh*)
- †APOCOPE, *b.* gearradh dheth, (*apo*, de, agus *kopto*, gearr)
- †AFERESIS, *b.* toirt deth, (*apo* agus *airo*, tarruing)
- ASCAIR, *fr.* gearradh a-mach no tionndadh air falbh, (*as*, á, agus *cnir*, beir)
- PUNGAR, *fr.* am focal comharrachaidh, (*pung*, brìgh, 'us *fear*, aon)
- SEIDICH, no SEID, fuaimich le làn neart no stràc a' ghutha; cònnrag Ghàelig fhuaimeachadh leis an litir *h* ri 'cùl, no leis a' bhéul gu math fosgailte 's na lipéan dealaichte o'chèile, (chìtear gur e *séid*, a cheart fhuaim a nì am béul 'nuair a bhuailear an anail a-mach eadar na fiaclan)
- TAICEIL, taicear, gnìomhar taiceil a chumadh thimcheall measgte, (*taic*, cobhair, 'us *cil*, amhuil)
- CAR, *fr.* an t-ainm a thugadh do

- the changes which a noun, adjective, or pronoun undergoes in declining or spelling it, (*casus*, a fall)
- CARDINAL, chief, principal, (*cardo*, a hinge)
- †CLIMAX, rising or ascending, (*klimax*, a ladder)
- †COLON, the name of a point or pause, (*kolon*, an increase)
- †COMMA, a point, (*komma*, a particle)
- COMPARISON, comparing or likening of qualities, (*con*, together, and *paro* to prepare)
- COMPARATIVE, a greater degree of the positive
- COMPOSITION, placing words in order, to make good sense, (*con* and *pono*, to place)
- COMPOUND, set or placed together, of more than one, (*con* and *pono*)
- CONCORD, agreeing, (*con* and *cordi*, the heart)
- CONDITIONAL, limited to certain terms, not absolute, (*condo* to build)
- CONJUGATE, to give the principal parts of a verb, (*conjugo*, to couple)
- CONJUNCTION, the connecting word, (*con*, and *jungo*, to join)
- CONSONANT, a letter which cannot be sounded alone, (*con*, and *sono*, to sound)
- DATIVE, the giving case, (*datum*, to give)
- DECLENSION, bending down, the act of changing the termination of a word, (*de*, down, and *clino*, to bend)
- DEFECTIVE, wanting, not full, (*deficio*, to fail)
- aon air bith de na mùthan fo 'n téid ainmear, buadhar, no riochdar 'g a theàrnadh, no 'g a chùbadh, (*car*, lùb, mùth)
- ARDAIL, àraid, priomh, (*ard*, mòr, 'us *ail*, amhuil)
- ASNADH, *fr.* ag éiridh, a dìreadh, (*as*, o, agus *nath*, (*Ir. id.*) eòlas)
- SGOILTEAN, ainm pùing, no stada, (*sgoil* roinn, *aon*, fear)
- SNAGAN, *fr.* pùng, (*snag*, cnap, agus *aon*, fear)
- COIMEASACHADH, *fr.* coimeas, no coltachadh bhuanadhan ri chéile (*comh* ri chéile agus *mcas*, gabh beachd)
- COIMEASACH, céum ni 's mò de 'n t-seasmhach, no 'n seasach
- CO-SGRIOBHADH, cur fhocal 'an òrdugh gu scadh a dheanamli, (*comh* agus *sgriobh*, grabh)
- MEASGTA, suidhichte cuideachd, dùbailt, ni 's mò na aon, (*measg*, comhla')
- Co-CHÒRDADH, *fr.* a' freagairt do cheile, (*comh*, agus *cordi*, an cridhe)
- TEAGMHACH, fo chùmhntan àraid, neo-iomlan, (*teagamh*, ag)
- SGEADAICH, priomh lùban gnìomh-air a chur 'nan òrdugh féin, (*sgead*, snas)
- NAISGEAR, *fr.* am focal aonaidh (*naisg*, ceangail agus *fear* aon)
- CONNRAG, *b.* litir nach gabh fuaim-eachadh leatha féin, (*comh*, cuideachd, *fonn*, fuaim, 'us *radh*, cantainn)
- DOIRTEACH, an car toirte, (*do*, gu, ri, agus *thoir*, builich)
- TEARNADH, *fr.* a' èromadh sios, alt mùth dùnaidh focail, (*tearn*, lùb, thoir sios)
- GAOIDEACH, neo-iomlan, (*gàoid*, *dith*, easbhaidh)

- DEFINITE, certain, limited, (*de*, down, and *finis*, an end)
- DEFINITION, a short explanation of any subject, (*de* and *finis*, as above)
- DEMONSTRATIVE, pointing out,) *de*, out, and *monstro*, to show)
- † DIÆRESIS, the dividing of a diphthong into two syllables, (*dia*, through, and *aireo*, to draw)
- DISTRIBUTIVE, giving a portion to each, (*dis*, asunder, and *tribuo*, to give)
- † DIPHTHONG, (*dip-thong*) two vowels joined in the same syllable. (*di*, two, and *phthongos*, sound)
- † ELLIPSIS, something left out, (*elleipsis*, leaving out)
- † EMPHATIC, forcible, strong, (*en*, upon, and *phaino*, to shine)
- ENALLAGE, placing of one word instead of another, (*enallatto*, to change)
- † ETYMOLOGY, the true forming of words, (*etymos*, true, *logos*, a word)
- † EUPHONY, (*eufony*) an agreeable sound, (*eu*, well, *phane*, a sound)
- EXERCISE, practising given rules, &c. (*ex*, out, and *arceo*, to drive or drill)
- FEMININE, female, shee-one, (*femina*, a woman)
- FUTURE, FUTURITY, time to come, (from *futurus*, about to be)
- GENDER, the distinction of objects, in regard to sex, (*genus*, a kind)
- GENERAL, common, not special, (*genus*)
- GENITIVE, possessive, belonging to
- CINNTEACH, soilleir, sonruichte, (*cinnte*, firinn)
- BRIGHARD, *b.* gearr-mhineachadh air pàng sam bìh, (*brigh*, ciall agus *árd*, mor)
- DEARBHACH, a' comharrachadh a-mach, (*dearbh*, féuch)
- DALID, *b.* roinn dà-ghuth gu dà smid, (*da*, dithis, agus *lid*, smid)
- ROINNEACH, a' toirt a chòire féin do gach neach. (*roinn*, pàirtich)
- DA-GHUTH, *fr.* dà fhuaimraig a' coinneachadh a chéile 'san aon smid, (*dà*, dithis, agus *guth*, fuaim)
- BEARN, *b.* fagail-a-mach ni-eigin, (*bearn*, fosgladh)
- NEARTAIL, neartmhor, làidir, (*ncart*, treòir, agus *ail*)
- IONADACH, cur aoinfhocail 'an ait' aoin éile, (*ionad*, aite)
- FOCLACHADH, ceart - dheanamh fhocal, (*focal*, briathar)
- BINNEAS, *fr.* fuaim taitneach, fuaim binn, (*binn*, ceòlmhor)
- CLEACHDADH, gnàthachadh riantan aidichte, (*cleachd*, gnàthaich)
- BOIREANTA, boirionn, té, (*boirionn*, neach)
- TEACAIL, (*tgek-al*) gu tighinn, tim ri tighinn, (*teachd*, a' tighinn)
- GIN, cadar-dhcalachadh chuspair-ean a thaobh gineil, no gnè
- CUMANTA, coitchiunn, ni h-ann àraid
- GINTEACH, séilbheach, le neach-gigin, (*gin*, beir, biodh agad)

GOVERN, to act upon, to have one word to require another in a certain case

†GRAMMAR, the art of applying letters aright in speech, (*gramma*, a letter)

†HYPHEN, (-) joining

†HYPERBOLE, going too far, (*hyper*, beyond, *ballo*, to throw)

†HYPERBATON, changing or transposing, (*hyper* and *batēn*, gone)

IMPERSONAL, not having a person or nominative, (*in*, not, and *persóna*, a person)

IMPERATIVE, commanding, (*impero*, to order)

INDEFINITE, undefined, not limited, not pointing out, (*in*, not, and *definio*, to bound or limit)

INDICATIVE, declaring, showing, (*index*, an informer)

INFINITIVE, unconfined to persons, expressing the action of a verb indeterminately, (*in*, not, and *finio*, to bound)

INTERVENE, to come between, (*inter*, between, and *venio*, to come)

INTERJECTION, a word thrown in, (*inter*, and *jaceo*, to throw)

INTRANSITIVE, not going over to another, not acting upon, (*in*, not, *trans*, over, and *itum*, to go)

†IRONY, dissembling speech, (*iron*, a dissembler)

IRREGULAR, not according to rule, (*in*, and *regula*, a rule)

MASCULINE, male, or the heekind, (*mas*, the male or the hee of any creature)

†METAPHOR, a change of names, (*meta*, change, and *phero*, to carry)

SPREIG, buail air, a bhi 'toirt air aon fhecal fear éile 'chur ann a' car àraid

GRAMAR, alt co chuir litrichean gu ceart 'an cairnt, (*grábh*, sgriobh)

TATHAN, (-) *fr.* aonadh, (*táth*, cuir ri chéile)

OSLABHAIRT, *b.* labhairt ro ard, (*os*, fíor ard, agus *labhair*, abair)

†HIPERBATON, *fr.* mùth, atharrachadh, (*hyper os*, agus *batēn*, iar dol)

NEO-PHEARSANTAIL, gun phearsa, no gun ainmeach, (*neo*, gun agus *pearsa*, neach)

AINEACH, ag àithneadh, (*áithn*, òrdugh)

NEO-CHINTEACH, neo-shonruichte gun chríoch, gun bhi 'comharrachadh a-mach

TAISBEANACH, a' foillseachadh, (*taisbein*, féuch)

FEARTACH, tarbhach, stuthail, neo-naisgte ri pearsa, a' nochdadh gníomh' a' ghníomhair gu neo-shuidhichte, (*fear*, buaidh)

EADAR-THIG. thig eadar, (*eadar*, anns a' mhcadhon agus *thig*)

CLISGEAR, *fr.* am focal gluasaid, (*clisg*, críth, agus *fear*, aon)

ANASDOLACH, nach cuir a-mach as, nach buail, nach téid gu cuspair, (*an*, neo, *as*, uaithe, agus *dal*, a' gluasad)

SGEIGEACH, cainnt bhéumach, (*sgéig*, fanoid)

NEO RIALTACH, á riaghailt, claon, (*neo*, mí, 'us *riaghailt*, lagh)

FEARANTA, fíonn, de 'n ghnè ris an canar *éé*, (*fear*, duine)

COSLACHD, *b.* mùth ainmean, (*comh*. cuideachd, agus *sámhla*, coltas)

- † METONYMY, changing a name, (*meto*, and *onoma* a name, See Fig. 4)
- MODIFY, to change the meaning or form of a word, (*modus*, order, and *fy*, make)
- MOOD, or MODE, order or manner of a verb
- NEGATIVE, no, denying
- NEUTER, implying no sex, expressing neither action nor passion, (*neuter*, neither)
- NOMINATIVE, naming, subject, (*nomen*, a name)
- NOTE, mark, notice, observe
- NOUN, substantive, name of any object, (*nomen*)
- NUMERAL, consisting of number, (*numero*, to number)
- OBJECTIVE, accusative, the case in which a noun or pronoun is put by an active verb or preposition, (*ob*, for, and *jactus*, thrown)
- ORDINAL, counted in their order; as, first, second, third, &c.
- † ORTHOGRAPHY, true writing, or forming letters into words, (*orthos*, true, and *graphic*, writing)
- † PARAGOGÉ, lengthening, (*parago*, to prolong)
- PARTICIPLE, partaking of, (*pars*, a part, and *capio*, to take)
- PASSIVE, suffering under the verbal action, (*passus*, having suffered)
- PAST, preterite, gone, time past or gone, (*passer*; fr. to pass, to go over)
- PERFECT, complete, within a period of time not yet fully past, (*perfectus*, finished); as, I have seen him *to-day*
- † METONIMI, *b.* mùth ainme, (*meto*, muth agus *onoma*, ainm *Faic* Fig. 4)
- ATHARRAICH, mùth staid, no seadh focail, (*ath*, rìst, agus *càraich*, tionndaidh)
- MODH, DOIGH, no gléus gnìomhair
- DIULTACH, cha, aicheadh, òbadh, (*diùlt*, òb)
- NEÒTAIR, gun ghineil, nach 'eil a' nochdadh aon chuid, gnìomh' no fulaing, (*neo*, ni h-cadh, agus *fear*, aon)
- AINMEACH, ainmeachadh, cùiscar, (*ainm*, gairm)
- NOD, comhar, aire, beachdaich
- AINMEAR, fr. ainm cuspair sam bith, (*ainm*, gairm, agus *fear* aon)
- CUNNTACH, co-sheasamh 'an àir-eimh, (*cùinnt*, àireamh)
- CUSPARACH, an car anns an cuirear ainmear, no riochdar legnìomhar asdolach, no roimhear, (*cuspair* ni, no neach)
- ORDAIL, air an cùinntadh 'nan òrdugh; mar, a' cheud, an dara, an treas, &c.
- LITIREACHADH, fr. cur litrichean gu focail, ceart chùbadh fhocal, (*lìtir*, ball-focail)
- PARAGOGE, fr. meudachadh, (*parago*, cuir am' fad)
- PAIRTEAR, fr. pàirt-fhocal (*pàirt*, roinn, agus *fear*, aon)
- FULANGACH, a' fulang, no a' giùlan gnìomha ghniomharail, (*fuiling*, giùlain)
- SEACHADAIL, iar dol seachad, an trath bha, (*seachad*, thairis, agus *ail*, mar)
- LAN, liunte, an taobh a stigh do chuairt ùine nach 'eil fathast iar làn-dol seachad; mar, Tha mi iar 'fhaicinn an diugh

**PERSONAL**, belonging to persons, or to men and women, (*persona*)

†**PHRASE**, (*fraze*), a mode of speech, (*phrazo*, to speak)

†**PHRASEOLOGY**, style of speaking, diction, (*phrazo* and *logos*)

**PLUPERFECT**, more than perfect, at some stated past time; as, *I had seen* him before *I met* you—(*plus*, more, and *perfectus*, finished)

**PLURAL**, many, more than one, (*pluris*, of more)

**POTENTIAL**, having power or liberty; (*potens*, able to do)

**POSSESSIVE**, belonging to, or possessing; the genitive case (*possessio*, property)

**POSITIVE**, the quality without increase, (*positus*, placed)

**PRECEDE**, to go or place before, (*pre*, before, and *cedo*, to go)

**PREDICATE**, what is affirmed or said of the subject of a verb, (*predico*, to affirm, to say)

**PREPOSITION**, a word placed before, (*pre* and *pono*, to place)

**PROGRESSIVE**, going forward, advancing, (*pro*, forward, and *gressus*, going)

**PRONOUN**, a word put for a noun, the representative word (*pro*, for, and *nomen*, a name)

**PROPOSITION**, something expressed, or proposed for consideration, (*propono*, to set forth)

**PEARSANTAIL**, buintinn do phearsaibh, no do dhaoine agus do mhnathan, (*pearsa*, neach)

**SEÒLLAIRT**, *fr.* seòl-labhairt, (*seòl*, dòigh, agus *labhair*, abair)

**GNATH-CHAINNT**, alt-labhairt, stàil cainnt; briathrachas

**ROILAN**, tuille 'us làn, 'an tim eigin ainmichte seachad; mar, *Bha mi iar 'fhaicinn-sa mu'n do choinnich mi thusa*, (*roimh*, air toiseach, agus *làn*, lionte)

**IOMADH**, \* *moran*, ni 's mò na haon, (*ioma*, lionmhor)

**COMASACH**, aig am beil comas no ead, (*comas*, neart)

**SEILBHEACH**, le séilbh, buntuinn do, an ear ginteach, (*séilbh*, còir)

**SEASMHACH**, a' bhuidh gun mbeud, (*seas*, stad, fan)

**ROI-CHUIR**, rach, no cuir roimh, (*roimh* agus *cuir*)

**FEART**, abairt; na theirear mu chùisear gniombair, an gnìomh a nitear

**ROIMHEAR**, *fr.* am focal a chuirear roimh, (*roimh*, air tùs, agus *fear*, aon)

**AGHARTACH**, 'dol air aghaidh, a' gluasad suas, (*aghart*, aghaidh)

**RIOCHDAR**, *fr.* focal a chuirear 'an ait' ainmeir, an riochd-fhocal, (*riochd*, aite, cruth, agus *fear*)

**SMUANOIRT**, *b.* ni àraid iar airis, no iar a chur an céill gu beachdachadh air, (*smuain*, beachd, agus *thoir*, taìrg)

\* *Iomadh* and *Aonar* are indeclinable in this work.

- †PROSODY, proper pronunciation, or right utterance of speech, (*prosodia*, a song)
- PROSTHESIS, prefixing
- PUNCTUATION, the art of placing the stops or pauses in sentences, (*punctus*, a point)
- RADICAL, original, of the root (*radix*, a root)
- REGULAR, according to rule
- RELATIVE; relating to another word
- †RHETORIC, the art of speaking elegantly, (*rheo*, to speak or flow)
- †RHYME, verse having lines ending in like sounds, (*rhythmus*, sounds)
- ROOT, the stock from which other words are derived; the radix of a word
- RULE, a law of language established by usage
- SENTENCE, a number of words making complete sense, (*sententia*, an opinion)
- SIMILE, likeness, comparison, (*similis*, like)
- SINGULAR, denoting one
- SUBJECT, the nominative, the person or thing spoken of, (*sub*, under, and *jectus*, thrown)
- SUBJUNCTIVE, joined to
- SUPERLATIVE, the greatest degree of the quality, (*super*, above, and *latus*, carried)
- †SYNCOPE, cutting out, (*syn*, together, *kopto*, to cut)
- †SYNECDOCHE, taking together (*syn*, and *decomai*, to take
- RANNACHADH, *fr.* ceart fhuaim-cachadh, no fiòr ghuth cainnt, (*rànn*, òran)
- †PROSTESIS, *fr.* roi-iceadh
- PUNGACHADH, *fr.* alt suidheachaidh nan stadan no nan anailean ann a' ciallairtibh, (*pùng*, stad)
- BUNAIL, priomh, stocail, tùsail, (*bun*, stoc, tùs)
- RIALTACH, a réir riaghailte
- ROIHMHAN, *fr.* buutuinn do dh-fhocal éile a ta roimhe
- OR-CHAINNT, *b.* alt labhairt gu grinn, (*òr* miotailt glan, agus *cainnt*, cānain)
- †RAIM, *b.* rànn aig am hheil lincachan a' dùnadh 'am fuaimmean co-ionann
- FREUMH, bun, an stoc o'n toir-ear focail éile, steigh focail
- RIALT, *b.* lagh cainnt suidhiehte le àbhaist
- CIALLAIRT, *fr.* àireamh fhocal ag airis céille, (*ciall*, brigh, agus *labhair*, airis)
- SAMHLADH, *fr.* coltas, coimeas
- AONAR, aon, a' ciallachadh aoin
- CUISEAR, *fr.* an t-ainmeach, an ceann-teagaisg, an ní no neach mu'n labhrar, (*cùis*, guothach, *fear*, aon)
- LEANTACH, leantàinn ri
- ANARDACH, an céum a's mò de 'n bhuaidh, (*an*, os, agus *àrd*, mòr)
- SINCOPE, *b.* gearradh as, (*sin*, comhlath, agus *kopto*, gearr)
- SINECDOCHE, *b.* a' gabhail gu chèile, (*sin*, còmh, no co, agus *decomai*, gabh)



†TAUTOLOGY, repeating the same word or meaning too often, or oftener than the sense requires, (*tauton*, the same, and *logos*, a word)

TENSE, time of acting or suffering (*temps*, pr. tang, time)

TRANSITIVE, passing to, having an effect upon some object; active, (*trans*, and *itum*)

†TRIPHTHONG, three vowels in the same syllable, (*tres*, three, and *phthongos*, sound)

VERB, the word, the working word, (*verbum*, a word)

VOCATIVE, the addressing case, (*voco*, to call)

VOWEL, a letter which makes a full open sound of itself, (*voco*, to call)

IONLAIRT, *b.* ag airis an fhocail, no an t-seadh chéudna ro-thric, no ni 's trice na tha 'n seadh ag iarraidh, (*ionann*, céudna agus *labhair*, can)

TIM, *fr.* àm deanaimh, no fulaing, (Is focal priombach e so)

ASDOLACH, *a'* cur as, *a'* deanamh tùirn air cuspair éigin, (*as*, amach, agus *dol*, *a'* falbh)

TRI-GHUTH, *fr.* tri fuaimragan anns an aoin smid, (*tri* agus *guth*, fuaim)

GNIOMHAR, *fr.* '(*kniov-ar*) an gníomh-fhocal, (*gníomh*, obair, agus *fear*, aon)

GAIRMEACH, an car co-labhairt ri, (*gairm*, ainm)

FUAIMRAG, *b.* litir a ni fuaim làn leatha fein, (*fuaim*, guth, agus *radh*, cantainn)

THE END.

A' CHRIOCH.

EDINBURGH :

Printed by Thornton & Collicie.

DUNEDIN :

Clò-Bhuailte le Thornton agus Collicie.

## ERRATA.

| <i>Page.</i> | <i>line.</i> | <i>for</i>                                  | <i>read.</i>                    |
|--------------|--------------|---------------------------------------------|---------------------------------|
| Taohh        | 19           | Sreath 16, <i>airson</i> Fochlachadh,       | <i>leugh</i> Fochlachadh.       |
|              | 28           | Sreath 16, <i>airson</i> ri,                | <i>leugh</i> 'n.                |
|              | 47           | Sreath 30, <i>airson</i> focal,             | <i>leugh</i> focail.            |
|              | 50           | Sreath 14, <i>airson</i> tomhas-fear, ainn, | <i>leugh</i> tomhais-fhearainn. |
|              | 80           | Sreath 26, <i>airson</i> Eagair,            | <i>leugh</i> Eagar.             |
|              | 87           | Sreath 22, <i>airson</i> , aoin,            | <i>leugh</i> dhà.               |
|              | 88           | Sreath 15, <i>airson</i> a cluas,           | <i>leugh</i> a chluas.          |
|              | 92           | Sreath 17, <i>airson</i> bigg,              | <i>leugh</i> bige.              |
|              | 100          | Sreath 31, <i>airson</i> Ge be,             | <i>leugh</i> Ge b'e.            |
|              | 117          | Sreath 2, <i>airson</i> Dh'-fhaodadamaid,   | <i>leugh</i> Dh'-fhaodamaid.    |
|              | 244          | Sreath 2, <i>airson</i> pheara,             | <i>leugh</i> phearsa.           |
|              | 258          | Sreath 11, <i>airson</i> now,               | <i>leugh</i> snow.              |
|              | 268          | Sreath 33, <i>airson</i> from ever,         | <i>leugh</i> from fever.        |
|              | 317          | Sreath 11, <i>airson</i> ghnìomharan,       | <i>leugh</i> ghnìomharan.       |
|              | 319          | Sreath 37, <i>airson</i> fiodh,             | <i>leugh</i> fiadh.             |
|              | 320          | Sreath 10, <i>airson</i> ruit,              | <i>leugh</i> riut.              |
|              | 322          | Sreath 10, <i>airson</i> tha,               | <i>leugh</i> thu.               |
|              | 324          | Sreath 11, <i>airson</i> sgnagan,           | <i>leugh</i> snagan.            |
|              | 349          | Sreath 11, <i>airson</i> Mhigàh,            | <i>leugh</i> Mhàigh.            |

*Airson* A', *leugh* A, *roimh* an *Fheartach*, air taobh 152, 155, 159, 161, 163, 164, agus 165.







